

BÀRDACHD GU A MÌNEACHADH



LACHLAINN DICK

Còmhlan Comhairle na Gàidhlig aig an E.I.S.

BÀRDACHD GU A MÌNEACHADH



LACHLAINN DICK

Còmhlan Comhairle na Gàidhlig aig an E.I.S.

BÀRDACHD GU A MÌNEACHADH

Air ullachadh air sgàth Còmhlan Comhairle na Gàidhlig aig an E.I.S.

le

Màiri Nic Leòid
Lachlainn Dick
Iain Steele

Àrd Sgoil Mhic Neacail
An Acadamaidh Rìoghail, Inbhirnis
Àrd Sgoil Phortrìgh

Air a dheasachadh do 'n chlà-bhuaileadair

le

Lachlainn Dick

*Air fhoillseachadh an 1972 leis
A' Chomunn Ghàidhealach*

*Clò-bhuailte le
Eccleslitho, Inbhirnis*

ROIMH RÀDH

Tha Còmhlán Comhairle na Gàidhlig aig an E.I.S. air son taing a thoirt do na leanas air son cead an cuid obrach a chleachdadh:

Seonaidh Mac A' Phearsain
Ruairidh Mac Thòmais
An Comunn Gàidhealach
Gairm

Bòrd Deuchainn Teisteanas an Fhogluim an Alba.

Tha am fear-deasachaidh deònach mòr-thaing a thabhairt do Dhonnchadh Mac Guaire agus do Mhurchadh Mac Leòid air son geur-shùl' a thoirt air an iomlan.

Tha An Comunn Gàidhealach an comain Luchd-riaghlaidh Urras Nic Caoig air son an cuideachaidh le cosgais a' chlà-bhualaidh.

AN CLÀR-INNSIDH

Ìre Chumanta

Och, Och, mar tha mi	4
Òran Dùthcha	6
An Àirigh	8
Seachran Seilg	10
Caol Muile	12
Latha Chuil Lodair	14
Miann a' Bhàird Aosda	16
Òran do Bhàta-toite	18
Thug mi Gaol do 'n t-Sebladair	20
Òran Seachran Seilge	22
A' Chuairt Shamhna	24
Tobar Leac nam Fiann	26
Cumha an t-Seana Ghàidheil	28
Gairm Catha	30
An Gàidheal am measg nan Gall	32
Fuadach nan Gàidheal	34
Fògradh ar Gàidheil	36
Nuair bha mi òg	38
'S trom mo Chridhe	40
An Lòn-dubh	42
Smuaintean an Coire Cheathaich	44
Is Mise Griogar	46
Beinn a' Bhuna	48
Òran an Amadain Bhòidhich	50
Òran do Lochail	52
Dìreadh a mach ri Beinn Shianta	54
Èire a' Gul	56
An Iomairt a bha am Bail' an Abaidh	58

Àrd Ìre

An Ròn	60
An Ataireachd Àrd	62
Òran an t-Saighdeir	64
Còmradh	66
Òran na h-Aoise	68
Cumha Iarla Bhraghaid Albann	70
Air Leabaidh bhoichd	72
Cogadh na Tròidhe	74
Duan Gàirdeachais do Chomunn Gàidhlig Inbhirnis	76
Marbhrann do Fhear na Comraich	78
Do 'n Ghealaich	80
Marbhrann do Alasdair Mac Dhòmhnail	82
Òran do Mharcus nan Greumach	84
Air Chuairt do Amairigea	86
Cumha do Mhac Leòid	88
Brosnachadh nam Fineachan	90
Marbhrann do Shir Seumas Mac Dhòmhnail	92
Ionnsaigh nan Lochlannach air Ile	94
Òran do dh'Ailean	96
An Dubh Ghleannach	98
Ged a dh'fhàg thu ri Port mi	100
Blàr Inbhir Chéitein	102
Òran do Dhòmhnall Bàn Mac Dhòmhnail Duibh	104
An t-Slabhraidh	106
'S i seo Nollaig as Cianail	108
Mu Chrìochan Hòil	110
Radharc Céin	112
Òran Eile	114

OCH, OCH, MAR THA MI

- Och, och, mar tha mi 's mi 'nam aonar,
A' dol troimh 'n choill far an robh mi eòlach;
Nach fhaigh mi àit' ann am fhearann dùthchais,
Ged phàighinn crùn air son leud mo bhròige.
- 5 Neo-bhinn am fuaim leam a dhùisg á m' shuain mi,
'S e tighinn a nuas orm o chruaich nam mòrbheann,
An cìobair Gallda, 's cha chòrd a chainnt rium,
A' glaodhaich thall ri cù mall an dèlais.
- Moch madainn Chéitein an ám dhomh éirigh,
10 Cha chedl air gheugan, no geum air mòintich,
Ach sgreadail bhéisdean 's a' chànain Bheurla,
Le coin 'gan éigheachd cur féidh air fògradh.
- Nuair a chù mi na beanntan àrda
'S an fhearann àigh 's an robh Fionn 'na chòmhnaidh,
15 Chan fhaic mi ann ach na caoraich bhàna,
Is Goill gun àireamh 's a h-uile còmhdhail.
- Na gleanntan ciatach 's am faighteadh fiadhach,
Is coin air iallan aig gillean òga,
Chan fhaic thu 'n diugh ann ach cìobair stiallach,
20 'S gur duibhe mheuran na sgiath na ròcais.
- Chaidh gach àbhaist a chur air fuadach,
Cha chluinn thu gruagach ri duan no òran;
Nach bochd an nì e gun shearg ar n-uaislean,
'S na balaich shuarach 'nan àitean còmhnaidh.
- 25 Nuair a chù mi na lagain àlainn,
'S a h-uile àirigh dol fàs le còinnich,
Fo bhàdain chaorach le 'n uain 'gan àrach
Chan fhaod mi ràdhtainn nach b' fhàidhe Tòmas.

An Lighiche Iain Mac Lachlainn

Ceistean air "Och, Och, mar tha mi"

Comharraidhean

- | | |
|---|-------|
| 1. Cò air a tha am bàrd a' gearain? | 1 |
| 2. Dé a' phrìs a dh'fheumadh e fhàidheadh, theagamh, air son na tha e a' sireadh? | 1 |
| 3. Dé am fuaim a dhùisg e ás a chadal? | 1 |
| 4. Dé na fuaimean maidne a tha e ag ionndrainn? | 2 |
| 5. Dé bha tachairt do na féidh? | 1 |
| 6. Cò an dithis choigreach nach caomh leis a bhith faicinn? | 1 |
| 7. Cò b' àbhaist a bhith fuireach far a bheil na coigrich? | 1 |
| 8. Dé b' àbhaist do na gillean òga a bhith dèanamh? | 1 |
| 9. Ainmich dithis a tha e ag ionndrainn, (an siathamh rann). | 2 |
| 10. Sgrìobh sìos na briathran a tha toirt dhuinn a bheachd air a' chìobair. | 2 |
| 11. Dé chù e a nis air an àirigh? | 2 |
| 12. Dé tha e ag ràdh mu mheuran a' chìobair? Car son a tha iad mar sin? | 2 |
| 13. Dé tha e ag ràdh mu 'n chù (rann 2)? | 1 |
| 14. Cuir Beurla air an rann mu dheireadh. | 3 |
| | <hr/> |
| | 21 |

ÒRAN DÙTHCHA

- Ged a tha sinn car tamaill
A' tàmh aig na Gallaibh,
Tha mo dhùthaich air m' aire,
'S cha mhath leam a h-àicheadh.
- 5 Ged is éiginn dhuinn gabhail
Leis gach nì thig 's an rathad,
Gum b' fheàrr na na srathan
Bhith tathaich 's a' Bhràighe.
- 10 Ged is còmhnaid na sràidean,
'S mòr a b' fheàrr bhith air àirigh,
Am frith nam beann àrda
'S nam fàsaichean blàtha.
Beurla chruaidh gach aon latha
'Nar cluais o chionn grathainn,
15 'S e bu dual duinn o 'r n-athair
Bhith labhairt na Gàidhlig.
- Ged is cliùiteach a' Mhachair
Le cùnnradh 's le fasan,
B' e ar dùrachd dol dachaidh
20 'S bhith 'n taice r' ar càirdean;
Bhith 'n Clachan an Dìseirt
A' faicinn ar dlisean:
Gum b' ait leinn an tìr sin,
On is i rinn ar n-àrach.
- 25 Cha b' e fasan nan daoine 'ud
Bhith 'n conas no 'n coannaig
Ach sonas an t-saoghail
'S bhith gaolach mar bhràithrean.
'N àm suidhe 's tigh-òsda,
30 Gu luinneagach ceòlmhor,
Bu bhinn ar cuid òran
'S bhith 'g òl nan deoch-slàinte.
Luchd-dhìreadh nan stùcan
Le 'n gunnathan dùbhghorm,
35 A loisgeadh am fùdar
Ri ùdlaiche làndaimh.
'S e bu mhiann leis na macaibh
Bhith triall leis na slatan,
A chur srian ris a' bhradan,
40 Cha b' e fhasan am fàgail.

Gu fiadhach a' mhunaidh,
No dh'iasgach air buinne,
Annas gach gnìomh a ni duine
'S mòr urram nan Gàidheal.

Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir

Ceistean air "Òran Dùthcha"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------------------|
| 1. | Ciamar a tha am bàrd a' faireachdainn? | 2 |
| 2. | Càit a bheil e aig an àm? | 1 |
| 3. | Dé na rudan a tha am bàrd ag ràdh tha math mu dhéidhinn an àite? | 2 |
| 4. | Có na coimhearsnaich a tha aige, agus dé a' chànan a tha aca? | 2 |
| 5. | Càite gu sònraichte am bu toigh leis a' bhàrd a bhith, agus car son? | 2 |
| 6. | Dé an seòrsa dhaoine bha fuireach ann? | 2 |
| 7. | Dé na cur-seachadan a bhitheadh aca an sin? | 4 |
| 8. | Dé an dòigh àbhaisteach air 'mhunaidh' (41) a sgrìobhadh? Car son a chleachd am bàrd an dòigh seo anns an òran? | 2 |
| 9. | Cuir Beurla air: (a) Cha mhath leam (4)
(b) Bu dual duinn (15)
(c) B' ait leinn an tìr sin (23)
(d) Cha b' e fhasan am fàgail (40) | <u>4</u>
<u>21</u> |

AN ÀIRIGH

- Bha mi 'nam chaithris fad na h-oidhch'
 Oir bha mi 'n raoir air àirigh,
 'S mi mach ri faire a' chrodh-laoigh
 An iomall glinn a b' àille:
- 5 Am bothan beag fo sgàil na creig'
 Gun fhiamh, gun gheilt, gun sgàth orm
 Ach sòlas, sonas, agus sìth
 Nach robh aig rìgh 'na phàilliun.
- Oir chuir mi teine math air saod
- 10 De bhiorain fhraoich 's de mhòine,
 Mo chrùisgean math de dh'ùilleadh làn
 a' dèanamh àite lòchrain,
 Gu leòir de aran, Ìm, is càis',
 Is bainne blàth nam bó leis,
- 15 Is gaoth nan àrd-bheann toirt dhomh càil
 Bu tric thug slàinte mhór dhomh.
- Ged b' i mo leabaidh barrach ùr
 Is sguabag fhraoich mo chluasad
 Cha robh mi farmadach ri h-aon
- 20 Cha robh ri dùic no uachd'ran;
 Mo chuilean dìleas ri mo thaobh,
 A thug a ghaol cho buan dhomh;
 Cha reicinn e air mìle crùn;
 Cha cheannaich maoin no luach e.
- 25 Nuair ghluais mi chuartaich na spréidh',
 Bha 'n gleann gu léir air ghluasad;
 Gach eun is ribheid-chiùil 'na bheul
 Air feadh nan geug 's nam bruachan,
 An uiseag os mo chionn 's an speur
- 30 A' cur an céill a duanaig,
 Seinn òran-gaoil d' a leannan fhéin
 Bha 'g éisdeachd 's a' toirt cluais dhi.
- An uair a fhuair mi àird an t-sléibh,
 Sheall mi gu geur mun cuairt dhomh,
- 35 Oir sheall mi-féin a h-uile taobh
 Gu geur le sùil a' bhuachaill';
 Bha 'n spréidh ag ionaltradh air an lòn
 'S an àlach òg mun cuairt dhoibh;
 A bhith 'nam bhuachaille nam bó
- 40 Nach glòrmhor seach bhith 'm uachd'ran!

Donnchadh Mac Nimhein

Ceistean air "An Àirigh"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Leig fhaicinn car son a bha am bàrd 'na chaithris air an oidhche roimhe. | 2 |
| 2. | Innis càit an robh an àirigh agus mar a bha am bothan air a bhlàthachadh is air a shoillseachadh. | 4 |
| 3. | Dé dh'fhàg am bàrd cho acrach? | 1 |
| 4. | Dèan soilleir an seòrsa leapa a bh' aige agus innis an do chòrd i ris. | 3 |
| 5. | Car son a bha e cho déidheil air a chuilean? | 1 |
| 6. | Dèan luaidh air mar a bha cùisean air an àirigh anns a' mhadainn. | 4 |
| 7. | Thoir geàrr-iomradh air an t-sealladh a chunnaic e bho 'àird an t-sléibh' (33). Ciamar a tha e a' leigeil fhaicinn duinn gu robh e mothachail air na bha a' dol mun cuairt air? | 2 + 2 |
| 8. | Cuir co-fhacal Gàidhlig mu choinneamh gach facal a leanas: sgàil (5) pàilliun (8) | <u>2</u> |
| | | <u>21</u> |

SEACHRAN SEILG

- Chaith mi 'n latha 'n déidh na faghaid,
Air feadh bheann is ghleann is dhoire,
Gus an d'chail mi anns a' choille,
Toirm nan gadhar 's lorg an fhéidh;
5 'S on bha 'n oidhche air tighinn frasach,
Sheall mi air son àite fasgaidh,
Far am faighinn leaba nasgaidh
Am measg chàrna glasa 'n t-sléibh.
- Fhuair mi siud aig bun a' bhruthaich,
10 Bothan àirigh air dhroch thughadh
Toll 'na mhullach air son luidheir,
Sgroth 's an uinneig, taobh na gaoith'
Sgathach bheithe air son còmhla,
Nach ceileadh a bheag de 'n ddìlas,
15 'S a chur eagal air na bdcain,
Rinn mi dòigh air teine fraoich.
- Bha isean feannaig' ann am phòca,
Air nach d' amais mòran clìmhhtich,
Chuir mi car dheth anns a' bhedlaich,
20 'S bha e ròist' agam gu m' riar:
Choisrig mi an creutair nedghlan
Le deur beag de shùgh an eòrna
'S ged nach robh a' chuir ro-shòghmhor
'S maig bhiodh tòrmasach mu 'n bhiadh.
- 25 Mar is gnàth leam an déidh féise,
Rinn mi phìob thombaca ghleusadh
Thug mi 'n taod á ceann mo reusain,
'S leig mi fad na sréin' le m' smuain;
Ghabhail iolla ris na dealbhan,
30 A bha 'g éirigh suas 's a' ghealbhan,
Samhladh faoin air nithe talmhaidh,
Faileis anfhann anns an luath.

D. Mac Eacharn (Am Fear-Ciùil)

Ceistean air "Seachran Seilg"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|----------------|
| 1. | Dé bha am bàrd a' dèanamh air an latha seo? Cò ris a bha an t-àite anns an robh e coltach? | 3 |
| 2. | Innis car son nach do thill e dhachaidh an latha sin. | 2 |
| 3. | Gu mionaideach, leig fhaicinn coltas an àite anns an do chuir e seachad an oidhche. | 5 |
| 4. | Thoir gearr-chunntas air an lòn a dheasaich e. Tagh dà fhacal a tha a' sealltainn gun do chòrd am biadh ris. | 4 |
| 5. | Dé rinn e nuair a bha e air a bhiadh a ghabhail? Dèan luaidh air a' chur-seachad a bha aige ré na h-oidhche. | 1 + 5 |
| 6. | Cuir co-fhacal mu choinneamh
(a) bdcain (15) (b) choisrig (21) | $\frac{1}{21}$ |
| | | <hr/> |
| | | 21 |

CAOL MUILE

Ceistean air "Caol Muile"

- Ged a shiubhail mi cian, b' e Caol Muile mo mhiann,
Cha d' éirich a' ghrian air nas bòidhch'.
B' e siud caol mo ghràidh d' an tug mise bàidh,
O làithean mo leanabais is m' òig'.
- 5 O b' àlainn leam riamh an caol ud ri fiath,
'S e 'g iadhach mu bhuinn nam beann mór',
Chìteadh beanntanan àrd', 's na coilltean fo 'n sgàil
'Nan ailleachd 's an sgàthan bha fòdhp'.
- 10 O 'n bhirlinn gun tàmh chluinnteadh faram nan ràmh,
'S an iorram 's na dàin aig na seòid.
'S nuair a chasadh a' ghaoth, 'n sin chìteadh'na laoich
Le saod cur nan luingeas fo sheòl.
- Na h-èoin mhara gu léir togail iolaich le chéil',
Nuair a dh' éireadh goil-éisg air na tuinn.
- 15 Bhiodh an fhaoileann bhreac bhàn an siud air an t-snàmh;
Na h-èoin dhubha gun tàmh air a déidh.
- Mar dhealan nan speur chìt' an steàrnal bheag ghleusd'
A' clisgeadh gu h-éibhinn a nuas.
'S gu h-athaiseach réidh cur nam boghan dhith féin,
A' phéileag, sàr iasgair a' chuain.
- 20 Bhiodh na h-iasgairean treun' a' cothach' le chéil',
'S iad nach géilleadh fo éiginn na sid'.
Mo chreach is mo léir 's tric mi sileadh nan deur,
Nuair is léir dhomh gach caochladh truagh.
- 25 Air dà thaobh a' chaoil càit an diugh bheil mo dhaoin'?'
Càit comunn mo ghaoil agus m' òig'?'
Tha mo chaoimh-sa 'nan suain fo na tulaichean uain'
Far nach cluinn iad gàir cuain nas mò.
- 30 Ach tha an caol ud mar bha, 's mar a bhitheas a ghnàth,
A' lìonadh 's a' tràghadh gach lò;
Fo dhoinn 's fo fhiath mar mu seach bha e riamh,
Bidh a àilleachd 's gach ial ro-mhór.
- 35 Nuair bhios mór-shluagh an t-saoghail air crìonadh le aois
Cha bhi 'n caol ach an tréine na h-òig';
Caol Muile mo ghràidh d' an tug mise bàigh,
'S ann dut bheir mi gràdh ri m' bheò.

Iain Mac Leòid

Comharraidhean

1. Càit an do chuir am bàrd seachad laithean-òige agus dé
tha e ag ràdh a tha nochdadh a bheachd air an àite? 2
2. Dèan dealbh, 'nad bhriathran fhéin, air
(a) an t-sealladh ri latha ciùin
(b) ri latha fiadhaich
(c) nì nach eil ag atharrachadh uair air bith. 3
3. Dé na fuaimean a chluinneadh e tighinn air o 'n chuan? 2
4. Dé na h-èoin-mhara a tha e ag ainmeachadh agus dé tha
e ag ràdh mu 'n déidhinn? 2
5. Dé tha e ag ràdh
(a) mu 'n phéileig (20)
(b) na h-iasgairean (21)? 2
6. Dé tha toirt air a bhith gul? 2
7. Càit, a nis a bheil móran de na càirdean a bha uair aige? 2
8. Cuir brìgh nan sreathan 29-32 'nad briathran fhéin. 3
9. Cuir anns an tuiséal sheilbheach:
a' ghrian (2); an caol (3); a' ghaoth (11)
an fhaoileann (15); 2
10. Cuir Beurla air:
iorram (10); caochladh (24). $\frac{1}{21}$

LATHA CHUIL LODAIR

- O gur mis' th' air mo chràdh,
Thuit mo chridhe gu làr,
Is tric snighe gu m' shàil o m' léirsinn.
Dh'fhalbh mo chlaistinneachd uam,
5 Cha chluinn mi 's an uair
Gu mall no gu luath nì 's éibhinn.
Mu Theàrlach mo rùin,
Oighre airidh a' chrùin
Is e gun fhios ciod an tùbh gu 'n téid e.
10 Ge do bhuannaich sibh blàr
Cha b' ann d' ur cruadal a bhà,
Ach gun ar sluagh-ne bhith 'n dàil a chéile:
Air thùs an latha dol sìos
Bha gaoth a' cathadh nan sian:
15 Às an adhar bha trian ar léiridh.
Dh'fhàs an talamh cho trom,
Gach fraoch fearann is fonn,
Is nach bu chothrom dhuinn lom an t-sléibhe.
Ach thig cuibheall an fhortain mun cuairt,
20 Car o dheas no o thuath,
Is gheibh ar n-eascaraid duais na h-eucoir.
Is gum bi Uilleam mac Dheòrs'
Mar chraoibh gun duilleach fo leòn,
Gun mheur, gun mheangan, gun mhedirean géige.

Iain Ruadh Stiùbhart

Ceistean air "Latha Chuil Lodair"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|--------|
| 1. | Ciamar, le coimhead air, a dh'aithnicheadh neach
suidheachadh a' bhàird? Dé na dèighean eile anns
an robh buaidh aig na thachair air? | 4
2 |
| 2. | Dé tha a' fàgail a' bhàird mar a tha e? | 2 |
| 3. | Dèan soilleir na leisgeulan a tha am bàrd a' dèanamh
air gun do chailleadh am blàr? | 6 |
| 4. | 'Nad bhriathran fhéin dèan geàrr-iomradh air ciall na
fàistinne a tha am bàrd a' dèanamh. | 4 |
| 5. | Car son a tha tarraing air 'Uilleam mac Dheòrs' (22)
's an òran? | 2
2 |
| 6. | Thoir dà chiall air 'fraoch' (17) agus 'fonn' (17). | 1 |
| 7. | Sgrìobh not air 'thùs an latha dol sìos' (13). | 21 |

MIANN A' BHÀIRD AOSDA

- O càiribh mì ri taobh nan allt
 A shiùbhlas mall le ceumaibh ciùin;
 Fo sgàil a' bharrach leag mo cheann,
 'S bi thus' a ghrian ro-chàirdeil rium.
- 5 Mun cuairt do bhruchaibh àrd' mo ghlinn
 Biodh lùbadh gheug is orra blàth;
 Is clann bheag nam preas a' tabhairt seinn
 Do chreagaibh aosd' le òran gràidh.
- Mun cuairt biodh lùth-chleas nan laogh,
 10 Ri taobh nan sruth, no air an leirg;
 Is am minnean beag de 'n chòmhraig sgèith,
 'Nam achlais a' cadal gun cheilg.
- Chì mi beinn àrd as àillidh fiamh,
 Ceann-feadhna air mhille beann;
 15 Bha aisling nan damh 'na ciabh,
 'S e leabaidh nan nial a ceann.
- Chì mi Sgorr Eild air bruaich a' ghlinne,
 An goir a' chuach gu binn an tòd;
 Is gorm Mheall Aild nam mìle giuthas
 20 Nan lùban, nan earba, is nan lòn.
- O cuir mo chluas ri fuaim eas mór,
 Le crònan a' teàrnadh o 'n chreig;
 Biodh cruit agus slige ri m' thaobh,
 Is an sgiath a dhìon mo shinnsir 's a' chath.
- 25 Thig le càirdeas thar a' chuain,
 Osag mhìn a ghluais gu mall;
 Tog mo dheò air sgiath do luathais,
 Is imich grad gu Eilean Fhlathais.

Ceistean air "Miann a' Bhàird Aosda"

Comharraidhean

1. Cò tha bruidhinn anns an òran, agus cò ris a tha e a' bruidhinn aig toiseach an òran? 2
2. Dé tha e ag iarraidh air a' ghréin, agus ciamar a gheibheadh e an rud a tha e ag iarraidh? 2
3. Dé an t-àm de 'n bhliadhna as fheàrr leis a' bhàrd? Tagh dà shreath anns an òran bho 'n tuig sinn seo. 2
4. Innis 'nad bhriathran fhéin dé tha am bàrd ag ràdh mu Sgorr Eild agus mu Mheall Aild. 3
5. Cò ris a tha am bàrd a' bruidhinn anns an rann mu dheireadh agus dé tha e a' guidhe? 4
6. Mìnich iad seo: (a) lùbadh gheug is orra blàth (6)
 (b) clann bheag nam preas (7)
 (c) ceann-feadhna air mhille beann (14)
 (d) Bha aisling nan damh 'na ciabh (15)
 (e) an sgiath a dhìon mo shinnsir 's a' chath (24). 5
7. (a) Sgrìobh an Tuiseal Ainmeach aca seo: nan allt (1); a' ghlinne (17); a' chuain (25)
 (b) Sgrìobh trì eisimplirean às an òran de Mhodh Aithneach a' Ghlomhair. 3

3
21

ÒRAN DO BHÀTA-TOITE

- Slàn gun till na Gàidheil ghasda
Dh'fhalbh Di-màirt air sàil' do Ghlaschu
Leis a' bhàta dhìonach sgairteil
Làidir acfhuinneach gu strìth.
- 5 'S e h-ainm am Beurla 's an Gàidhlig,
An Ceann-fine measg nan Gàidheal;
'S thig i dhùthaich nam beann àrda,
'S gheibh i càirdean anns gach tìr.
- Nuair a dh'fhalbhas i gu h-aotrom,
10 'S luaithe h-astar na 'n gath-gaoithe,
Cha till fairg' i no sruth caolais,
Ge b' e taobh do 'n tig an t-sian.
- 'S ged a dh'èireadh muir gu buaireas,
Snàmhaidh i air bharr nan stuadhaibh,
15 Mar steud cruideach spuir 'ga bhualadh,
Dhol 's an réis a bhuannachd cìs.
- Le cuibhleachaibh air gach taobh dhith,
'S i masgadh fairge le saothair;
Ìongnadh 's motha th' air an t-saoghal,
20 A dhealbh clann-daoine ri m' linn.
- Gu dol an aghaidh na gaoithe,
Le teine gun aon snàthainn aodaich,
Gun ràimh, ach a stiùir gu saoradh,
Air muir a' taosgadh 'na glinn.
- 25 Sgioba fearail ri ám cruadail,
'S Caipitean Mac an Aba an t-usal,
Calum Dòmhnallach is Ruairidh,
'S Mac Coinnich a tha suairce grinn.
- Caipitean Mac an Aba an t-àrmunn,
30 A shìol nam fear a sheasadh làrach,
A leagadh aighean agus làn-daimh,
Anns an fhàsach bràighe-ghlinn.
- Mu Urchaidh nam buinnean gailbheach,
Aig Eas Chaitileig nan garbh shruth,
35 'S tric rinn do mhorghath marbhadh
Air bradan targheal fo 'n still.

Ailean Dùglach

Ceistean air "Òran do Bhàta-toite"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Dé tha am bàrd a' guidhe aig toiseach an òrain? | 1 |
| 2. | Innis 'nad bhriathran fhéin dé an seòrsa bàta bha seo. | 3 |
| 3. | Dé an dà shamhla a tha am bàrd a' cleachdadh gu innse cho luath 's a shiùbhladh am bàta? | 4 |
| 4. | Có an sgiobair a bha air a' bhàta? Cia ás a bha e, agus dé an seòrsa dhaoine bho 'n tàinig e? | 5 |
| 5. | Dé an spòrs a bu toigh leis gu sònraichte? | 2 |
| 6. | Cuir Beurla air sreathan 19-20, agus mìnich na tha am bàrd ag ràdh anns na sreathan sin. | 3 |
| 7. | Mìnich iad seo: snàthainn aodaich (22); morghath (35); targheal (36). | 3 |
| | | <u>21</u> |

THUG MI GAOL DO 'N T-SEÒLADAIR

- Air feasgar samhraidh Sàbaid dhomh
 'S mi gabhail sràid leam fhéin,
 Na smeòraich bha gu ceilearach
 'S iad àrd air bharr nan geug;
- 5 Mi cuimhneach' air an àrmunn
 Is aillidh tha fo 'n ghréin;
 Nach truagh nach robh mi còmhla riut
 A' còmhradh greis leinn fhéin.
- 10 Bho 'n thàinig mi do 'n dùthaich seo
 Gur beag mo shunnd ri cèdl,
 Bho 'n dh'fhàg mi tìr nan àrd-bheann
 Far 'n d' fhuair mi m' àrach òg,
 Far am biodh na féidh 's na firichean,
 Is bric air linne lòin;
- 15 Far am biodh na h-òighean uaibhreach
 Dol do 'n bhuaile le 'n laoigh òg'.
 Gur lìonmhor mais' ri àireamh
 Air àrmunn dh'fhàs gun mheang;
 Gun aithnichinn fhéin air faire thu
- 20 'S tu àrd air bharr nam beann;
 Bu deas air ùrlar-clàraidh thu
 Nuair thàirneadh tu 'n tigh-danns'
 Troigh chuimhir am bròig chluaiseinich
 'S gach gruagach ort an geall.
- 25 Ar leam gur mi bha gòrach
 Nuair a thòisich mi ri dàn;
 Cha bhàrd a dhèanadh òran mi
 'S cha chòir dhomh dol 'na dhàil.
 Tha nì-eigin air m' inntinn-sa
- 30 'S chan fhaod mi inns' do chàch
 Gun tug mi gaol do 'n t-seòladair
 Air long nam mór-chrann àrd'.
 Ach innsidh mise 'n fhèrinn duibh
 Mur eil mo bharrail faoin:
- 35 Tha gaol nam fear cho caochlaideach
 'S e seòladh mar a' ghaoth;
 Mar dhùrachd air madainn Chéitein,
 'S mar dhealt air barr an fheòir
 Le teas na gréine éiridh e
- 40 'S cha léir dhuinn e 's na nèil.
 'S ma 's nì e nach eil òrduichte
 Gun còmhlaich sinn gu bràth,
 Mo dhùrachd thu bhith fallain

- 'S mo roghainn ort thar chàich;
 45 Ma bhris thu nis na cùmhnantan
 'S nach cuimhne leat mar bha,
 Guidheam rogha céile dhut,
 Is laighe 's éirigh slàn.

Ceistean air "Thug mi Gaol do 'n t-Seòladair"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Có air a tha a' bhana-bhàrd a' cuimhneachadh? Dé bu mhiann leatha? | 1 + 2 |
| 2. | Thoir iomradh air an dealbh a tha i a' toirt duinn air an tìr 's an robh i òg. | 3 |
| 3. | Dé is coltas do 'n fhear air a bheil i luaidh? | 4 |
| 4. | "Cha bhàrd a dhèanadh òran mi" (27). Car son, ma tha, a dh'fheuch i ris? | 2 |
| 5. | Dèan follaiseach a co-dhùnadh mu ghaol agus innis có ris a bha i 'ga choltachadh. | 4 |
| 6. | Leig fhaicinn, o 'n bhàrdachd, co-dhiùbh a tha no nach eil i air a dòchas a leigeil seachad gum pòs i an duine seo. | 2 |
| 7. | O 'n bhàrdachd leig fhaicinn ciod e a tha a' bhana-bhàrd a' miannachadh d' a leannan. | 3 |
| | | <u>21</u> |

ÒRAN SEACHRAN SEILGE

- Chunnaic mi 'n damh donn 's na h-éildean
 Dìreadh a' bhealaich le chéile;
 Chunnaic mi 'n damh donn 's na h-éildean.
- 5 'S mi teàrnadh á Coir' a' Cheathaich,
 'S mór mo mhighean 's mi gun aighear,
 Siubhal frìthe ré an latha:
 Thilg mi 'n spraigh nach d' rinn feum dhomh.
- Ged tha bacadh air na h-armaibh,
 Ghléidh mi 'n Spàinteach chun na sealga,
- 10 Ged a rinn i orm de chearbaich
 Nach do mharbh i mac na h-éilde.
- Nuair a dh'éirich mi 's a' mhadainn,
 Chuir mi innte fùdar Ghlaschu,
 Peileir teann is trì puist Shas'nach,
- 15 Cuifean asgairt air a dhéidh sin.
- Bha 'n spor ùr an déis a breacadh,
 Chuir mi ùille ris an acfhuinn
 Eagal drùchd bha mùdan craicinn
 Cumail fasgaidh air mo chéile.
- 20 Laigh an eilid air an fhuaran,
 Chaidh mi farasda mun cuairt di;
 Leig mi 'n deannal ud m' a tuairmse,
 Leam is cruaidh gun d' rinn i éirigh.
- Ràinig mise taobh na bruaiche,
 'S chosd mi rithe mo chuid luaidhe;
 'S nuair a shaoil mi i bhith buailte,
 Sin an uair a b' àird' a leum i.
- 'S muldach bhith siubhal frìthe,
 Ri là gaoith' is uisg' is dlle,
 'S òrdugh teann ag iarraidh sìdhne
 Cur nan giùmanach 'nan éiginn.
- 'S mithich teàrnadh do na gleannaibh
 On tha gruamaich air na beannaibh,
 'S ceathach dùinte mu na meallaibh
- 35 A' cur dalladh air ar léirsinn.
- Bidh sinn beò an dòchas ra-mhath
 Gum bi chùis nas fheàrr an ath-la,
 Gum bi gaoth is grian is talamh
 Mar as math leinn air na sléibhtibh.
- 40 Bidh an luaidhe ghlas 'na deannaibh,
 Siubhal réidh aig conaibh seanga,

'S an damh donn a' sìleadh fala,
 'S àbhachd aig na fearaibh gleusda.

Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir

Ceistean air "Òran Seachran Seilge"

Comharraidhean

- | | |
|---|-----------|
| 1. Sgrìobh anns a' Bheurla tiotal a fhreagradh an t-òran. | 1 |
| 2. Càit an robh am bàrd a' sealg? | 1 |
| 3. Dé am 'bacadh' a tha air a chiallachadh ann an sreath 8? | 2 |
| 4. Mìnich am facal 'Spàinteach' mar a tha e air a chleachdadh ann an sreath 9. | 2 |
| 5. Innis gu cùramach an t-ullachadh a rinn an sealgair gus am bitheadh an gunna ann an deagh òrdugh. | 4 |
| 6. Innis dé na rudan a thug briseadh-dùil dha. | 4 |
| 7. Tagh sreath (no sreathan) às an òran anns a bheil am bàrd a' cur na h-uidhir de 'n choire air a' ghunna. | 1 |
| 8. Car son a shaoil an sealgair gun robh e cho math dha an t-sealg a leigeil seachad gu latha eile. | 2 |
| 9. Am b' e duine dòchasach no duine eu-dòchasach a bha anns an ùghdar? Ciamar a tha fios agad? | 2 |
| 10. Mìnich iad seo: mìghean (5); frìthe (6); acfhuinn (17); mithich (32). | 2 |
| | <u>21</u> |

A' CHUAIRT SHAMHNA

- Ghabh mi cuairt air oidhche Shamhn',
Thadhail mi 's cha b' aithreach leam
Air Dùghall còir nan ciabhan liath';
bha fada forsaireachd nan sliabh;
5 Fhuair e àrach anns a' ghleann
Fada tuath an tìr nam beann,
Is lìonmhor coire, beinn, is màin,
Is lìonmhor bidean, stùc, is càrn,
Gur iomadh ceum a shiubhail a chas
10 Gu tograch dìreadh bhruthaichean cas',
'S a dhalta chaomh 'na asgall teann,
Bu deiseil gleusda i 's gach àm,
Nach bu dùthchas a dhol càm,
Is duine snasail air a ceann,
15 Nuair bu deiseil an damh donn
Bhiodh luaidh 'na deannaibh ann a chom.
Mar dh' aithris mi bha Dùghall aosd,
Pailt ceithir fichead bliadhna dh' aois,
'S a nise bha e mealtainn fois,
20 Is fhuair mar their iad—cead a chois';
Bha chuibhreann cinnteach fhad 's bu bheò,
Chionn bha e dleasail bho àm òig,
Is dlleas ceart 's ann da bu dual
A mhaighistir dlùth no fada uaith',
25 Gheibheadh aoigheachd am fear fann
'S an fhàrdaich fhialaidh bu neo-ghann
'S a b' fhosgailte mu 'n stòr;
Shuidh mi stigh mu 'n chagailt chòir
Do bhrìgh na h-oidhch' bhith fuaraidh reòt',
30 Mo dhùil a nis gum faighinn sgeul
Ma thachair gu robh Dùghall air ghleus;
Bu toigh leis bhith 'g aithris dhàn
'S bhith seanchas tric air tìm a bha,
Nam biodh luchd-éisdeachd tighinn 'na dhàil,
35 'S an dòigh bu mhiannaich leis 's a b' fheàrr;
Bu bheag air baothaire na bleid',
Fear mìomhail magail beul na sgeig',
Ach tighinn air chéilidh mar bu chòir,
Gum b' e air leth an sgeulaich' còir.

Aonghas Moireasdan

Ceistean air "A' Chuairt Shamhna"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Cuin a tha Oidhche Shamhna? | 1 |
| 2. | An deach am bàrd d' a dheòin a chéilidh air Dùghall? | 1 |
| 3. | Dé an obair a bha Dùghall ris? Leig fhaicinn gun do chòrd obair ris. | 2 |
| 4. | Innis dé chiall a tha aig 'dalta' (11) mar tha e air ùisneachadh an seo. Dé tha aig a' bhàrd ri ràdh mu dhéidhinn? | 3 |
| 5. | Dèan follaiseach na tha am bàrd a' ciallachadh le 'cead a chois' (20) agus 'cuibhreann' (21). Car son a fhuair Dùghall an 'cuibhreann' a bha seo? | 4 |
| 6. | Dèan iomradh air an t-seòrsa tigh' a bha aig Dùghall. | 2 |
| 7. | Innis far an do shuidh am bàrd agus innis car son a rinn e sin. | 2 |
| 8. | Car son a thadhail am bàrd air Dùghall? Innis dé bu mhiann le Dùghall a bhith ris. | 3 |
| 9. | Thoir iomradh air an t-seòrsa duine nach bu toigh le Dùghall. | 3 |
| | | <u>21</u> |

TOBAR LEAC NAM FIANN

- Fhuarain fhòr-ghloin chois na frìthe,
 'S fèarr na flon na Spàinne,
 Do bhùrn milis tigh'nn o 'n ghrinneal
 'S biolair a' cur sgàil ort;
- 5 Tha thu mar léigh le slàint' fo d' sgéith
 Do gach creutair pàidhteach
 O 'n uiseig riabhaich anns an riasg-fheur
 Gu damh ciar na cràice.
- O dheas 's o thuath, thar bheann is chuan,
 10 Thig ort sluagh gun àireamh,
 A dh'òl do bhùirn as àirde cliù,
 Dh'ùrachadh an càileachd;
 Gach buaidh aithnichte riut ceangailt',
 'S Helicon nam bàrd thu;
- 15 Bho 'n thum Oisean annad fheusag,
 Air an Fhéinn chaidh d' fhàgail.
 Measg nan ceud de nìghnean Eubha
 Sheall orr' féin ad sgàthan;
 'S cuimhne leatsa òighe dhreachmhor,
 20 Ann am mais' thug barr orr';
 Air fad do chuairt o bheinn gu cuan,
 Am faic thu snuadh as àille?
 As grinne beus, no 's gile deud,
 'S a guth mar theud na clàrsaich.
- 25 Shuidh i greis leam air a' bhruaich seo,
 'S sheinn i 'n duanag òrain,
 A rinn mi-fhéin mu shealg an fhéidh;
 Creid mi, dh'éisd na h-èdin rith';
 Ach 's beag feum dhomh bhith 'ga leughadh,
 30 'S léir dhuil féin an corr dheth,
 Mis' ag at do bhùirn le m' dheuraibh,
 'S ise, 'n euchdag, pòsda.
 Soraidh leat, bidh mis' a' triall uait,
 On tha ghrian air teàrnadh,
- 35 Smuaintean cianail 'gam shòr-phianadh,
 'S iargain toirt mo chàil uam;
 An tom luachrach sin air ghluasad,
 'S e cur cuairt mu 'n làraich,
 'S air an leargainn coslas ainmhidh,
 40 Nach do dh'ainmich Àdhamh.

Ceistean air "Tobar Leac nam Fiann"

Comharraidhean

1. Ciamar a tha 'm bàrd a' dèanamh soilleir dhuinn
 (a) cho blasda 's a tha uisge an tobar,
 (b) cho feumail 's a tha an tobar? 3
2. Cò 'm bàrd ainmeil a dh'òl às an tobar agus dé lean
 o sin? 1
3. Dé b' àbhaist do 'n chloinn-nighean a bhith a' dèanamh
 aig an tobar? 1½
4. Car son a bhitheadh cuimhne aig an tobar air leannan a'
 bhàird seach nighean sam bith eile? 1½
5. Ainmich trì rudan mu 'n nighinn seo a shaoil leis a'
 bhàrd a bha ionmholta. 1½
6. 'Creid mi' (28)—ma chreideas, dé thuigeas sinn o na
 leanas? 1½
7. Dé a' chrìoch a bha air an t-suirghe? Dé a' bhuaidh a
 bha aig seo air a' bhàrd? Sgrìobh sìos na briathran anns
 a bheil e a' daingneachadh seo dhuinn. 3
8. A' cumail air chuimhne gu robh ghrian air teàrnadh,
 innis dé tha thu a' tuigsinn o 'n dà shreath mu dheireadh. 2
9. Sgrìobh co-fhacal fa chomhair: Léigh (5); pàidhteach (6);
 thum (15); òighe (19). 2
10. Mìnich na h-abairtean a leanas:
 (a) damh ciar na cràice (8)
 (b) sluagh gun àireamh (10)
 (c) air teàrnadh (34)
 (d) iargain toirt mo chàil uam (36) 4

CUMHA AN T-SEANA GHÀIDHEIL

- Tha sgiathan na h-oidhche 'gan sgaoileadh a nall
'S an ceò air a lùbadh mu stùcan nam beann;
Tha dèid air mo shùil-sa 's gun m' aigne ach fann
Air m' fhàgail am aonar a' caoineadh 's a' ghleann.
- 5 Tha eunlaith nan geugan a' gleusadh an rann
'S a' leumraich le sòlas 's ri ceòl feadh nan crann
Tha 'n àlach mun cuairt daibh gu h-uallach a' danns':
Ach àlach mo ghaoil-sa gach aon diubh air chall.
- 10 Tha mo chiabhagan tana 's tha claisean 'nam ghruaidh
Oir tha céile mo ghràidh-sa 'na sìneadh 's an uaigh
Agus triùir de mo phàisdean bu bhlàthmhoire greann
'Nan sìneadh fo leacan a' chlachain ud thall.
- Ged tha eòin bheag' a' Chéitein a' tréigsinn nan tom
Nuair a chòmhdhaicheas reòtachd is dórainn am fonn
15 Bheir samhradh mun cuairt iad gu bruachaibh nan allt:
Ach càirdean mo ghaoil-sa cha taobh iad an gleann.
- Tha na fàrdaichean blàtha bha 'g àrach nan sonn,
Bu shuilbhire gàire 's bu bhàigheile com,
Far am b' fhàbharach càirdeas do 'n ànrachan lom,
20 'Nan làraichean fàsail air cnàmh gus am bonn.
- Chan fhaicear am buachail' a' ruagail mu 'n chrò,
No banarach ghuanach le buaraich 'na dòrn:
Bu bhinn leam a duanagan uallach gun ghò;
Le cuailein m' a guaillean mar dhualan de 'n òr.
- 25 Chan eil clàrsach no siùnsar 'gar dùsgadh le ceòl
'S tha Mac Talla 'na shuain ann an uaimhean nam fròg:
'S na laoich a bha lùthmhor mu stùcan a' cheò
Rinn fòirneart an sgiùrsadh bho dhùthaich an òig.
- Ach sìth do na dh'fhalbh, agus buaidh leis na seòid!
30 Tha m' fheasgar-s' air ciaradh, 's mo ghrian fo na neòil:
Chan fhad gus an crònar mo chiabhan fo 'n fhòd,
Far an caisgear gach pian, 's an téid crìoch air gach bròn.

Niall Mac Leòid

Ceistean air "Cumha an t-Seana Ghàidheil"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|-----------|
| 1. | Dèan soilleir sunnd a' bhàird is leig fhaicinn car son a tha e mar a tha. | 2 |
| 2. | Ciamar a tha a shuidheachadh fhéin is suidheachadh nan eun eadar-dhealaichte? | 2 |
| 3. | Dé tha e ag innse dhuinn mu a choltas fhéin? Car son a tha e mar sin? | 4 |
| 4. | Dèan follaiseach na tha am bàrd ag innse dhuinn anns a' cheathramh rann mu na h-eòin. | 2 |
| 5. | Dé tha air tachairt do na tighean? Innis có ris a bha na tighean agus na daoine coltach. | 4 |
| 6. | Innis dé an obair a bhitheadh a' bhannarach (22) ris. Dé 'm feum a bhitheadh i a' cur air 'buarach' (22). | 2 |
| 7. | Ciamar a bhitheadh a' bhannarach a' cur seachad na h-ùine nuair a bhitheadh i 'g obair? Dé bu choltas dhi? | 2 |
| 8. | Thoir iomradh air na dh'éirich do 'na laoich' (27). | 1 |
| 9. | O 'n rann mu dheireadh dèan luaidh air cor a' bhàird. | 2 |
| | | <u>21</u> |

GAIRM CATHA

- Deasaichibh, deasaichibh chlanna nan Gàidheal,
Deasaichibh Ghàidheil nam buadh,
Èiribh 's gach cèarn, cha bhi sibh 'nur tràillibh,
Èiribh gu bàs no gu buaidh.
- 5 Chan urrainn do nàmhaid gum bi sibh fo chùs,
Chan urrainn gum faigh e a mhiann
Ma bhios sibh gu léir an guaillibh a chéil'
Mar bu dùth do bhur sinnsir bho chian.
- 10 Tràthail 'nur n-eachdraidh thàinig na Ròimhich
Innleachdach, ionnsaichte treun,
Ealanta eòlach 's dh'aindeoin cho seòlt'
Cha b' urrainn bhur gaisge chur eug.
Sheas sibh gu dileas an guaillibh a chéile,
Rùisg sibh bhur cruadal 's an t-sreup;
- 15 Gur mór leam ri innseadh cha robh sibh fo chùs,
'S gun ghluais sibh gu daingeann 's gach ceum.
Dhian ruith na bliadhnan, gun chuireadh no iarraidh
Chòmhlaidh á Lochlainn nan tonn
Daoine neo-sgàthach 'nam birlinnean ràmhach
- 20 Bhur fearann a spùilleadh gu trom.
Ma thàinig iad sàbhailt is roinn air an càileachd
Gu sgathadh a dhèanamh 's gach ceum
Leagh iad is shearg iad air blàr gàbhaidh na Leirge
Mar shneachd anns an ùr-mhadainn Chéit.
- 25 Gur iomadh an linn gu dealasach dalm'
Bha Sasannaich fiachainn le spàirn
Bhur còir a thoirt uaibh 's gur mór leam ri luaidh
Sibh bhith dileas is daingeann gu bàs,
Dh'aindeoin nan eucail a dh'fhuiling o 'n eucoir
- 30 Dh'aindeoin gach éiginn is cràdh,
Chaidh 'n ruaig air na sionnaich air blàr Allt a' Bhonnaich.
Bho 'n saobhaidh cha charaich gu bràth.
Air rothan na h-ùine thàinig na h-ùmaidhean
Gearmailtich bhrùideil gun chreud,
- 35 Cha d' amais an sàil air gainneimh na tràghad
Ged a thàinig air iteig 's an speur,
'S 'nam bàtaichean falaichte 's an aigeal an geall
Air cuilbheartan sgriosail na Béist';
No giùigirean faoin' gheibh iomain na sgaoil
- 40 Bhith sireadh àir' ùir anns a' ghréin.

Aonghas Moireasdan

Ceistean air "Gairm Catha"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Dé tha 's an amharc aig a' bhàrd ann a bhith a' cur an duain seo an céill? | 1 |
| 2. | A réir a' bhàird dé an cunnart anns an robh na Gàidheil? Innis mar a chuireadh na Gàidheil stad air an seo. | 4 |
| 3. | Tha am bàrd ag ainmeachadh trì cinnidhean coimheach. De na tha am bàrd ag ràdh mu 'n déidhinn, tagh facal fa leth mu gach aon a sheallas a bheachd orra. Innis gu soilleir ciall nam facal sin. | 3 |
| 4. | Sgrìobh slos ainmean an dà bhlàr air a bheil am bàrd a' toirt tarraing. Cuir Beurla air na h-ainmean sin agus innis dé thachair do nàimhdean nan Gàidheal aig na blàr sin. | 4 |
| 5. | Dé an ionnsaigh mu dheireadh air a bheil am bàrd a' bruidhinn? Innis có thug an ionnsaigh sin agus ciod e beachd a' bhàird mu 'n déidhinn. | 4 |
| 6. | Dé an da dhòigh cogaidh ùr a chleachd iad aig an ám? | 2 |
| 7. | Sgrìobh not air 'àit' ùir anns a ghréin' (40). | 3 |
| | | <u>21</u> |

AN GÀIDHEAL AM MEASG NAN GALL

Cha togar fonn leam ach trom air m' aineol
 Cha dèan mi òran 's an dòigh bu mhat' leam.
 Gur mi bha gòrach nuair thug mi 'n gealladh
 Do 'n nìonaig òig a bha còmhnaidh 'n Cana.

5 Gur h-ann le àilgheas a dh'fhàg mi 'm fearann
 'S an deachaidh m' àrach nuair bha mi 'm leanabh;
 'S mi 'n dùil gun dèanainn am bliadhna a dh'earras
 Na cheannaicheadh lion dhomh gu iasgach earraich.

10 Gur mi bha stàiteil nuair dh'fhàg mi Ailean,
 Ri togail gàraidh 's a' càradh bhealach;
 Gum b' fheàrr bhith ann air neo 's meallta bharail,
 Na bhith 's an àm ann an taing nan Gallaibh.

15 Cha ghabhainn tuarasdail uaidh' mar sgalaig,
 Ach tighinn do 'n Ghalldachd a shealltainn chaileag;
 'S nuair ni gach té dhiubh am Beurla m' fharraid
 Their mis' an Gàidhlig gun d' fhàg mi Barraidh.

20 Chan eil e còrdadh rium seòl a h-arain—
 Bhith falbh Di-Dòmhaich 's a' giùlan eallaich;
 'S nach fhaigh mi fàrdach, no àit' am fanainn
 Ach sabhal fàs, air neo stàbull ghearran.

Nuair ni mi gluasad Di-luain do 'n bhaile,
 Bidh bodaich Ghalld' ann an geall ar mealladh;
 Cha tuig mi 'n nàdur le 'n cànan Ghallaich—
 Tha mise dall 's gun an cainnt am theangaidh.

25 Is tu, Chatrìona, tha tighinn air m' aire—
 Chan e do stòras a rinn mo mhealladh;
 Ach thu bhith bòidheach, gun bhòsd gun bharrachd,
 Do 'n fhine mhór, o Mhac Leòid na Hearadh.

Iain Mac Gill' Eathain

Ceistean air "An Gàidheal am measg nan Gall"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Ainmich dà aobhar air son suidheachadh-inntinn a' bhàird. | 2 |
| 2. | Innis car son a dh'fhàg am bàrd sgìre a dhùthchais. | 2 |
| 3. | 'Nad bhriathran fhéin dèan dealbh de 'n t-sealladh mu dheireadh de dhachaidh a mhair cho soilleir an cuimhne a' bhàird. | 2 |
| 4. | Ainmich aon rud a tha foillseachadh gur e duine òg pròiseil a bha anns a' bhàrd. | 2 |
| 5. | Car son nach eil e fhéin agus na caileagan, anns an àite anns a bheil e nis, a' tighinn a réir a chéile? | 2 |
| 6. | Dé na h-aobharan-gearain as motha a tha aige an aghaidh na dòigh' anns a bheil e nis a' cosnadh a lòin? | 2 |
| 7. | Car son a tha e coinneachadh ri duilgheadasan sònraichte air Di-luain? | 2 |
| 8. | (a) Dé an t-ainm a tha air an té air a bheil e dèanamh luaidh? | 1 |
| | (b) Ciamar a tha e fiachainn ri dhearbhadh gur ann air a sgàth fhéin a thug e gaol dhi? | 2 |
| | (c) Gu geàrr innis beagan mu 'n chaileig seo. | 2 |
| 9. | Dé do bharail air a' bhàrdachd seo? Innis car son a chòrd (no nach do chòrd) i riut. | 2 |
| | | <u>21</u> |

FUADACH NAN GÀIDHEAL

- Gura mise tha tùrsach,
 A' caoidh cor na dùthcha,
 'S nan seann daoine cùiseil
 Bha cliùiteach is treun;
- 5 Rinn uachdarain am fuadach,
 Gu fada null thar chuantan,
 Am fearann chaidh thoirt uapa,
 'S a thoirt suas do na féidh.
- 'S e siud a' chulaidh nàire,
 10 Bhith faicinn dhaoine làidir,
 "Gam fuadach thar sàile
 Mar bharrlach gun fheum";
 'S am fonn a bha àlainn,
 Chaidh chur fo chaoraich bhàna,
- 15 Tha feanntagach 's a' ghàradh,
 'S an làrach fo fheur.
- Far an robh móran dhaoine,
 Le 'm mnathan is le 'n teaghlaich,
 Chan eil ach caoraich mhaola
- 20 Ri fhaotainn 'nan àit';
 Chan fhaicear air a' bhuaile
 A' bhanarach le buaraich,
 No idir an crodh guail-fhionn
 'S am buachaille bàn.
- 25 Tha 'n uiseag anns na speuran
 A' seinn a luinneig ghleusda,
 'S gun duine ann 'ga h-éisdeachd,
 Nuair dh'éireas i àrd;
 Cha till, cha till na daoine,
- 30 Bha cridheil agus aoibheil,
 Mar mholl air latha gaoithe,
 Chaidh 'n sgaoileadh gu bràth.

"Fionn"

Ceistean air "Fuadach nan Gàidheal"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Innis car son a tha am bàrd a' faireachdainn mar seo aig an ám. | 2 |
| 2. | Có air a tha e cur na coire? Dé an cron a tha iad sin air a dhèanamh do 'n Ghàidhealtachd? | 3 |
| 3. | Dé, a réir coltais, a bu mhotha a bha leòn cridhe a' bhàird? | 1 |
| 4. | Dé na h-atharraichidhean a tha air tighinn air cùisean? | 2 |
| 5. | Dé an obair a bhuineadh do 'n t-seann dòigh nach eil 'ga dèanamh a nis? | 3 |
| 6. | Cuir Beurla air na sreathan 25-28. | 4 |
| 7. | Sgrìobh sìos ceithir buadhairean (le eadar-theangachadh Beurla air gach aon) a tha am bàrd a' cleachdadh ann a bhith bruidhinn air a luchd-dùthcha. | 2 |
| 8. | Dé an coimeas a tha am bàrd a' cleachdadh anns an rann mu dheireadh? | 2 |
| 9. | Cuir Beurla air: culaidh nàire (9); feanntagach (15); buarach (22); luinneag (26). | <u>2</u> |
| | | <u>21</u> |

FÒGRADH AR GÀIDHEIL

- Mo shoraidh leis na fuar bheannaibh
'S na glinn 's an robh mi buachailleachd,
Is duilich leam mar dh'fhuadaicheadh
An sluagh bha annta còmhnaidh.
- 5 Tha sliochd nan sonn a dh'aiticheadh
Na glinn ud a chaidh fhàsachadh
An diugh mar Ghoill gun Ghàidhlig ac'
Air sràidibh bhailtean móra.
- B' éiginn dhaibh an cùl a chur
10 Ri sléibh is glinn an dùthchais,
Air son gum biodh na stùcannan
'Nan lùchairt chaorach móra.
- Chan fhaic mi feadh nan garbhlaichean
Ach ciobairean is sealgairean,
15 Nach buin do thìr nan Albannach,
Ged fhuair iad sealbh is còir oirr'.
- An t-iasg tha snàmh 's na h-aibhnichean
'S am fiadh tha tàmh 's na staingeanan,
Thug Dia nan Gràs do oighreachd iad
20 A dhèanamh saoihbheis lèin dhaibh.
- Spuill iad iad bho 'n dilleabach
Is dh'fhàgadh iad 'nan dilleachdain,
Á fàrdaichibh an sinnsiribh
Gun sgrìobadh iad le fòirneart.
- 25 Tha 'n diugh na bothain àlainn ud
'S an deachaidh òg an àrachadh
Air torrath suas 'nan càrnaichibh
Is còinneach bhàn 'gan còmhdach.
- Bu sheasgair blàth 's a' gheamhradh iad
30 Le còta bàn de 'n chonnlaich orr',
Is sìoman-fraoich gu teann orra,
Le clach air ceann gach sgòid dheth.
- Mun cuairt air lic nan teinnteannaibh
Bhiodh mnathan suairc' is maighdeanan,
35 Le fuaim ac' air na cuibhleachaibh
A' snìomh gu grinn a' chlàtha.
- Na h-iasgairean le snàthadaibh
A' càradh lìon 's na fàrdaichibh,
Bhiodh acfhuinn iasgaich 's bhàtaichean
40 Roimh mhìos na Màigh an òrdugh.
- Bidh m' inntinn trom 's mi deur-shùileach
Nuair chì mi Gall is féileadh air,

A' dìreadh ghleann 's a' Ghàidhealtachd
'S a ghunna air ghleus gu spòrsail.

- 45 Nam biodh gach frith air àiteachadh
Le fir tha strìth ri bàtaichean
Bhiodh suaimhneas feadh na Gàidhealtachd
'S bhiodh fuaim na Gàidhlig bed innt'.

M. Mac a' Ghobhainn

Ceistean air "Fògradh ar Gàidheil"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|-----------------------|
| 1. | Dé an sunnd anns a bheil am bàrd? | 2 |
| 2. | Dé tha e ag ràdh mu shliochd nan daoine a dh'fhàg an dachaidhean? Car son a dh'fhàg iad iad? | 2 |
| 3. | Có tha tachairt ris a nis air a' mhonadh agus dé, gu sònraichte, nach toigh leis a bhith faicinn? | 2 |
| 4. | Dé na còirichean a thugadh bho 'n t-sluagh agus dé an t-anaceartas eile a dh'fhuiling iad? | 3 |
| 5. | Innis dé 's coltas do na tighean
(a) mar a tha iad a nis
(b) mar a b' aithne dha-san iad. | 4 |
| 6. | Thoir cunntas air an obair a bhathas a' dèanamh a stigh
(a) leis na mnathan
(b) leis na fir. | 3 |
| 7. | Dé tha e a' comhairleachadh do dhaoine a dhèanamh agus, ma nithear sin, dé a thachras? | 3 |
| 8. | Cuir Beurla fhreagarrach air:—
(a) Lùchairt chaorach móra (12)
(b) A' snìomh gu grinn a' chlàtha (36)
(c) Acfhuinn iasgaich (39)
(d) Deur-shùileach (41) | <u>2</u>
<u>21</u> |

NUAIR BHA MI ÒG

- Moch 's mi 'g éirigh air bheagan éislein,
Air madainn chéitein 's mi ann an Òs,
Bha spréidh a' geumnaich an ceann a chéile,
'S a' ghrian ag éirigh air Leac an Stòir;
- 5 Bha gath a' boillsgeadh air slios nam beanntan
Cur tuar na h-oidhche 'na dheann fo sgòd,
Is os mo chionn sheinn an uiseag ghreannmhor,
A' toirt 'nam chuimhne nuair bha mi òg.
- An uair a dh'èirich mi gualainn Shìdhein,
10 Gun leig mi sgòs dhìom air bruaich an lòn.
Bha buadhan m' inntinn a' triall le sìnteig,
Is sùil mo chinn faicinn loinn gach pòir.
Bha 'n t-sòbhrag mhìn bhuidh' 's am beàrnan-brìghde
An cluaran rìoghail is lus an òir,
- 15 'S gach bileag aoibhneach fo bhraon na h-oidhche
A' cur 'nam chuimhne nuair bha mi òg.
- A' toirt 'nam chuimhn' iomadh nì a rinn mi
Nach fhaigh mi 'm bann gu ceann thall mo sgeòil;
A' falbh 's a' gheamhradh gu luaidh is bainnsean
- 20 Gun solus lainnteir ach ceann an fhèid;
Bhiodh òigrìdh ghreannmhor ri ceòl is dannsa,
Ach dh'fhalbh an t-ám sin 's tha 'n gleann fo bhronn
Bha 'n tobht' aig Anndra 's i làn de fheanntaig
A' cur 'nam chuimhne nuair bha mi òg.
- 25 Nuair chuir mi cuairt air gach gleann is cruachan
Far 'n robh mi suaimhneach a' cuallach bhò
Le òigrìdh ghuannach tha nis air fuadach,
De shliochd na tuath bha gun uaill gun ghò;
Na raoin 's na cluaintean fo fhraoch is luachair,
Far 'n tric a bhuaineadh leam sguab is dlòth;
Nam faicinn sluagh agus tighean suas annt'
Gum fàsainn suaimhneach mar bha mi òg.

Màiri Nic a' Phearsain

Ceistean air "Nuair bha mi òg"

Comharraidhean

1. Tha a' bhana-bhàrd ag innse mu na rudan a tha toirt 'na cuimhne làithean a h-òige.
Ainmich gu sònraichte na rudan a bha toirt tlachd
(a) do 'n t-sùil, agus
(b) do 'n chluais. 4
2. Ciamar a bhitheadh iad a' cur seachad nam feasgar fada geamhraidh? 2
3. Ciamar a bhitheadh iad a' dèanamh an slighe air na h-oidhcheannan dorcha geamhraidh? 1
4. Dé tha i ag ràdh mu dhéidhinn companaich a h-òige? 1
5. Dé an t-atharrachadh a tha air a thighinn air na raoin 's air na cluaintean seach mar a bha iad an uair a bha ise òg? 3
6. Dé tha i ag ràdh a bheireadh toileachas mór dhi 'na seann aois? 2
7. Càit an robh a' bhana-bhàrd an uair a rinn i an t-òran seo, agus cuin a shaoileas tu a sgrìobh i e? Innis dé, anns an òran, a chuidich thu gus na ceistean sin a fhreagairt. 3
8. Cuir Beurla orra seo: air bheagan éislein (1); 'na dheann (6); an uiseag ghreannmhor (7); loinn gach pòir (12); de shliochd na tuath (28) 5

'S TROM MO CHRIDHE

'S trom tiamhaidh mo chridhe ag imeachd troimh 'n ghleann
Gun chòmhdhail gun choinneamh, ged 's i an Nollaig a th' ann,
Le m' shùil air an fhàsach, 's na làraichean lom,
Far am faca mi 'n Gàidheal ri àbhachd le sunnd.

5 Chan fhaic mi ann duine, ach cluinnidh mi 'n Gall
A' sgrìachail r' a chuilean air a' mhullach ud thall;
'S chì mi na caoraich 's muilt mhaola nach gann,
An àite nan curaidh 's nan cruinneagan donn'.

10 Cha chluinn mi 's chan fhaic mi na b' aithne dhomh uair,
Ach na cnocan 's na h-easan, 's na creagan ud shuas;
Bu chaomh leam an sealladh aon choileach air dùn,—
Ged a b' éiginn domh bhreabadh, cha bu bheag orm an cù.

Ag ionndrainn nam feara, a' cheathairne chòir,
A bheireadh dhomh cuireadh le furan gun ghò;

15 Cha chluinn mi 's chan fhaic mi na fleasgaichean òg'
Dol cruinn air an achadh le 'n camain 'nan dòrn.

'S iad a chuireadh an iomain 's a leanadh i teann,
Cho luath ri buic earba feadh garbhlach nam beann;

20 A bhuaileadh na buillean gu curanta cruaidh,
A' còmhrith ri chéile gun bhréine gun ghruaim.

Nuair a sgaoileadh an comunn an déidhinn tràth-nòin,
'S a shuidheadh gach buidheann gu subhach mu 'n bhòrd,
Bhiodh seanair an tighe, na mnathan 's a' chlann,
Ag òl air a chéile gun éislean gun ghreann.

25 Ám sònraicht' de 'n oidhche nuair rachadh iad cruinn,
Bu shunndach 's bu chridheil an fhidheall a' seinn;
Na gruagaichean teisteil, 's na fleasgaichean treun',
A' dannsadh gu h-innealt, 's ri mireig gun bheud.

Greis roimh dheireadh na h-oidhche nuair a sguireadh a' chuirm,
'S a shuidheadh an còmhlán gu stòld' air na fuirm,
Gum b' éibhinn bhith 'g éisdeachd nan éideagan grinn,
A' togail nan luinneag cho milis 's cho binn.

Tha mise 'n seo am ònrachd ag imeachd troimh 'n ghleann,
Mo shùil air an fhàsach le làraichean lom,

35 B' e an t-iongnadh nan cinneadh mo chridhe cho fuar
'S nach tigeadh a' mhuinntir am chuimhne 's an uair.

An Lighiche Mac Lachlainn

Ceistean air "'S trom mo Chridhe"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|-----------|
| 1. | Car son a tha am bàrd a' faireachdainn cho dubhach aig an ám seo? | 2 |
| 2. | Chan fhac' e ach Gall. Dé bh' ann deth-san, agus dé bha e a' dèanamh? | 2 |
| 3. | Dé an dà bheathach a bu mhiann leis a' bhàrd fhaicinn, agus saoil car son? | 3 |
| 4. | Dé an cur-seachad sònraichte a b' àbhaist a bhith aig na fir agus na gillean òga? | 2 |
| 5. | Ainmich na cur-seachadan eile air a bheil am bàrd a' dèanamh iomraidh anns an òran. | 3 |
| 6. | Saoil dé an linn, agus dé an leth de 'n linn, anns an deach an t-òran a sgrìobhadh? Dé 'n fhianuis a gheibh thu anns an òran air son do fhreagairt? | 3 |
| 7. | Mnich iad seo: làraichean (3); a' cheathairne (13); buic (18); tràth-nòin (21); éislean (24); teisteil (27). | 3 |
| 8. | Mu choinneamh gach aon diubh seo sgrìobh facal a tha calg-dhìreach 'na aghaidh ann am brìgh: thall (6); mhaola (7); gann (7); subhach (22); garbhlach (18); cruinn (25). | 3 |
| | | <u>21</u> |

AN LÒN-DUBH

- 1 A lòn-duibh, a lòn-duibh, is glé bheag tha thu 'm feum
Air bhith teicheadh uam féin le do cheòl,
B' e 'n sealgair gun umhail a chuireadh 'nad dhéidh
An luaidh leis am faodtadh do leòn.
- 5 A lòn-duibh, a lòn-duibh, 's leat-sa 'n diugh thar gach eun.
An ribheid as fheàrr thig ri m' fhonn;
'S dearbh leam nach e idir am faireachdainn faoin
Dh'fhàg d' òran cho dòlasach trom.
- A lòn-duibh, bheil do leannan riut coimheach no dùr
'S i a' tabhairt cluas dhùint' do d' cheòl tlàth?
10 O, 's cinnteach nach eil—b' ise ghogaid gun tùr
Nach mealladh 's nach maoth'chadh do dhàn.
- A lòn-duibh, 'n e gun d' fhuair an druid buaidh ort ri ceòl
Aobhar uaigneach a' bhròin tha 'nad chrios?
15 No 'n d' fhuair thu an nead 's an robh d' iseannan òg?
Air a creachadh le gàrlach gun iochd?
- A lòn-duibh, ma 's fìor siud, tha mi duilich do d' thaobh
Le co-fhaireachdainn caomh, mar is dual
Do neach tha, 'nad chor, faicinn ceart a chor fhéin
20 Éisd, is innsidh mi aobhar mo ghruaim.
- A lòn-duibh, 's dearbh gur cuimhne leat rìbhinn mo ghaoil
A' chailin a b' aobhaiche snuadh
'S tric a dh'éisid còmhla rium d' òran 's a' chraoibh
Ann an coill' Bhaile 'n t-Saoir an siud shuas.
- 25 A lòn-duibh, a lòn-duibh nis an coille nam blàth
Leig leam a bhith làmh riut a' caoidh:
Chan ann do na h-uile eun dh'innsinn-sa fàth
Trom osnaidhean cràiteach mo chrìdh.
- Ach stadam mo bhròn: 's olc mo chòir air bhith caoidh
30 Cur milleadh air aoibhneas mo ghràidh
B' fheàrr sealltainn gu fòil air an dòigh anns am faod
Mi bhith fhathast 'na caoin-chaidreamh blàth.

Eòghann Mac Colla

Ceistean air "An Lòn-dubh"

Comharraidhean

1. Innis dé rinn an lòn-dubh nuair thàinig am bàrd an rathad. Ciamar a dh'fheuch am bàrd ri faothachadh a thoirt do inntinn an èoin? 3
2. Leig fhaicinn car son a bha am bàrd deònach ri éisdeachd ris an eun air a' mhadainn àraidh seo. 3
3. A réir a' bhàird tha òran an lòn-duibh 'dòlasach trom' (8). Thoir iomradh air (a) na trì aobharan, ma dh'fhaoidte air seo. 3
(b) car son a tha am bàrd de 'n bheachd nach gabh e a bhith gu bheil aon de na h-aobharan sin fìor. 2
4. Car son a tha co-fhaireachdainn aig a' bhàrd ris an eun? 2
5. Dèan luaidh air aon chur-seachad a bh' aig a' bhàrd agus leig fhaicinn có bhitheadh maille ris aig an àm. 2
6. Thoir iomradh air dé thachair, a réir coltais, eadar am bàrd 's a leannan. 2
7. Cuir Gàidhlig eile air: tùr (11), iochd (16), a' chailin (22); snuadh (22); fàth (27); gu fòil (31). 3
8. Innis ciod e modh nan gnìomhairean a leanas: éisd (20); stadam (29). 1
21

SMUAINTEAN AN COIRE CHEATHAICH

Air leacann na beinne, os cionn Coire Cheathaich,
Aig ciaradh an fheasgair chunnaic mise damh donn
Uasal, uaille-cheumach, cabrach, 's na h-éildean 'ga fheitheamh;
'S a dh'aindeoin am beadradh bha m' inntinn-sa trom.

5 A Dhonnchaidh nan Òran, 's e bhith cuimhneach' do cheòl-sa
'S tu càiricht fo 'n fhòd a chuir spròc ann am cheum,
Do dhùthaich bhith fàs, is 'na dìthreabh do mhòinteach,
Gun mhàthair ri crònan ach binn-ghlòir nan eun.

10 Bu tric b' e do shòlas an òg-mhadainn shamhraidh
Bhith deilbh air na beanntan seo àilleachd do smuain,
Bhith snìomh nan sàr-bhriathran, 's a' càrnadh do ranntachd,
'S a' coimhlionadh ealaidheachd ghreannmhor do dhuain.

15 Bha na flùran 'nad òran is blàthan na mòintich
Roid agus còinteach air am braonadh le drùchd;
Biolair uaine is luachair, is sochair na sòbhraich,
Seamrag is neòinean, 's an lili gheal chiùin.

20 Nam bu bhed' thu an dràsda, 's tu fuireach 's an àit' seo
Cò a dh'éisdeadh ri d' bhàrdachd, 's cò thuigeadh do cheòl?
Cuid a' truailleadh do chainnt 's cuid de d' dhaoine 'ga h-àicheadh,
Is sgread aig a' ghràisg ud nach ceannaich i lòn.

Ach thig caochladh ort, Alba, 's air bochdainn do chrannchuir,
Thig beath' às do bhalbhachd, 's bidh aighear 'nad cheòl,
Is ri éirigh na gréine air coire a' gharbhlaich
Teichidh sgàilean an anmoich 's togar fallainn a' cheò.

Ruairidh Mac Thòmais

Ceistean air "Smuaintean an Coire Cheathaich"

	Comharraidhean
1. Innis far an robh am bàrd agus cuin a bha e ann.	2
2. Dé na h-ainmhidhean a chunnaic e? Gu mionaideach, leig fhaicinn an dealbh a tha am bàrd a' toirt dhuinn air na h-ainmhidhean sin.	3
3. Leig fhaicinn car son a tha am bàrd cho tùrsach.	4
4. Dé bha 'na fhìor shòlas do Dhonnchadh nan Òran.	2
5. A' gabhail na cùise air an treas 's an ceathramh rann, dé an cuspair air an do stéidhich Donnchadh mórán de bhàrdachd?	1
6. Dé tha 'm beachd a' bhàird ann a bhith a' cur a cheist 's a' chòigeamh rann?	2
7. Dèan soilleir am beachd a tha aig cuid de dhaoine, a réir a' bhàird, mu 'n Ghàidhlig. Dé is aobhar dhaibh air seo?	3
8. Ma chreideas sinn Mac Thòmais ciamar a tha suidheachadh na dùthcha gu bhith?	2
9. Anns an rann mu dheireadh, dé tha am bàrd a' ciallachadh nuair a tha e a' bruidhinn air: (a) éirigh na gréine (23) (b) sgàilean an anmoich (24), agus, fallainn a' cheò (24).	2 <hr/> 21

IS MISE GRIOGAR

(Thàinig gaisgeach le birlinn gu cùirt Mhic Dhòmhnail Ìle agus thubhairt e:—)

- Is mise Griogar, mac Dhòmhnail Ailpeinich,
Rìgh Mhanainn; sgeula chreach is ainneart
A tha againn ri innseadh,
A dh'fhàg sinn gun tìr, gun nì, gun daoine.
- 5 Gun fhios gun rabhadh,
Thàinig madainn an àmhghair
A thug an sealladh cabhlach nam borb—
Armailt mara is tìre Rùraich nan creach
O Ath-Cliath an Èirinn.
- 10 Dh'aithnich m' athair bratach dhubh an fhithich;
Ghairm e ghillean le crois-tàra—
Rabhadh nan Gàidheal ri àm éiginn—
Dh'éirich iad uile mar aon neach.
- Dh'iarr m' athair cabhlach Mhanainn
15 A thoirt gu cladach a' chinn tuath,
'S na h-aosmhoir, mnathan is clann,
Aiseag gus a' cheàrn a b' fhaisge dh'Albainn.
Chaidh sinn gun mhoille an dàil nam borb:—
Fichead m' an aon bha iad ruinn—
- 20 Choinnich sinn iad an tuinn a' chladaich,
Sinne ainneamh 's iadsan lìonmhor;
Sheas sinn mar b' àbhaist gun aomadh
Gus an do sgaoil nedil na h-oidhche
An dubhar thar soillse nan speur;
- 25 B' éiginn gluasad gu cùl cruaiche a bha dlùth,
Cha do ghearain aon aois no sgìos;
Ghearradh e sìos sinn 's cha b' ann gun éirig,
Thuit sinn gu léir ach dà fhichead 's a h-aon.
- Bha 'n gleannan 'na chaochain dhearg'
30 An uair a dh'fhalbh sinn,
Troimh 'n doire sgàileach,
Gu birlinn Mhic Iain Gheàrr an òb uaigneach—
Curaidh uaibhreach a sheas am blàr leinn,
- 34 Leathanach làidir, gaisgeil, dìleas.

Uilleam Mac Dhun-Leibhe

Ceistean air 'Is Mise Griogar'

Comharraidhean

- | | | |
|-----|--|-------|
| 1. | Có e an laoch a tha ag innse na naidheachd? | 1 |
| 2. | Dé an seòrsa naidheachd a tha innte agus dé a' bhuil a bha oirre dha fhéin is do a luchd-leanmhainn? | 2 |
| 3. | Innis dé chunnacas air a' mhadainn àraidh seo. Có an ceannard a bha air na nàimhdean agus có ás a thàinig e? | 2 |
| 4. | Ciamar a bha e air aithneachadh? | 1 |
| 5. | Dé cheud rud a rinn athair an fhir a tha ag innse na naidheachd agus dé bhuil a bha air sin? | 2 |
| 6. | Dé na h-òrduighean a thug athair seachad? | 2 |
| 7. | Dé cho lìonmhor is a bha na nàimhdean seach iad fhéin? | 1 |
| 8. | Sgrìobh sìos dà abairt a tha nochdadh nach robh gealtachd orra coinneachadh ris na nàimhdean. | 2 |
| 9. | Dé cho fada is a sheas iad riutha is càit an deach iad an déidh sin? | 2 |
| 10. | Cia mheud a fhuair ás le 'm beatha? | 1 |
| 11. | Innis mar a tharr iad ás air a' cheann mu dheireadh. Dé an cinneadh do am buineadh am fear-teasairginn aca? | 3 |
| 12. | Cuir Beurla air na sreathan a leanas: 12, 29. | 2 |
| | | <hr/> |
| | | 21 |

BEINN A' BHUNA

Air druim Beinn a' Bhuna gun shuidh mi 's mi fann
Is tuis an òg-shamhraidh ag éirigh 's an ám,
Bha am fraoch ann gun mhuthadh 's an loch ri mo thaobh
Ach càit an robh 'n àirigh is cuideachd mo ghaoil?

5 O càite an robh 'n àirigh is cuideachd mo ghaoil—
Tha Oisean 'n déidh Féinn 'n iomadh àit' far nach saoil—
Is càite an robh Ghàidhlig bha blasda is blàth
Nuair chluinnt i tighinn thairis air bilean mo ghràidh?

10 Nuair chluinnt i tighinn thairis air bilean mo ghràidh
Ann an ciaradh an latha 's i bleoghann na bà,
Cha chluinn mi ri 'm shaoghal ceòl-fidhle cho binn
Ri sèimh-ghuth mo nìghneig 's i leigeil 's a' seinn.

15 Ri sèimh-ghuth mo nìghneig 's i leigeil 's a' seinn,
'S mi 'g amharc air camagan donna a cinn,
A gairdeanan nochdte 's a casan gun bhròig.
'S a blàth-bhilean tairis a' mealladh na pòig'.

20 'S a blàth-bhilean tairis a' mealladh na pòig'
Ged dhiùltadh i tiotag le briathran a bèdail.
O càit 'eil Magh Milis bha idir cho làn
De shòlasan inntinn ri monadh mo ghràidh?

Ach thriall gach sean-shòlas bho mhonadh mo ghràidh
Nuair thriall na laoigh shona 's geum toilicht' na bà,
Is thriall guth a' charthannais dhearg-bhileach bhlàth
'S tha binn-ghlòir na Gàidhlig 's an àit' seo 'na tàmh.

Ruairidh Mac Thòmais

Ceistean air "Beinn a' Bhuna"

Comharraidhean

1.	Annas a' cheud rann dèan iomsgaradh eadar na nìthean a tha fhathast an làthair agus na nìthean sin a thriall ás.	4
2.	Mìnich an tarraing a tha am bàrd a' toirt air 'Oisean 'n déidh Féinn' (6).	2
3.	Dé tha 'leigeil' (12) a' ciallachadh?	1
4.	Thoir dealbh air an nighinn mar a tha am bàrd 'ga faicinn anns a' cheathramh rann.	4
5.	Dé tha sinn ri thuigsinn le 'Magh Milis' (19) agus ciamar a sheasadh e an coimeas ri dùthaich a' bhàird?	3
6.	'Nuair thriall na laoigh shona 's geum toilicht' na bà' (22). Thoir do bheachd air seagh na sreatha seo.	2
7.	Cuir Gàidhlig eile air: tuis (2); ciaradh an latha (10); geum (22); a' charthannais (23).	4
8.	Dèan luaidh air 'Ri sèimh-ghuth mo nìghneig' (12).	1
		<u>21</u>

ÒRAN AN AMADAIN BHÒIDHICH

- O Mhairearad Òg, 's tu rinn mo leòn,
Is caileag bhòidheach lurach thu;
'S tu 's guirme sùil 's a' mhadainn chiùin
Na 'n dearc air chùl nan duilleagan.
- 5 Gur gil' thu, ghràidh, na 'n sneachda bàn
A' cur air àird nam monaidhean.
Ochòn a Rìgh, mo nighean donn
Nach robh mi thall am Muile leat.
- Och 's i mo mhàthair rinn an call
10 Nuair chuir i shealg na tunnaig' mi;
'S nuair ràinig mi an linne chaol
'S ann bha mo ghaol a' srùthladh innt'.
- 'S e 'n gunna caol a rinn mo leòn;
Cha téid e òrleach tuilleadh leam.
- 15 'S an té rinn dhomh-sa léine chaol
Cha dèan thu, ghaoil, gin tuilleadh dhomh.
- Ged théid mi suas do 'n bhail' ud shuas
Cha bhi mo chuairt ach diomhain ann.
Air leabaidh làir chan fhaigh mi tàmh,
20 'S air leabaidh àird cha chuir iad mi.
- O Rìgh nan dùl, cum rium mo chiall;
Cha robh mi riamh 's a' chunnart seo.
Mi 'n diugh 's an dé air cnoc leam fhéin
A' sìleadh dheur 's mi turaman.
- 25 O Rìgh nan dùl, cum rium mo chiall;
Cha robh mi riamh 's a' chunnart seo.
'S a Mhairearad Òg 's tu rinn mo leòn
'S tu dh'fhàg fo bhròn 's fo mhulad mi.

Ceistean air "Òran an Amadain Bhòidhich"

	Comharraidhean
1. Dé seòrsa òran a tha seo?	1
2. Ciod e beachd a' bhàird mu Mhairearad Òg?	2
3. Cò ris a tha am bàrd 'ga samhlachadh? A bheil na samhlaidhean sin freagarrach?	4 + 2
4. Ciod e an tubaist a tha air a cur fo 'r comhair anns an òran? Innis mar a thachair i.	4
5. Dé a' bhuaidh a bh' aig an tubaist seo air cuairtean a' bhàird do 'n bhaile?	3
6. Innis a nis a' bhuaidh a bh' aig an tubaist air a' bhàrd. Innis gu h-àraidh dé an cunnart anns an robh am bàrd.	2
7. Às an òran mìnich na leanas: a' srùthladh (12); leabaidh làir (19); Rìgh nan dùl (21).	3
	<u>21</u>

ÒRAN DO LOCHIALL

- Dhòmhnail òig, o na fhuair thu do chòir,
 Lean am *biuthas bu nòs, is chan olc,
 Bi gu furanach, farasda, fòil
 Ris na daoine nach deònaich do lochd,
 5 Nì éirigh gu d' chuideachadh suas
 Nam faiceadh iad tuasaid teachd ort,
 Rachadh ullamh gu rùsgadh nan lann,
 'S iad chaisgeadh an nàmhaid le toirt.
- Aghaidh shuilibhear as taitniche snuadh,
 10 Aghaidh fhathail, neo-ghruamach nach tais,
 Aghaidh smachdail am bheil buirb' agus cruas
 Ma nìhear do ghluasad gu brais;
 Tha thu sìobhalt', làn iochd agus truais,
 Tha thu measail air sluagh anns gach staid,
 15 Sàr cheannard nan gaisgeach bheir buaidh,
 Thog thu suas iad gu cruadal glé mhoich.
- Chan e fochann an fhòlaich an sonn
 Ach an t-abhall dh'fhàs trom anns an lìos,
 Dh'aindeoin doineannan faoilich na Màirt
 20 Cha chrìon i, cha shearg, is cha bhris;
 'S ann a bhitheas i fo dhuilleach a ghnàth
 'S i cinntinn gu h-àrd le mór theas,
 Fo a sgàile bithidh fàsghadh is blàths
 Aig gach géig bhitheas ag àrach deagh mheas.
- 25 Nuair a théid Achnacairidh air dòigh
 'S a nì thu ann còmhnaidh le sìth,
 Thig cleachdan do shinnsireachd beò
 'S freagraidh creagan na mòintich do 'n phìob;
 Bithidh toil-inntinn aig d' uaislean, is spòrs,
 30 Théid mì-ghean air fògradh, is sgìos,
 Bithidh fùdar 'ga losgadh gu leòir
 'S daimh chròic air an leònach 's an fhrìth.

* biuthas = cliù

Ceistean air "Òran do Lochiall"

Comharraidhean

1. Dé, 'nad bheachd-sa, a thug air a' bhàrd an t-òran seo a dheilbh? Dé an seòrs' òrain a th' ann? 2
2. Innis 'nad bhriathran fhéin, dé a' chomhairle a tha am bàrd a' toirt air a' cheann-feadhna. Cò an fhìne air am bitheadh ùghdarras aig an fhear seo? 2½
3. Ciamar a tha am bàrd a' nochdadh gu robh meas
 (a) aig a dhaoine air Lochiall 3
 (b) aige-san orra-san?
4. Thoir gearr-chunntas air na tha an t-ùghdar ag innse dhuinn mu dhéidhinn nàdur an duine seo. 3
5. Cò ris a tha am bàrd a' samhlachadh a' chinn-feadhna? Beachdaich gu math air an treas rann agus seall ciamar a tha, no nach eil, an Ìomhaigh seo, 'nad bheachd-sa, freagarrach. 3
6. Càit an robh Lochiall gu bhith a' còmhnaidh? Innis ciall an ainme sin agus far a bheil am baile-fearainn. 1½
7. Dé na h-atharraichidhean a bha am bàrd an dùil a dhèanadh no a dh'aobhraicheadh Lochiall? 3
8. Mìnich, an Gàidhlig no am Beurla, dé tha an t-ùghdar a' ciallachadh leis na sreathan
 (a) Chan e fochann an fhòlaich an sonn (17). 2
 (b) Théid mì-ghean air fògradh, is sgìos (30).
9. Tagh eisimpleir às an òran de gach modh labhairt a leanas:
 (a) uaim 1
 (b) pearsanachadh 21

DÌREADH A MACH RI BEINN SHIANTA

- Dìreadh a mach ri Beinn Shianta
Gur cianail tha mo smuaintean,
A' faicinn na beinn 'na fàsach
'S i gun àiteach air a h-uachdar.
- 5 Sealltainn a sìos thar a' bhealaich
'S ann agam-sa tha 'n sealladh fuaraidh.
'S lìonmhor bothan bochd gun àird air,
Air gach taobh 'nan làraich uaine.
- 10 Far an robh 'n teine 's na pàisdean
'S ann as àirde dh'fhàs an luachair.
Far an cruinnicheadh na h-àrmainn
Feuch! a' chaora bhàn le h-uann ann.
Ach, fhir shanntaich rinn an droch-bheairt;
Liuthad teaghlach bochd a ghluais thu,
- 15 'S iomadh dilleachdan tha 'n ganntar
Agus bantrach a tha truagh leat.
Smuaintich féin nuair théid thu null bhuainn
Mar bheir Rìgh nan dùl do bhuaireas.
An ceannaich thu le beairteas tròcair?
Cha dèan òr gu bràth a bhuanachd.
Bheil thu 'n dùil gum faigh thu saorsainn
Leis na caoraich 's do chuid bhuailean?
Ge b' 'e àit' am faigh iad fearann
Mìle beannachd leis na ghluais thu.
- 25 Dhùmhlaich an ceò air Beinn Shianta,
Thug a' ghrian a sìos an cuan oirr';
Thàinig duibhre air an iarmailt
'S cuiridh mise crìoch ri m' dhunaig.

An Lighiche Mac Lachlainn

Ceistean air "Dìreadh a mach ri Beinn Shianta"

	Comharraidhean
1. Leig fhaicinn car son a tha smuaintean a' bhàird 'cianail' (2).	2
2. Thoir gèarr-chunntais air an t-suidheachadh a tha aig a' bhàrd 's an amharc nuair a tha e a' bruidhinn air 'sealladh fuaraidh' (6).	3
3. Dèan follaiseach car son a rinneadh 'an droch-bheairt' (13) agus innis dé, a réir a' bhàird, a dh'éireas do 'n fhear a rinn i.	3
4. Có iad, gu h-àraidh, an dà bhuidhinn air an do laigh an droch-bheairt sin gu trom?	2
5. Dèan soilleir brìgh nan ceist a tha am bàrd a' togail.	4
6. Leig fhaicinn gu follaiseach mar a tha am bàrd a' cur coltas nan siantan ann an co-fhaireachdainn, mar gum bitheadh, ris fhéin.	3
7. Có aig a tha am bàrd a' fàgail 'mìle beannachd' (24)?	1
8. Cuir co-fhacal Gàidhlig mu choinneamh-gach aon de na facail a leanas: bealach (5); làraich (8); na h-àrmainn (11); ganntar (15); beairteas (19). buailtean (22).	3
	<u>21</u>

ÉIRE A' GUL

- Eilean iomallach na h-Eòrp',
A thìr as bòidhch' fo cheann-bhrat speur,
Bu tric a chunnaic mi do chòrs',
A nunn thar linne mhór nam beuc.
- 5 Nuair a shéideadh gaoth chiùin o 'n iar-dheas,
'S an iarmailt gun cheathach, gun neul,
Bhiodh na Gàidheil 's an Rinn Ìleach
Ag innse d' a chéile do sgèimh.
- D' fhuarain ghlan' a' boillsgeadh flòr-uisg',
10 Do threudan lìonmhor feadh do ghleann,
Do choilltean, do thulaichean 's do chluaintean,
'S tu uaine bho cheann gu ceann.
- Am madainn neo-chiontachd na h-òige
Fhuair mi sgeòil nan linn a dh'fhalbh
15 Aig cagailtean Ìle Chlann Dòmhnaill,
Mun d' fhògradh na Gàidheil o 'n sealbh.
- Shaoileadh na macain gum b' fhìor
Na dh'innseadh dhaibh o bheul nan sean,
'S gu robh thus' a ghnàth mar chualas,
20 Luath-ghàireach, sona mar sin.
- Tha mi 'n diugh mar a b' àbhaist
A' faicinn d' fhàire thar an lear
O chladach tonnach deas-thìr Ìle,
'S is dubhach ri innse do chor.
- 25 Sgeula mulaid, cuing is fògraidh,
Gort is bròn is anaceart,
'S gun dòigh air d' fhurtachd o d' phéin
O na bhrìst thu fhéin do neart.

Uilleam Mac Dhun-Leibhe

Ceistean air "Éire a' Gul"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Car son a thug am bàrd 'Eilean iomallach na h-Eòrp' (1) air Éirinn? | 1 |
| 2. | Innis
(a) dé bhitheadh na Gàidheil ag innse d' a chéile mu dhéidhinn na h-Éireann.
(b) có ris a bha Éire coltach a réir a' bhàird | 1
4 |
| 3. | Thoir iomradh air na chleachd iad a bhith 'g innse mu na cagailtean an Ìle. Dé bha gun tachairt aig an ám sin? | 1 + 1 |
| 4. | Mnich am facal 'macain' (17).
Innis
(a) có bha ri aithris dhaibh.
(b) am beachd air na chaidh innse dhaibh. | 1
3 |
| 5. | Ciod e suidheachadh na h-Éireann aig an ám a chaidh an duan a dhealbh? | 3 |
| 6. | Dèan luaidh air co-dhùnadh a' bhàird mu shuidheachadh na h-Éireann agus innis car son a thàinig am bàrd gus a cho-dhùnadh sin. | 1 + 1 |
| 7. | Sgrìobh not air:
(a) Ìle Chlann Dòmhnaill (15).
(b) An lear (22). | 2 |
| 8. | Eadar-theangaich gu Beurla 'Am madainn neo-chiontachd na h-òige' (13). | <u>1</u> |
| | | <u>21</u> |

S.C.E. 1970 'O' Grade.

AN IOMAIRT A BHA AM BAIL' AN ABAIDH

- Fàilt' is furan do na balaich,
 Guma maireann bhios an slàinte!
 Chruinnich iad a chum na h-iomairt,
 Chum na h-iomain mar a b' àbhaist;
- 5 Chuir iad cath gu treubhach, sgairteil,
 'S ann air machair Bhail' an Abaidh;
 Cleachdainnean a bh' aig ar sinnsir,
 Car son dhìobradh leis an àl iad?
- 10 Iain Mac Neacail 'na àrd-cheannard,
 'S sinne uile fo chomannada,
 Le bhonaid ghuirn, spòran 's féile,
 Anns an éideadh mar a b' annsa;
 Bha phìob-mhór a' seinn le caithream,
 Dùsgadh aighear feadh nan gleanntan,
- 15 'S a' cur spionnadh ùr 's na gillean
 Chum na h-iomain anns an àm ud.
 Mar a ruitheas fiadh nan àrd-bheann
 Às a ghàbhadh, 's nàmh an tòir air,
 Mar sin ruith na gillean sgairteil
- 20 Le luath-chasan anns a' chòmhraig;
 B' fhada chluinnteadh fuaim nam buillean,
 'M ball 'ga chur le spionnadh òighear;
 Leam bu mhiann bhith anns a' chuideachd,
 Faotainn orra tuilleadh eòlais.
- 25 Nuair a chaidh an iomain seachad,
 Chruinnich sinn chum tigh an uachdrain;
 Fhuair sinn deagh-ghean agus càirdeas,
 'S fear no dhà dhe 'n stuth bu chruaidhe;
 Thug sinn greis ri ceòl is iomairt,
- 30 'S cha bu mhisde leinn na h-òrain,
 'S thog sinn fear mu seach mun cuairt iad,
 Duain is dàin air Tìr nam Mór-bheann.
 Ann an grathann theich na h-uairean,
 Tuilleadh 's luath gun deach iad seachad,
- 35 Rìbhinnean is fleasgaich shuairce
 'G éirigh suas chum tarraing dhachaidh;
 Gus an sìnear anns a' chill mi,
 Bidh an oidhch' ud tighinn fa-near dhomh,
 'S bidh na briathran beò 'nam chuimhne,
- 40 "Slàinte chaoidh dhut, 's oidhche mhath leat!"

Donnchadh Mac Nimheir

Ceistean air "An Iomairt a bha am Bail' an Abaidh"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|----------|
| 1. | Cò bha air ceann na buidhne agus dé an còmhach a bha air? | 3 |
| 2. | Dé am fuaim a bha ri chluinntinn a bharrachd air éigheachd nan daoine agus dé a' bhuidhne a bha aig an fhuaim sin air na cluicheadairean? | 2 |
| 3. | Càit an deach iad an déidh na h-iomain agus ciamar a chaidh gabhail romhpa? | 5 |
| 4. | Ciamar tha 'm bàrd a' dèanamh soilleir dhuinn nach do dh'fhairich iad an ùine a' dol seachad? | 2 |
| 5. | Dé tha ag innseadh dhuinn nach d'lochuimhnicheadh am bàrd an oidhche seo ann an cabhaig? | 3 |
| 6. | Sgrìobh co-fhacal fa-chomhair: sinnsir (7); spionnadh (15); grathann (33); chill (37). | 2 |
| 7. | Cuir Beurla air: | |
| | (a) Chuir iad cath gu treubhach, sgairteil (5) | |
| | (b) Car son dhìobradh leis an àl iad? (8) | |
| | (c) Às a' ghàbhadh, 's nàmh an tòir air (18) | |
| | (d) 'S cha bu mhisde leinn na h-òrain (30) | 4 |
| | | <hr/> 21 |

S.C.E. 1971 'O' Grade.

AN RÒN

- Air na garbh-sgeirean uaigneach,
Far bheil buan-shruth na mara ri ceòl,
'S faing' a' suaineadh mun cuairt daibh,
Nuair thig buaireas nan cuantan 'nan còir,
- 5 Tha do dhachaidh ro-luaineach,
A ròin uallaich a ghluais mi gu ceòl;
'S ged 's an-sheasgair do chuach ann,
Siud an t-ionad 's an dual dut bhith beò.
- 'S fhad on chualas ri luaidh ort,
10 Ann an aiseisean buadh-mhor nan cliar,
Gur fuil rìoghail tha buailteach
Bhith gluasad mun cuairt ann ad chliabh:
Ach ged their luchd a' bhuaireis
Gura tuairisgeul suarach an sgial,
- 15 Gur e d' fholachd is d' uaisle
Chuir cho lurach 's cho snuadh-mhor do bhian.
Gura cleachdadh gun tàmh dhut
A bhith snàmh air feadh fhàs-ghleannan thonn.
Nuair as àirde muir-bhàite
- 20 'S leats' is cuingeis a barr no a bonn,
Thig thu slàn troimh gach gàbhadh
Dh'fhàgas cairgean is àrd-sgeirean lom
'S gur e 'n stoirm as ceòl-gàir' dhut,
Agus onfhadh nam barc-thonnan d' fhonn.
- 25 Ach, a Rìgh, nan do dheònaich
Rìgh nan dùl dhut-sa cothrom nam briath'r,
Nach lìonmhor brùid is nach neònach
Air am faodadh tu aithris le sgial
An Tìr fo Thuinn far bheil d' eòlas,
- 30 Air gach gleann agus còmhnard is sliabh;
'S gur tu dh'innseadh le deòin dhuinn
Mu gach nì tha fo sgleò 's a' Chuan Siar.
Am bi thu 'g ionndrainn na laochraidh
A bha uair feadh nan caol seo tighinn beò;
- 35 A chuireadh fàilte le faoilte ort
'S a' chainnt rùnaich bu ghaolach le d' phòr?
Saoil nach éisdeadh tu daonnan,
'S tu le d' chuilean a' grùdach feadh lòn,
Ri 'n iorram-ciùil agus sùgraidh,
- 40 Seach na caoil 's an cuid iùbhrach fo sheòl?
'S e mo dhùrachd an dràs dhut,
Nuair thig aois agus bàs air do thòir,
Gun téid do ghiùlan gu sàbhailt

- 45 Dh'ionnsaigh 'n àit' 's a bheil Pàrras nan Ròn;
Far bheil iasg mar is àill leat,
Agus buidheagan àlainn mar òr;
'S tu ri mire 's na bàghain,
Thall mu chladaichean àigh Tìr nan Òg.

Dòmhnall Mac Dhòmhnail
(Éiriseidh)

Ceistean air "An Ròn"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | Dèan dealbh 'nad bhriathran fhéin, air dachaidh an ròn mar a tha am bàrd 'ga faicinn. | 3 |
| 2. | Dé bhuaidh a bh' aig an ròn air a' bhàrd? | 1 |
| 3. | Mìnich am facal 'cuach' (7). Sgrìobh aon bhrìgh eile bhitheas aig an fhacal. | 1 |
| 4. | Cò, a réir a' bhàird, a bu shinnsirean do 'n ròn? Dé bha daoine eile a' saòilsinn de 'n bheachd seo? | 3 |
| 5. | Sgrìobh agus eadar-theangaich trì sreathan (cha leig iad a leas a bhith as déidh a chéile) a tha 'g innse dhuinn dé am beachd a bh' aig a' bhàrd air muir stoirmeil. | 3 |
| 6. | Cuir Beurla air sreathan 25-32. | 8 |
| 7. | Dé an dà cheist a tha am bàrd a' cur air an ròn anns na sreathan 33-40? | 4 |
| 8. | (a) Nam faigheadh am bàrd a dhùrachd càit am bitheadh an ròn?
(b) Anns an àite seo, dé tha am bàrd a' guidhe do 'n ròn? | 2 |
| 9. | (a) Mìnich: 's an dual dut (8); onfhadh (24); fo sgleò (32)
(b) Mìnich mar tha gach aon diubh seo air a chur ri chéile agus mar sin mìnich brìgh gach facail: rìoghail (11); neònach (27); laochraidh (33) | 3 |
| | | <u>30</u> |

AN ATAIREACHD ÀRD

- An ataireachd bhuan,
Cluinn fuaim na h-ataireachd àird',
Tha torunn a' chuain
Mar chualas leams' e 'nam phàisd;
5 Gun mhùthadh gun truas,
A' sluaisreadh gaineamh na tràgh'd;
An ataireachd bhuan,
Cluinn fuaim na h-ataireachd àird'.
Gach làd le a stuadh,
10 Cho luaisgeach farumach bàn,
'Na chabhaig gu cruaidh,
'S e gruamach dosrach, gun sgàth;
Ach strìochdaidh a luaths
Aig bruaich na h-uidhe bh' aig càch,
15 Mar chaochail an sluagh
Bha uair 's a' bhaile-sa tàmh.
'S na coilltean a siar
Chan iarrainn fuireach gu bràth,
Bha m' inntinn 's mo mhiann
20 A riamh an lagan a' bhàigh;
Ach iadsan bha fial
An gnìomh, an caidreamh, 's an àgh,
Air sgapadh gun dìon
Mar thriallas ealtainn roimh nàmh.
25 Seileach is luachair,
Cluaran, muran, is stàrr,
Air tachdadh nam fuaran
An d' fhuair mi iomadh deoch-phàit';
Na tobhtaichean fuar'
30 Le bualan 's cuiseag gu 'm barr,
'S an eanntagach ruadh
Fàs suas 's a' chagailt bha blàth.
Ach chunnaic mis' uair
Am bu chuannar beathail an t-àit',
35 Le òigridh gun ghruaim
Bha uasal modhail 'nan càil:
Le màthraichean suairc'
Làn uail 'nan companaich gràidh,
Le caoraich is buar
40 Air ghluas'd moch-mhadainn nan tràth.
Ag amharc mun cuairt
Cha dual dhomh gun a bhith 'm pràmh;
Chan fhaic mi an tuath

- Do 'm bu shuaicheantas carthannas tlàth;
'Nam fògaraich thruagh'
45 Chaidh am fuadach thairis air sàl,
'S cha chluinn iad gu buan
Mór-fhuaim na h-ataireachd àird'.
Ach siùbhlaidh mi uat;
50 Cha ghluais mi tuilleadh 'nad dhàil;
Tha m' aois is mo shnuadh
Toirt luaidh air giorrad mo là;
An ám dhomh bhith suaint'
Am fuachd 's an cadal a' bhàis,
55 Mo leabaidh dèan suas
Ri fuaim na h-ataireachd àird'.

Dòmhnall Mac Ìomhair

Ceistean air "An Ataireachd Àrd"

Comharraidhean

1. Thoir geàrr-chunntas air beatha a' bhàird mar tha e air innse anns a' bhàrdachd. 6
2. Cò ris a tha am fear-labhairt a' samhlachadh na mara mar tha i a' briseadh, tonn air muin tuinne, air a' chladach (rann 2)? 2
3. Dèan iomsgaradh eadar an sealladh mar a chithear e an diugh is mar a tha cuimhne aige fhaicinn roimhe seo. 4
4. Dé dh'aobharaich an t-atharrachadh? 1
5. Dé rud àraidh air nach tàinig atharrachadh? 1
6. Dé an co-cheangal a tha eadar a' cheud rann is a' chuid eile de 'n bhàrdachd? 2
7. Cuir Beurla air na ceithir sreathan anns an fheàrr a tha am fear-labhairt, 'nad bheachd, a' cur an cèill a ghràdh do dhachaidh òige. Innis car son a thagh thu na sreathan seo. 4
8. Dèan luaidh air cho tric is a gheibhear faclan leis na fuaimreagan *ua* anns an dàn seo. 1
9. Tha tarraing do 'n t-sùil ann an cuid de na faclan is de na h-abairtean, is do 'n chluais ann am feadhainn eile. Thoir dà eisimpleir air gach seòrsa is dèan mìneachadh air an ciall. 2
10. Mìnich gach aon diubh seo mar a tha iad air an cleachdadh anns a' bhàrdachd: torunn (3); sluaisreadh (6); làd (9); uidhe (14); ealtainn (24); suaicheantas (44). 3
11. Aithris air cur-ri-chéile gach aoin diubh seo: a' sluaisreadh gaineamh na tràgh'd (6); air sgapadh (23); chaidh am fuadach (46). 3
12. Ciod e miann deireannach a' bhàird? 1

ÒRAN AN T-SAIGHDEIR

Ged nach eil mi ach òg, is beag m' aire air cèdl:
Rinn m' aighear 's mo phròis mo thréigsinn.
Dol do 'n arm de m' cheart dheòin, 's mi chaidh iomrall 's a' chedò;
Siud am marg' nach do chòrd 'na dhéidh rium.

5 Fhuair mi gealltanais mór le boinn agus còir
Air nighean Rìgh Deòrs' mar chéile.
Nan creidinn an glòir cha b' eagal ri m' bheò
Dhomh an airgead no 'n òr no an éideadh.

10 Nuair a shuidh sinn ag òl, 's a ghlac mise an t-òr,
Gu robh dream mu 'n bhòrd 'gar n-éiseachd.
Bha danns ann, bha cèdl, cur na bainnse gu dèigh;
'S e mo chall-sa bha mòr an déidh siud.

Is iomadh oidhche fhliuch fhuair thug mi marcachd a' chuain,
On chinn an dath ruadh-s' air m' éideadh.

15 Thug mi turus dà uair gu Rìgh Lochlainn nan cuach;
'S ann d' a rìoghachd bu chruaidh an sgeul ud.

Cha robh seud 's an robh luach, eadar luingeas is shluagh,
Nach do ghlac sinn an cluain a chéile.

20 Loisg sinn aitreabh 'na ghual, chuir sinn gaiseadh 'na sguuib,
Thug sinn creach às le ruaig beum-sgéithe.

Bha mi am Portugal thall, cha b' e m' fhòrtan a bh' ann,
Nuair a nochd sinn cia an lann bu ghéire.
Nuair a ràineas an camp, air Sliabh altair na Fraing',
Cha robh a' chasgairt ud fann mun ghéill iad.

25 Fear le feadan thrì bann gu spreigeadh 's a' champ;
Bu bheag dheth 's an ám mo cheutaibh.
B' annsa geum aig mart seang, dol do 'n bhuaile 'na deann,
Is bean 'ga leigeil am fang 's a' Chéitean.

30 Cha do shocraich mo shàil nuair a chuir iad mi 'n Spàin;
Teas is fuachd ann am pàirt a chéile.

Measg sluaigh air bheag bàidh, nach gabhadh truas ri fear-càis,
Ged a bhuaill air am bàs 'na éiginn.

35 Gu robh m' fhuil air a' bhìl, cur na tuasaid gu làr
Is goirt a fhuair mi mo chràdh 's mo dheuchainn:
Gu robh an uair gu ro-bhlàth mun do bhuaineadh am barr;
Gu robh cuan de shruth bàit' fo m' léine.

Is iomadh fàrdach is fròg far an robh mi trath-nòin,
On chaith mi a' cheud chòt' is léine;
Agus clàr agus bòrd air 'n do chàireadh mo lòn:

40 Is tric a phàigh mi dhaibh òr 'na éirig.

Is gann àit' de 'n Roinn Eòrp', eadar thràigh is thir-mór,
Nach eil làrach mo bhròig 's gach ceum dheth.

Falbh feadh fhàsaichean fèidir agus àrd-bheanna cèd
Ri uchd spàirn agus gleòis is ratreuta.

45 Is fad on chualas 's an rann, mar a theirear 's a' champ:
"Cha dèan aithreachas mall bonn féime".
Dh'fhaodainn-sa 'n aire thoirt 's an ám chaidh mo tharraing an ranc,
Nach robh càirdeas aig ceann r' a chéile.

50 Fhir a shìtbbhlas mu thuath thoir an t-soraidh seo uam,
O nach d' fhàg mi fear m' fhuath 'nam dhéidh ann;
Is thoir an aire gu luath, nuair a chluinneas tu duan,
Ma 's math leat bhith buan, gu 'n éisd thu.

55 Gur e an Geàrd a bhith fuar, agus lughad na duais,
Dh'fhàg bealach mo ghrua'ch air beugadh.
Chuir e maille 'nam luaths, agus gaiseadh 'nam ghruaig;
Chaill mi earrann de n' fhuair mi léirsinn.

Alasdair Grannd, Mac Iain Bhàin

Ceistean air "Òran an t-saighdeir"

Comharraidhean

- | | | |
|-----|--|---|
| 1. | Coimeas faireachdainnean an t-saighdeir mus deach e do 'n arm agus an déidh dha a dhol ann. | 2 |
| 2. | Dé na geallaidhean a chaidh thoirt dha? | 2 |
| 3. | Dé na cogaidhean anns an robh e a' sabaid? | 2 |
| 4. | An cuireadh tu an saighdear a bha seo timcheall na dùthcha a bhrosnachadh ghillean òga gus a dhol do 'n arm? Innis car son. | 4 |
| 5. | Mìnich iad seo: nighean Rìgh Deòrs' (6); eadar (17); beum-sgéithe (20); trath-nòin (37). | 4 |
| 6. | Mìnich car son a tha 'oidhche fhliuch, fhuair' air a chleachdadh an seo (13) agus gur e seo a th' ann an òran eile:
'Is iomadh oidhche fhliuch is fuar
Ghabh mi cuairt is mi leam fhìn'. | 2 |
| 7. | Cuir Beurla air: 'Cha dèan aithreachas mall bonn féime' (46). Sgrìobh am Beurla sean-fhacal aig a bheil an aon bhrìgh. | 3 |
| 8. | Ciamar a bha na daoine a thachair ris an t-saighdear anns an arm an coimeas ris an fheadhainn a dh'fhàg e aig an tigh? | 3 |
| 9. | Leudaich air na gabhaidhean a dh'fhuiling an saighdear agus na h-euchdan a rinn e anns gach cogadh anns an robh e. | 7 |
| 10. | 'S e seòrsa de rabhadh d' a chàirdean aig an tigh a th' anns an òran seo. Ainmich òran Gàidhlig eile de 'n t-seòrsa seo as aithne dhuit, agus innis cò sgrìobh e. | 1 |

CÒMHRADH EADAR FEAR-TURUIS
agus
SEANN CHAISTEAL INBHIR LÒCHaidH

- F.T. Aibhist fhuar! gun tuar gun dreach,
Is mór an caochladh th' ort air teachd;
Bha thu uair 'nad àros rìgh,
Is tu gu stuaghach àrd is grinn:
- 5 Tha thu 'n diugh 'nad bhuaile bhó,
Is còinneach uain' teachd troimh do chòs,
Feur mu d' mhullach shuas a' fàs,
'S do bhalla claonadh sìos gu làr.
- C. Dhùisg mo bhròn le d' chòmhradh gràidh
10. 'S tha deòir a' ruith o m' shùilean fàs';
Is caomh leam iomradh air na tréin,
Ge fada ghluais iad uam an ceum.
- Bha uair a bha mi àlainn ùr,
Rìghrean is flaithean 'na mo mhùr;
- 15 Nam faiceadh tusa féin an lò,
Cha b' òignadh leat an diugh mo bhròn.
- Ach thréig na tréin a b' àille gnàths,
Is dh'fhàg iad mise falamh fàs;
Gun neach 's an t-saoghal 'ga bheil suim,
- 20 Ged chùite mi 'nam làraich luim.
- Ach innseam dhuts', a mhacain bhig,
'S na ceil e air an àl a thig,
Gum faicear mise 'nam thigh rìgh
Mun tig an saoghal seo gu crìch.
- 25 Nis beannachd leat is gabh do cheum,
Is aithris anns gach tìr d' an téid
Gur ann an seo a bha na tréin
Nach eil an samhla nis fo 'n ghréin,
'S nach bi gun till mo ghineal féin
- 30 Beannachd leat, 's ann diùbh thu fhéin,
'S ma bhios tu beò bi tric aig m' fhéisd.

Ceistean air "Còmhradh eadar Fear-Turuis agus Seann Chaisteal inbhir Lòchaidh"

Comharraidhean

- | | |
|---|-----------|
| 1. Dèan gearr-iomradh air an atharrachadh a tha air tighinn air a' chaisteal. | 6 |
| 2. Innis dé na trì rudan a tha a' leigeil fhaicinn aois is staid a' chaisteil. | 3 |
| 3. Sgrìobh sìos dà shreath fa leth a tha leigeil fhaicinn gu soilleir
(a) suidheachadh a' chaisteil o shean
(b) suidheachadh a' chaisteil an diugh. | 2 |
| 4. Ciod e a' bhuaidh a bh' aig briathran an fhir-turuis air a' chaisteal? | 2 |
| 5. Dèan luaidh air na daoine a bha uair a' còmhnaidh 's a' chaisteal, a' leigeil fhaicinn an seòrsa dhaoine a bh' anna. | 6 |
| 6. Dé an deifir a chanadh tu a tha eadar an cóigeamh is an siathamh rann? | 3 |
| 7. Car son is e 'a mhacain bhig' (21) a th' aig a' chaisteal air a' bhàrd? Dé tha aig a' bhàrd ri dhèanamh ri fàistneachd a' chaisteil? | 2 + 2 |
| 8. Tha an caisteal a' bruidhinn air 'mo ghineal féin' (29).
Cò iad? | 1 |
| 9. Cuir facal Gàidhlig eile, de 'n aon chiall, air tuar (1); àros (3); buaile (5); mùr (14). | 2 |
| 10. Cuir Beurla air 'aibhist' (1) agus 'samhla' (28). | <u>1</u> |
| | <u>30</u> |

ÒRAN NA H-AOISE

- Cha tog mise fonn,
Chan éirich e leam,
Tha m' aigne ro-throm fo éislean;
An cridh' a ta 'm chom
5 Mar chloich bhiodh 'na deann
A' tuiteam le gleann 's nach éirich.
Tha gaisgeach nach tìom
Oirnn a' cogadh 's a' strìth
Nach urrainn a chaoidh bhith réidh ruinn;
10 O 's treas' e na sinn
Théid leis-san ar claidh,
'S cha teasaig aon nì fo 'n ghréin sinn.
'S cùis thùrsa gu dearbh
Bhith 'g ionndrainn na dh'fhalbh—
15 Ar cruitheachd, ar dealbh 's ar n-eugasg,
Ar cumadh 's ar dreach,
Ar spionnadh 's ar neart,
Ar cur an ám gleac no streupa:
Mar a sgaoileas an ceò
20 Thar aodann an fhèidh,
Mar a chaoch'leas na neòil 's na speuraibh,
'S ann tha 'n aois a' teachd oirnn,
Cumhach caointeach làn bròin:
'S neo-shaoithreach r' a leòd an té sin.
25 Aois chasadach gharbh
Cheann-trom chadalach bhalbh,
Ann an ion 's a bhith marbh gun éirt thu:
Cha ghluais thu ach mall
Agus cuaill' ann ad làimh,
30 Dol mun cuairt air gach allt is féithe;
Cha chuir thu gu bràth—
Cha chubhaidh dhuit à—
Geall ruithe no snàmh' no leuma:
'S ann tha fiabhras is cràdh
35 'Gad iarraidh gu bàs
Nas lionmhoir' na plàigh na h-Éiphit.
Thusa, lobhair na spìoc',
Bheir na subhailcean dhinn,
Cò 's an domhain le 'm binn do shéise?
40 Aois ghliogach gun chàil,
'S tu 's miosa na 'm bàs,
'S tu 's tric a rinn tràill de 'n treunfhear.

Iain Mac Fhearchair

Ceistean air "Òran na h-Aoise"

Comharraidhean

1. Innis 'nad fhacail fhéin faireachdainnean a' bhàird mar a tha iad air an cur an céill anns a' chiad sia sreathan. 4
2. Dé an gaisgeach air a bheil am bàrd a' sgrìobhadh (7)? 1
3. Cò, a bharrachd air fhéin, a tha am bàrd a' ciallachadh an uair a tha e a' cleachdadh 'oirnn' (8) agus 'ruinn' (9)? 2
4. Sgrìobh sìos dà ghnìomhair eile a dhèanadh a' chùis an àite 'dh'fhalbh' (14) a thaobh brìghe. 1
5. (a) Tha am bàrd ag ainmeachadh nan nithean a dh'fhalbh (15-18). Cò dha a bhuimeadh iad sin? 2
(b) Dé an aon fhacal a tha am bàrd a' cleachdadh (nas fhaide air adhart anns a' bhàrdachd seo fhéin) a bheireadh a steach na nithean sin uile ann am brìgh? 1
6. Anns na sreathan 19-22 tha am bàrd a' cleachdadh dà shamhla. Mìnich mar a shaoileas tu a tha gach samhla freagarrach an seo. 4
7. Dé na h-ainmearan bho bheil na facail 'cumhach' agus 'caointeach' (23) air an dèanamh? Saoil a bheil iad freagarrach an seo, agus car son? 2
8. Thoir dhuinn, 'nad fhacail fhéin, an dealbh a tha am bàrd a' cur f' ar comhair an sreathan 28-30. 3
9. Mìnich gu pongail dé tha 'm bàrd a' ciallachadh anns an dà shreath mu dheireadh de 'n bhàrdachd seo. (41-42). 4
10. Mìnich iad seo:
Théid leis-san ar claidh (11); Ar cur an ám gleachd no streupa (18); Ann an ion 's a bhith marbh (27); Cò 's an domhain le 'm binn do shéise? (39). 4
11. (a) Sgrìobh buadhair bho gach ainmear a leanas:
fonn, gaisgeach, cràdh, claidh. 1
(b) Sgrìobh a' cheud sreath de 'n òran ann an dòigh eile, ach leis an aon bhrìgh, a' cleachdadh Guth Fulangach a' ghnìomhair. 1

CUMHA IARLA BHRAGHAID ALBANN

- 'S truagh r' a éisdeachd an sgeul
 Fhuair mi fhéin tuille 's luath:
 Rinn an t-eug ceann na céille
 'S nam beus a thoirt bhuainn;
 5 Chan eil léigh tha fo 'n ghréin
 Dhèanadh feum dhut 's an uair;
 'S bochd ad dhéidh sinn gu léir,
 'S chan eil feum bhith 'ga luaidh.
- Tha do chàirdean làidir lìonmhor
 10 Anns gach tìr a tha mun cuairt;
 Seo na dh'fhàg an aigneadh ìosal,
 Do chorp prìseil bhith 's an uaigh;
 Is iad mar loingeas gun bhith dìonach,
 Fad o thìr air druim a' chuain;
 15 'S tusa b' urrainn an toirt sàbhailt',
 Ged a bhiodh an gàbhadh cruaidh.
- 'S ann an diugh a chaidh do chàradh
 An ciste chlàr 's an leabaidh fhuair;
 Is muladach ad dhéidh an tràths'
 20 A' chuid as àirde de d' dhaoine 'uaisl'.
 Tha gach duine agad fo phràmh,
 'S goirt an càs a bheil an tuath;
 'S iad do bhochdan a tha cràiteach,
 Thugadh an taic' làidir uath'.
- 25 'S iomadh dilleachdan òg falamh
 Bha le ainneis air dhroch shnuadh,
 Seann daoine 's banntraichean fanna
 Bha faotainn beathachaidh uat;
 'S ann bu truagh a' ghaoir a bh' àca,
 30 'S deòir gu frasach air an gruaidh,
 Caoineadh cruaidh is bualadh bhasan,
 'S bhith toirt pàirt d' am falt a nuas.
- 'S muladach an nochd do dhùthaich
 'S dubhach tùrsach tha do shluagh;
 35 Chan iongnadh sin, 's mór an dìbbhail
 An tionndadh seo thighinn oirn cho luath;
 Am fear a b' àbhaist bhith le dùrachd
 Gabhail cùram dhiubh gach uair,
 Dh'fhàg iad 'na laighe 's an ùir e
 40 Far nach dèisg e gu Là Luain.
- 'S ann an tràthaibh na Féill Brìghde
 Thàinig crìoch air saoi nam buadh;
 'S lom a thug an t-eug an sgrìob oirn,

- Och mo dhèith, cha deic a luaths!
 45 Bhuail an gath air flath na firinn'
 Bha 'gar dìonadh o gach cruas;
 'S goirid leinn do ré 's an àite,
 Ged their càch gu robh thu buan.
- Bha thu léirsinneach le suairceas,
 50 Dh'fhàs ad chom an uaisle mhòr,
 Ciall is misneach mar ri cruadal,
 Fhuair thu 'n dualchas sin o d' sheòrs';
 Bha thu fiosrach glic neo-luaineach,
 Bha d' inntinn buan anns a' chòir;
 55 On thog iad air ghiùlan sluaigh thu,
 'S aobhar sin a luathaich deòir.

Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir

Ceistean air "Cumha Iarla Bhraghaid Albann"

Comharraidhean

1. Càit a bheil an oighreachd a tha air a h-ainmeachadh ann an tiotal an òrain? 2
2. Dé an cinneadh aig a bheil, no aig an robh, an oighreachd seo? 1
3. Dé am prìomh fhaireachdainn a chanadh tu a tha a' ruith troimh 'n bhàrdachd seo air fad? 3
4. Ainmich air leth an fheadhainn a bha da-rìribh tùrsach ri linn bàs an Iarla. 1
5. Ciamar a bha an fheadhainn a b' ìsle dhiubh a' nochdadh cho fìor-thùrsach 's a bha iad? 3
6. Dé an samhla a tha am bàrd a' cleachdadh gu bhith a' dèanamh soilleir cho fìor thruagh 's a bha a chàirdean 'gam meas fhéin an dèidh a bhàis? Innis car son a tha an samhla freagarrach no mì-fhreagarrach. 1
7. Sgrìobh aon sreath de 'n bhàrdachd a tha 'g innse dhuinn nach robh dùil ri bàs an Iarla aig an àm seo. 2
8. Dé an t-àm de 'n bhliadhna (an ràithe no a' mhìos) anns an do bhàsaich e? Cuin, ann an dàimh ri bàs an Iarla, a sgrìobhadh an t-òran? 5
9. Dé na prìomh bhuadhan a bha air an Iarla? 1
10. An stùilicheadh am bàrd na buadhan seo a bhith air? Tagh sreath de 'n bhàrdachd mar dhearbhadh air do fhreagairt. 5
11. Minich iad seo: ciste chlàr (18); dilleachdan (25); bualadh bhasan (31); Là Luain (40); air ghiùlan sluaigh (55).

11. Cuir mu choinneamh gach aon diubh seo facal Gàidhlig eile aig am bitheadh an aon bhrìgh: luaidh (8); gàbhadh (16); pràmh (21); diùbhail (35); saoi (42); seòrs' (52).
12. Ainmich na sreathan a bu mhotha ghlac d' aire, agus innis car son.
13. Tagh an aon sreath as fheàrr a shaoileas tu bheireadh a steach brìgh an òrain gu léir.

3

2

1
30

AIR LEABAIDH BHOCHD

Air leabaidh bhoichd an ceann-shuas an tighe
tha eachdraidh 'na laighe;
chì thu an siud
a dealbh 's a dath,

- 5 a sùilean ag amharc 's a cridhe gun mhùthadh,
a cridhe luaineach gun tionndadh 's a sùilean a' faicinn—
mar gum faiceadh camara—
nithean ùra is annasach
nach gluais a fuil is nach mùch a cuimhne.
- 10 Air a leabaidh-àird far am faic i a beatha
dol suas 'na ceò bho chaoranan dubha:
lathaichean òga 's an sgoil, is làithean an iasgaich,
is làithean na suirghe,
làithean na falamhachd cuideachd,
- 15 is làithean na h-iargain,
gun chuideachd ri gualainn no glùin;
is làithean a' chonais, nuair choisinn an aois
saorsa bho chùrradh—
O shùilean òga, bi caoin ag amharc a' chràidh ud.
- 20 Cha soillsich solus an dealain dad ach am bàs dhi:
tha bàs a' chinn-adhairt léir fo ghath a sholuis.
Tha 'n locshlaint 's a' chungaidh-leighis air ceann an dreasair,
is fios a' bhàis sgròbht' air a' bhotul am Beurla.
Tha fiosan a' bhàis coimheach an diugh, gun truas annt',
's bheir carbad-smùid an t-uallach bharr luchd a' ghiùlain.
- 25 Ach tha Beurla nan cùbairean beò,
is chì i na làmhnan gu clis a' gluasad;
tha chutag 'na glaic, is samhradh Leòdhais
no gearhradh Shasainn tighinn beò 'na sùilean,
30 na h-òrain a bh' ann, is bloighean de 'n t-seann chòmhradh.

Ruairidh Mac Thòmais

72

Ceistean air "Air Leabaidh Bhoichd"

Comharraidhean

1. Dé an 'eachdraidh' a tha 'na laighe 'air leabaidh bhoichd' (1)? 2
2. Dèan follaiseach cuid de na 'nithean ùra is annasach' (8) a tha, ma dh'fhaoidhte, aig a' bhàrd 's an amharc. Ciamar a tha na nithean sin a' bointinn ris an 'eachdraidh'? 3
3. Ciamar a tha 'i' (10) a' faicinn 'a beatha dol suas 'na ceò bho chaoranan dubha' (10)? 2
4. Anns an dara rann tha am bàrd a' cur fo 'r comhair earrannan ann am beatha a' bhoireannaich. Dèan soilleir na h-earrannan sin. 7
5. Có dha a bhoineadh 'na sùilean òga' (19)? Dé an deifir a tha eadar iad agus 'sùilean a' faicinn—mar gum faiceadh camara' (6-7)? 2 + 2
6. Dé an ceangal a tha eadar 'solus an dealain' (20) is 'ceò bho chaoranan dubha' (11)? 2
7. Leig fhaicinn an t-atharrachadh a tha sreathan 24-25 a' cur romhainn. 4
8. Innis dé an obair a bhitheadh na 'cùbairean' (26) ris. Dé an seagh anns a bheil 'Beurla nan cùbairean beò' (26)? 3
9. 'Samhradh Leòdhais no gearhradh Shasainn' (28-29). Car son a bhitheadh am boireannach seo a' cur seachad nan ràithean sin anns na h-àiteachan a tha air an ainmeachadh? 2
10. Cuir Gàidhlig eile air na leanas: dath (4). cutag (28). 1
30

73

COGADH NA TRÒIDHE

- Air tighinn fagasg uchd ri uchd,
Sheas air gach taobh an dà fheachd:
'S chunnacadar an tùs a sùidigh
Paris òg bu rioghail dreach.
- 5 Fad-shleagh 'ga crathadh 's gach làimh,
'S an dà bharra de 'n stàillinn chruaidh;
Gu còmhrag fuileach nam beum,
Dhùbhланаich e Ghréig 's a sluagh.
Menelaus nan lann geur
- 10 Ghabh beachd air an treun 's an uair;
Mar mhean-acras leómhainn ghairg
Thachras ri mór-chairbh 's ghleann,
Udlaiche cabrach nan cròc
No fiadh-ghobhar òg nam beann:
Siud mar chit' an Greugach ùr
- 15 Air iom-chrith gu dìoghail throm;
'S á charbad fo armaibh àigh
Ghrad-thoirleum gu làr an sonn.
Chunnaic Paris* bu ghlan lì
- 20 Air thùs chàich an rìgh 'na chruaidh;
Phlosg anam an grunn d a chléibh,
'S theich roimh 'n eug air chùl a shluaigh.
Fhuair Hector an t-uasal deas
'G ealadh ás bho ghreis nam beum;
- 25 Las corraich a chuim gu dian
'S thaosg i mach am briathran geur:—
“Fhir bhòidhich nan diom-buaidh,
A bhuaireadh bhan le saobh-ghlòir!
Am b' amhail d' aigneadh gun chli
- 30 Triall gu Sparta tìr nan treun,
Nuair mheall thu le d' bhrìodal cùil
An òg-bhean a b' ùire gné?
Aighear is uaill siud do d' nàmh,
Dosgainn is gnìomh nàr dhut féin,
- 35 Cùis chràdhlot do d' athair bròin,
Sgrios is deòir do d' shlògh gu léir.”
Fhreagair Paris a' chruth chaoin,
(Rudhadh nàire sgaoil mu ghruaidh):—
“S ceart, a bhràthair, ràdh do bheadil,
- 40 Thoill mi do dhiomb, 's còir a luaidh.
'N àill leat mi chòmhrag gun dàil?
Thoir caismeach gun tàmh na slòigh;
Mise 's Menelaus treun
Cogaidh mu 'n chaoin-léig 's mu h-òr.
- 45 Biodh cath dian air an lom réidh;

- 'S an laoch leis an éirich buaidh
Théid Helen 's a maoin gu léir,
Dhachaoidh 'na luing féin mar dhuais.
Naisgeadh each le càirdeas sìth';
- 50 Eugadh a chaoidh strìth is fearg
Còmhnacheadh tuath Thròidh 'nan tìr,
Air sgàth fuinn nam mìle sealbh.
Greugaich lìonmhor nan long luath
Grad-aisgeadh uainn thar sàil
- 55 Gu Argos tuineadh nan treun
Fonn nan steud 's nan rìbhinn àigh.”

Edghan Mac Lachlainn

*PARIS—laoch Tròidheach a ghoid air falbh Helen, bean Mhenelaus, rìgh Sparta.

Ceistean air “Cogadh na Tròidhe”

Comharraidhean

- | | |
|--|----------|
| 1. Dèan dealbh, 'nad bhriathran fhéin, air Paris mar a nochd e an toiseach. | 2 |
| 2. Dé 'n t-aobhar a bha aige air nochdadh anns an dòigh seo? | 1 |
| 3. Cuir Beurla air sreathan 9-15. | 6 |
| 4. Ciamar a bha Menelaus a' faireachdainn an uair a chunnaic e Paris, agus dé rinn e? | 2 |
| 5. Dé a' bhuaidh a bh' aig seo air Paris, agus dé rinn esan? | 2 |
| 6. Mìnich a' cheist a tha Hector a' cur air Paris, agus innis dé tha e a' cur as leth Pharis (29-32). | 3 |
| 7. Ainmich an fheadhainn ris an do bhean an nì a rinn Paris, agus innis de a' bhuaidh a bh' aige air gach aon diubh. | 4 |
| 8. Tagh an t-sreath a tha 'g innse gun do ghabh Paris facail Hectoir gu cridhe. | 1 |
| 9. Dé chuir Paris roimhe bu chòir a dhèanamh (innis seo an aon rosg-rann). | 1 |
| 10. Innis 'nad bhriathran fhéin ciamar a bha cùisean gu bhith air an réiteachadh air a' cheann mu dheireadh. | 5 |
| 11. Sgrìobh facal Gàidhlig eile, leis an aon bhrìgh, mu choinneamh gach aon diubh seo: feachd (2); sonn (18); eug (22); aigneadh (29); diomb (40); maoin (47). | 3 |
| | <hr/> 30 |

DUAN GÀIRDEACHAIS DO CHOMUNN GÀIDHLIG INBHIRNIS

- Mochthrath an dé fhuair mi an sgeul
 Chuir mi gu gleus drain;
 'S buailidh mi 'n teud, togaidh mi 'n t-séisd,
 Aighearach, réidh chédlar.
- 5 Seinneam neo-throm fáilt agus fonn—
 Comunn nan sonn móra—
 Sliochd nam fear fial, b' ainmeile gnìomh,
 Air na chuala sinn riamh còmhradh;
 'S tric dh'fhairich an nàmh cudthrom an làmh,
- 10 'N ám tarraing nan lann rò gheur;
 Bhiodh na Goill gu làn fiamh, 's chrith na Sasannaich riamh,
 'N ám faicinn an dian chòmhrag.
 Ach mar dhuilleach nan craobh no moll air ghaoith,
 Chaidh muinntir mo ghaoil fhògradh;
- 15 'S gheibhear ar sluagh, deas agus tuath,
 Gu iomall nan cuan bòcach.
 'N àit' uaislean mo ghaoil a bha dàimheil ri 'n daoin',
 Thàinig Goill le 'n cuid chaorach móra,
 Agus Sasannaich chiar a shealgach nam fiadh
- 20 Feadh gharbhach nan sliabh snòdhar.
 Cuid dhiubh gun fhìù, gun eachdraidh, gun chliù
 Ach gun d' rinn aon diubh òrach;
 Gàidheil ghlan ac' a' falbh air gach lic,
 Tional nam feachd cròcach,
- 25 'S iad a' fanaid le gàir, 's a' labhairt le tàir
 Mu mhacaibh nan sàr dòrn geal;
 'S iad a' labhairt le fuath mu theanga nam buadh,
 Cebl as binne na fuaim òrgain.
 Mar fhìùr ann an gleann, le cion drùchd a bhios fann.
- 30 Chrom a' Ghàidhlig a ceann bòidheach;
 'S ann theireadh an sluagh gun d' fhosgladh a h-uaigh,
 'S gun rachadh i luath chòmhnaidh
 Far nach cluinnt' i aig sonn, 's nach bitheadh
 Nìghneag gheal dhonn
 'Ga seinn dhuinn le fonn ceòlmhor
- 35 Ach dh'èirich 's an Tuath muim'-altruim nam buadh
 Thug do chànan mo luaidh sòlas;
 'S tha i nis mar a bha, faighinn urram 's gach àit',
 Measg chinneach is àird foghlum.
 Mìle beannachd le gràdh gu Comunn nan sàr—
- 40 Guidheam furan is fáilt d' an còmhlan;
 'S ged nach cogadh le lann a dh'fheudar 's an ám.
 A chosgradh ar nàmh shònraicht',
 Feumar misneach is ciall, gliocas is gnìomh
 'S gaisge 's an dian chòmhraig,
- 45 Chum 's gun togar a suas ceud-fath ar sluaigh

- Is teanga na fuaim ceòlar.
 Mìle beannachd do 'n t-saor rinn a' chathair bha daor,
 'S an suidh i le h-aoidh 's mór-chuis—
 Slat shuaitheis 'na dòrn 's i a' lìdnadh nan còrn—
 50 Fìon gliocais am pìosan òr-bhuidh';
 Pìob thartrach ri taobh is i crùinte le fraoch
 'S nach mill ceathach no aois a bòidhchead.

Màiri Nic Ealair

Ceistean air "Duan Gàirdeachais do Chomunn Gàidhlig Inbhirnis"

Comharraidhean

- | | |
|--|---|
| 1. Innis mar a tha a' bhana-bhàrd a' faireachdainn. | 2 |
| 2. Dé an naidheachd a bha i dìreach air fhaighinn? | 3 |
| 3. Dèan soilleir mar a ch'è sinn bho 'n bhàrdachd nach do
chuir an rud a thachair iongnadh sam bith air a'
bhana-bhàrd. | 3 |
| 4. Dé an t-atharrachadh a bha air a thighinn air a'
Ghàidhealtachd mus do sgrìobhadh an t-òran seo?
Innis mar a thachair seo. | 4 |
| 5. Dé am beachd a bh' aig a' bhana-bhàrd air na coigrich
a thàinig a steach do 'n Ghàidhealtachd? | 2 |
| 6. Dé an dol-a-mach a bhitheadh aig na coigrich seo? | 3 |
| 7. Dé a' bhuaidh a bha aig an dol-a-mach a bha seo air
na Gàidheil agus air a' Ghàidhlig? | 2 |
| 8. Dé an t-eadar-dhealachadh a bha eadar an dòigh anns
an robh an Comunn ùr a' dol an aghaidh an nàimhdean
agus an dòigh a bh' aig an sinnsrean? | 2 |
| 9. Tagh dà shamhla a tha air an cleachdadh anns a' bhàrdachd
seo agus cuir Beurla orra. | 3 |
| 10. Cuir Beurla air sreathan 47-52. | 6 |

MARBHRANN DO FHEAR NA COMRAICH

Tha mise air leaghadh le bròn
 O 'n là dh'eug thu 's nach beò
 Mu m' fhiùran faidhidneach còir
 Uasal aighearach òg
 5 As uaisle shuidheadh mu bhòrd:
 Mo chreach d' fhaighinn gun treòir éirigh.
 A Ruairidh aigeantaich àird
 O Chomraich ghreadhnaich an àigh,
 Mhic an fhir bu mhór gair
 10 Nan lann guineach cruaidh garg,
 Ort cha d' fhuair eadh riamh cearb,
 Iar-ogha Uilleam nan long bréidgheal.
 A lùb abhall nam buadh,
 Is maig a thàrladh ort uair
 15 Mu Ghlaic Fhionnlaigh seo shuas
 Air each cròdhanta luath,
 Nàmhaid romhad 'na ruaig,
 Air dhòigh buille cha b' uair éis e.
 Bu tù an sgoilear gun dìobradh,
 20 Meòir as grinne ni sgrìobhadh,
 Uasal faidhidneach cinnteach,
 Bu leat lagh an tigh-sgrìobhaidh,
 Is tu nach mùchadh an fhìrinn;
 Sgeul mo chreiche seo, shil do chreuchdan.
 25 Thuit a' chraobh às a barr,
 Fhrois an gràinne gu làr,
 Lot thu an cinneadh is chràdh
 Air an robh thu mar bharr
 'Gan dìonadh gach là,
 30 Is mo chreach, bhuinig am bàs beum ort.
 Ach gur mise tha bochd truagh,
 Fiamh a' ghuil air mo ghruaidh;
 Is goirt an gradan a fhuair,
 Marcach deas nan each luath,
 35 Sàr cheannard air sluagh,
 Mo chreach, d' fhàgail ri uair m' fhéime.
 Ach fhuair mi m' àilleagan òg
 Mar nach b' àbhaist gun cheòl,
 Saoir ri càradh do bhòrd,
 40 Mnàir ri spionadh an fheadair,
 Fir gun tàilìs gun cheòl;
 Gur bochd fulang mo sgeòil éisdeachd.

An uair a thionail an sluagh
 Is ann bha an t-iomsgaradh cruaidh
 45 Mar ghàir sheillean am bruaich
 An déidh na meala thoirt uath';
 Is ann bha an t-eireadh bochd truagh
 Is iad mu cheannas an t-sluaigh threubhaich.

Màiri Nighean Alasdair Ruaidh

Ceistean air "Marbhrann do Fhear na Comraich"

Comharraidhean

1. Ainmich am fear a thatar a' caoidh anns a' bhàrdachd seo, agus an t-àite d' am buineadh e (anns a' Bheurla). 1
2. Dé am facal (a thuilleadh air an fhacal 'òg') a tha 'g innse dhuinn nach robh e aosd an uair a bhàsaich e? 1
3. Car son a bhitheadh dùil agad gum bitheadh an duine bha seo dìreach mar a bha e a thaobh a bhuanan pearsanta? 2
4. Ciamar a tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh soilleir gum b' e deagh fhear-sabaid a bh' ann? 2
5. Dé na buadhan eile a bha air? 5
6. Dé tha a' bhana-bhàrd ag ràdh a thug bàs dha? 1
7. Cò ris a tha i a' samhlachadh a bhàis? 2
8. Car son a bha uidhir de bhuaidh aig a bhàs air a chinneadh fhéin? 1
9. Car son a tha a' bhana-bhàrd i fhéin a' caoidh an fhir a bhàsaich, agus ciamar a dh'aithnicheadh tu gun robh i da-rìribh 'ga chaoidh. 2
10. Ciamar a chitheadh tu gun robh feadhainn eile cuideachd làn dubhachais a thaobh a' bhàis a bha seo? 2
11. Cò ris a tha a' bhana-bhàrd a' samhlachadh an luchd-caoidh? 1
12. Ainmich aon chur-seachad anns an robh ùidh mhór aig an fhear a bhàsaich. 1
13. Sgrìobh facal Gàidhlig eile leis an aon bhrìgh mu choinneamh gach aoin diubh seo: treòir (6); aigeanntach (7); cearb (11); cròdhanta (16); dìobradh (19); beum (30); gradan (33); iomsgaradh (44). 4
4. Dé an rann a bu mhotha ghlac d' inntinn? Innis car son. 3
5. Innis beagan mu 'n t-seòrsa rannaigheachd a th' anns a' bhàrdachd seo. 2

DO 'N GHEALAICH

- Feuch! Banrigh na h-oidhch' a' gluasad,
 Ag éirigh air cùlaibh nan neul,
 'S i dearcadh a sùil gu mùirneach.
 Air gorm-bhrat ùr nan speur.
- 5 'S rìoghail, flathail is cùirteil,
 A siubhal troimh dhùmhachd nan reul,
 'S gach rionnag a' sleuchdadh le ùmhlachd,
 Toirt urraim d' a cumhachd 's d' a leus.
- Sòlas a' mharaidhe thusa,
- 10 A Ghealach, air aghaidh nan speur,
 'S e seòladh an luing gu subhach,
 'S gach cunnart 'na shealladh gu léir;
 Sòlas gach cré 's a' Chruitheachd,
 Gach gineal, fine agus treubh,
- 15 Aoibhneas an t-suiriche cuideachd
 Le chruinneig fo dhubhar nan geug.
 Air am fidealachd dlùth ad lùib-sa
 Tha gisreag, creideamh is creud,
 Le cinnich a chunnaic air tùs thu
- 20 Mun cualas guth air an "Sgeul";
 Bheannaich iad uile do ghnùis-sa,
 'S tu deàrrsadh a nuas o Nèamh,
 Agus adhradh, ùrnaigh is uamhas,
 'Gam buaireadh uile gu léir.
- 25 'S fhada on dh'innis mo mhàthair dhomh
 —Tha rabhadh is earail 's an sgeul—
 Gur h-annadsa mulachan càise
 Tha 'n sàs air sparraibh nan neul,
 Gun d' fhàgadh shuas gu h-àrd thu
- 30 Leis a' ghràin ud, Cailleachag Bheurr,
 'S thu air d' itheadh gach trian de 'n ràithe
 Leis na balaich bha clachadh nan eun.
 Nuair shnàmh tu domhainn 's a' chèathradh,
 'S do rotha car glas-neulach gorm,
- 35 Bidh daoine pongail is tèaraint'
 A' gabhail an rabhaidh tha ad lorg,
 Tha do riomball gu minic a' bèarnadh
 Air an t-slighe o 'n imich an stoirm,
 Th' aig an sgioba ud sanas air deuchainn,
- 40 Théid an uidheam mun cluinnean an toirm.
 Smaointinn trom dhomh r' a aithris,
 Bheil longnadh ged chromainn mo cheann
 'S mi 'm sheasamh ad fhianais, a Ghealach,

- A dheàrrs o thùs aig gach àm?
 45 Is tu shoillsich Eden beannaicht'
 Mun tàinig mallachadh ann,
 'S laigh do gathan gu sèimh air bathais
 An Tì bha 'n sàs air a' chrann.
- Mo bheannachd gu dlinn ad chuideachd,
 50 Is d'iomhaigh cho sìobhalta, sèimh!
 Cò thuigeas gu sìorraidh an cumhachd,
 Tha 'gad chumail aig ursannan Nèimh?
 Bho chian nan cian do thurus,
 'S tu fhathast an toiseach do réis!
- 55 Mo bheannachd gu dlinn ad chuideachd,
 A' siubhal gu iomall gach ré.

Donnchadh Mac Iain

Ceistean air "Do 'n Ghealach"

Comharraidhean

1. Mìnich mar a tha na sreathan 4-8 fìor fhreagarrach an seo a thaobh na samhla a tha am bàrd a' cleachdadh anns a' cheud sreath. 3
2. Dé an dà sheòrsa pearsa, a réir a' bhàird, a' ghealach 'na sòlas, agus ciod e suidheachadh gach pearsa? 3
3. (a) Dé an 'Sgeul' (20) a tha am bàrd a' ciallachadh? 1
 (b) Cò bhuaithe, agus ciamar, a réir a' bhàird, a thòisich na gisreagan (18) 's na creudan a tha co-cheangailte ris a' ghealach? 4
4. Dé an sgeul a dh'innis a mhàthair do 'n bhàrd mu 'n ghealach, agus ciamar a bha 'rabhadh is earail 's an sgeul' (26)? 3
5. Innis gu pongail, 'nad fhacail fhéin, brìgh na tha air a ràdh anns na sreathan 37-40. 3
6. Tha am bàrd ag radh 'Bheil longnadh ged chromainn mo cheann' (42). Dé bhitheadh e a' cur an céill le bhith cromadh a chinn, agus car son a bha e faireachdainn coltach ri seo a dhèanamh? 3
7. Mìnich iad seo: 6
 (a) Sòlas gach cré 's a' Chruitheachd (13)
 (b) Air am fidealachd dlùth ad lùib-sa (17)
 (c) An Tì bha 'n sàs air a' chrann (48)
 (d) gu iomall gach ré (56)
8. Dèan ainmear bho gach buadhair a leanas: 4
 flathail (5); subhach (11); dlùth (17); àrd (29);
 domhain (33); tèaraint' (35); trom (41); beannaicht' (45). 30

MARBHRANN DO ALASDAIR MAC DHÒMHNAILL

- Ach ge fada mi 'm dhùsgadh,
Gura pailte leam dùsal na tàmh;
Gu bheil sac air mo ghiùlan
Agus acaid 'gam chiùrradh le cràdh;
5 'S beag de shòlas na dùthcha
Tha dhe m' chòmhradh ri dhùsgadh an tràth-s';
Na bheil a dhìth air a' chunntas
Dh'fhàg e sgìth sinn 'ga dhùsgadh gach là.
Cha robh ar dìobhail gun ghoinne
10 'S an Di-ciadain mu dheireadh de 'n Mhàrt
Ann an ìochdar na sgeire
Bha ar mìostadh ro-shoilleir le càch,
Ann an uachdar a' chladaich,
Far nach d' fhuair thu tighinn dhachaidh gu blàths;
15 Cas bu luaithe air an astar
Agus gualainn 'n robh neart air an t-snàmh.
Dol a dh'innse do phearsa,
Cha bu bhrìdeach ri d' fhaicinn air blàr,
Cha d' fhuair eadh riamh ort cron cumaidh,
20 Ged a dh'iarrt' thu bho d' mhullach gu d' shàil:
Duine smearail deas treubhach
Bu sgafanta ceum air an t-sràid;
Bu cheann-feadhna mór beachdail
Làidir teòmh thu, neo-thais anns an spàirn.
25 Duine sgiamhach ri amharc—
Tha siud ciannail 's tu 'd laighe fo 'n fhàd;
Bu cheann-uidhe roimh chiad thu
Nuair bu mhithich dhaibh triall air an t-sràid;
Gheibhte slàinteachan dùmhail,
30 Agus tràghadh air bùlachan làn,
Ùrlar farsaing lom sguabte
Far 'm bu tartarach fuaim bhrògan àrd'.
Bu tu beannachd na tuatha,
'S tu nach teannadh iad cruaidh mu 'n mhàl;
35 Ceann diadhaidh nan truaghan
Nuair a dh'iarradh iad fuasgladh 'nan càs;
Fhir a b' aon-fhillte cridhe,
'S tu gun chlaonadh gun sligheachan cèarr,
'S tu nach buaineadh a' bhuinnig
40 Air a' chluain sin nach cuireadh am barr.

Iain Mac Fhearchair

Ceistean air "Marbhrann do Alasdair Mac Dhòmhnail"

Comharraidhean

- | | | |
|-----|---|-----------|
| 1. | Bho 'n bhàrdachd dèan dearbhadh gur tùrsach am bàrd. | 3 |
| 2. | Dé tha 'a dhìth air a' chunntas' (7) | 1 |
| 3. | Dèan soilleir an dòigh air an d' fhuair Alasdair bàs. Car son a bha seo 'na òngnadh? | 3 |
| 4. | Ainmich aon chleas eile air an robh Alasdair math. | 1 |
| 5. | Gu mionaideach, soilleirich na tha am bàrd ag innse dhuinn mu choltas Alasdair. | 7 |
| 6. | Ciamar a tha fios againn gu robh móran a' céilidh air? Dé an seòrsa aoiigeachd a gheibheadh iad agus dé bha 'na chur seachad aca? | 4 |
| 7. | Dé an dà sheòrsa dhaoine a bhitheas a' caoidh an fhir seo agus car son? | 4 |
| 8. | Ciod e bu dhòigh-beatha do dh'Alasdair? | 3 |
| 9. | Mìnich an dà shreath mu dheireadh (39-40). | 2 |
| 10. | Sgrìobh not air na facail a leanas: Di-ciadain (10); beachdail (23); neo-thais (24); ùrlar (31). | 2 |
| | | <u>30</u> |

ÒRAN DO MHCARCUS NAN GREUMACH: AGUS DO 'N
ÉIDEADH-GHÀIDHEALACH

- Is trom an t-airneal seo th' air m' aigne,
Le fadachd 's le mìghean,
A bhain mo threòir 's mo thàbhachd dhìom,
Cha ghabhadh ceòl no mànràn rìum;
5 Ach thàinig ùr-thosgair da m' ionnsaigh
Dhùisg mi às mo shuain,
Nuair fhuair mi 'n sgeul bha mór éigh 'd
Gun d' eutromaich mo smuain.
- Is latha sealbhach, rathail, deàlrach,
10 Allail, ainmeil, àghmhor,
A dh'fhuasgail air na h-Albannaich,
O mhachraichean gu garbhlaichean,
O uisge Thuaid gu Arcaibh chuain,
O Dheas gu Tuath gu léir;
15 Is binne 'n srann, feadh shrath is ghleann,
Na òrgan gun mheang gleus.
- A Mharcuis òig nan Greumach,
Fhir ghleust' an aigne rìoghail,
O! gu ma buan air d' aiteam thu,
20 Gu treubhach buadhach, macanta;
'S tu 'n ùr-shlat àlainn 's mùirneil blàth
De 'n fhiùbhaidh àrd nach crìon;
Gur tric na Gàidheil 'g òl do shlàint',
Gu h-àrmunnach air flon.
- Mo cheist am fìrean foinneamh, dìreach,
25 Maiseach, fìor-ghlan ainmeil,
Mo sheobhag sùl-ghorm amaisgeil,
Tha comhant', cliùiteach, bearraideach,
A b' àird' a leumadh air each-srèine,
30 'M barrachd euchd thar chàch;
'S tu bhuinnig cùis a bharr gach chirt,
'S a chuir air chùl ar càs!
- Thàinig fasan anns an achd
A dh'òrdaich pailt am féile,
35 Tha éirigh air na breacanan
Le faram treun neo-lapanach;
Bidh òighean tapaidh snìomh 's a' dath
Gu h-éibhinn, ait, le uaill,
Gach aon diùbh 'g éideadh a gaoil féin
40 Mar 's réidh leò anns gach uair.
- Biodh cogadh ann no sìoth-chainnt,
Cha chuir sin sìor-euchd oirnn.

- An arm no feachd ma thogras iad,
No 'n àr-amach chan obamaid,
45 Le 'r teannadh suas ri uchd an fhuath-s'.
Le 'r n-earradh uasal fhìn;
Le lannan cruadhach neartmhor, buan.
A' leantainn ruaig gun sgìos.

Uilleam Ros

Ceistean air "Òran do Mharcus nan Greumach agus do 'n Éideadh-Ghàidhealach"

Comharraidhean

- | | | |
|-----|---|-----------|
| 1. | Leig fhaicinn staid a' bhàird | 4 |
| | (a) aig toiseach an òrain | 1 |
| | (b) nuair a fhuair e an naidheachd. | |
| 2. | Sgrìobh sìos aon fhacal, nach eil 's an òran, a dh'innseas
mar a ghabh na h-Albannaich ris an naidheachd. | 1 |
| 3. | Dé 'n seòrsa duine a bha 's a' Ghreumach? | 6 |
| 4. | Innis dé bu mhiann a' bhàird dha. | 2 |
| 5. | Mìnich an samhldadh 's an treas rann. | 4 |
| 6. | Ciamar a tha fios againn gu robh meas air a' Ghreumach? | 2 |
| 7. | Ainmich aon nì anns an toireadh e barr air daoine eile. | |
| 8. | Sgrìobh not air 'an achd' (33). Dé an achd; a' buintinn
ris an aon chuspair, a chaidh a chur air bhonn roimh' seo? | 4 |
| 9. | Dèan gearr-iomradh air a' bhuaidh a bhitheas aig an achd,
a tha Uilleam Ros ag ainmeachadh, air na laoiach. | 3 |
| 10. | Cuir Beurla air 'uisge Thuaid' (13) is 'Arcaibh Chuain' (13). | 1 |
| | | <u>30</u> |

AIR CHUAIRT DO AMAIRIGEÀ

- Ann an toiseach an fhoghair,
Ris a' chuan thug mi m' aghaidh le sunnd,
Dhol a shealltainn an àit'
'S a bheil na measan a' fàs is feàrr sùgh;
- 5 Dhol a shealltainn nan gillean,
A ghabh toiseach na linne a null,
'S a thoirt naidheachd gu 'n càirdean:
'S mur a till mi bidh pàirt diubh 'gam thùrs'.
- Fhir a chruthaich an saoghal,
10 Is a dh'òrdaich na daoine os a chionn,
Thoir dhuinn soirbheachadh feagair
'S sinn a' gluasad o 'n fheasdraich fo shùil:
Bi 'gar stiùradh gu caladh,
Na leig dhuinn dol am mearachd 'nar cùrs'
- 15 Nuair a shéideas a' ghaoth oirnn,
Dhuits' tha comasach faochadh thoirt dhuinn.
Nuair a chunnaic thu 'n rìoghachd seo
Gun dòigh aig daoine 'losal bhith beò,
Gun do bhrosnaich thu 'n spiorad,
- 20 Dhol a dh'imeachd na linne fo sheòl,
Dhol a shealltainn na dùthcha
Chum thu falach ré ùine ro-mhóir,
'S nach bi bochdainn no ganntar,
Ged a ruigeadh na th' anns an Roinn Eòrp'.
- 25 Nis tha 'n fhàidheadaireachd soilleir,
Bha measg dhaoine 'o chionn iomadach bliadhn'
Gum biodh ciobhlán a' mheanbh-chruidh,
Ri bristeadh nan galla-chrann 's nan cliath.
Chinn na h-uachdarain cosgail
- 30 'S tha an tuath air fàs bochd leis a' mhàl;
'S ann mun caill e chuid itich
Théid gach eun a bhitheas glic air an t-snámh.
Nuair a dh'fhalbhas na daoine,
Is a chruinnicheadh na caoraich mu 'n chrò
- 35 Bidh gach tighearna tìre
Giùlan cromag a' chlobair 's a chleòc;
Cha bhi 'm fonn orra b' àbhaist,
'S iad a' cunntas a' mhàil air a' bhòrd,
'S ma thig strìth air Rìgh Shasainn
- 40 Bheir gach clobair dha bragsaidh gu leòr.

Alasdair Mac Ghill Eathain
86

Ceistean air "Air Chuairt do Amairigea"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|----------|
| 1. | Innis, 'nad bhriathran fhéin, dé chuir am bàrd roimhe dhèanamh agus dé a bha e a' sùileachadh fhaicinn agus fhaighinn far an robh e dol? | 4 |
| 2. | Có ann a bha e ag earbsa air a thurus? Thoir cunntas goirid air dé bha e ag iarraidh. | 5 |
| 3. | Có iad a bha cho bochd 'nan crannchur 's gum b' fheudar dhaibh aghaidh a chur air tìrean céine? | 2 |
| 4. | Tagh dà shreath a tha ag innseadh gum b' e gliocas dha cùl a chur ri dhùthaich. | 2 |
| 5. | Mìnich, 'nad bhriathran fhéin, mar a bha crannchur nan ìochdaran air atharrachadh. | 4 |
| 6. | Innis, 'nad chainnt fhéin, meud agus gnè nan atharrachaidhean a thig air an dùthaich ri linn an sluagh a bhith togail orra gu tìrean eile. | 6 |
| 7. | Có gu sònraichte a bhitheas ann an cunnart mór an uair a dh'fhalbhas an sluagh mar seo? | 2 |
| 8. | Mìnich na sreathan seo:
Thoir dhuinn soirbheachadh feagair (11)
Nis tha 'n fhàidheadaireachd soilleir (25)
Cromag a' chlobair 's a chleòc. (36) | 3 |
| 9. | Mìnich na facail seo: caladh (13); mearachd (14); ganntar (23); crò (34). | 2 |
| | | <hr/> 30 |

CUMHA DO MHAC LEÒID

- Gur e naidheachd seo fhuair mi
A dh'fhuadaich mo chiall bhuam
Mar nach biodh i agam
Is nach fhaca mi riamh i;
- 5 Gur e abhall an lios seo
Tha mise ag iargain,
E gun abachadh meas air
Ach air briseadh fo chiad-bharr.
Ach a Ruairidh mhic Iain,
- 10 Is goirt leam fhaighinn an sgeul-s' ort;
Is e mo chreach-sa mac d' athar
Bhith 'na laighe gun éirigh;
Agus Tormod a mhac-san,
A thasgaidh mo chéille!
- 15 Gur e aobhar mo ghearain
Gun chailleadh le chéile iad.
Ge goirt leam an naidheachd
Tha mi faighinn air Ruairidh,
Gun do chorp bhith 's an dùthaich
- 20 Anns an tuama bu dual dut,
Sgeul eile nach usa
Tha mi clàistinn 's an uair seo,
Gar nach toir mi dha creideas
Gur beag orm ri luaidh e.
- 25 Gur ro-bheag a shaoil mi
Ri mo shaoghal gun éisd'maid,
Gun cluinneamaid Leòdaich
Bhith 'gam fògradh á 'n oighreachd,
Is á 'n còraichean glana
- 30 Is á 'm fearann gun déidh air,
Is ar ranntannan farsaing
Nan rachte 'nam feum siud.
Gun éireadh 'nad aobhar
Clann Raghnaill 's Clann Dòmhnail
- 35 Agus tigh Mhic Gilleathain
Bha daingeann 'nur seòrsa,
Agus fir Ghlinne Garadh
Nall thairis á Cnòideart
Mar siud is Clann Chamshroin
- 40 O champ Inbhir Lòchaidh.

Màiri Nighean Alasdair Ruaidh

Ceistean air "Cumha do Mhac Leòid"

Comharraidhean

- | | |
|---|-----------------------|
| 1. Dé bhuaidh a bh' aig an naidheachd a fhuair i air a' bhana-bhàrd? | 2 |
| 2. Dèan soilleir
(a) na tha a' bhana-bhàrd a' ciallachadh leis an fhacal 'abhall' (5)
(b) na tha i ag innse dhuinn mu 'n abhall anns na sreathan 5-8. | 4 |
| 3. Minich an càirdeas a tha eadar Ruairidh agus Tormod. (Thoir an aire!) | 3 |
| 4. Innis dé dh'éirich do 'n dithis sin. Bho 'n bhàrdachd dearbh có de 'n dithis a b' fheàrr le Màiri. | 1 + 2
2 |
| 5. Dé tha ro-dhuilich a thaobh Ruairidh? | |
| 6. Leig fhaicinn dé an 'sgeul eile' (21) a tha Màiri a' cluintinn. Ciamar a tha i a' gabhail ris an sgeul seo? | 4 + 2 |
| 7. Tha 'ranntannan' (31) a' ciallachadh luchd-cuideachaidh. Dé nis a tha na sreathan 31-32 a' ciallachadh? | 2 |
| 8. Dèan liosta de na ranntannan sin a tha Màiri ag ainmeachadh agus mu choinneamh gach aoin dèan soilleir far an robh an oighreachdan. | 5
1 |
| 9. Có iad a nis Iain, Tormod, is Ruairidh? | |
| 10. Cuir facal Gàidhlig eile de 'n aon chiall air ag iargain (6); tuama (20); clàistinn (22); daingeann (36). | <u>2</u>
<u>30</u> |

BROSNACHADH NAM FINEACHAN

- Tha deagh shoisgeul feadh nan Garbh Chrìoch,
 Sùrd air armaibh còmhraig;
 Uird ri darairich dèanamh thargaid
 Nan dual balla-chruinn bòidheach;
 5 Chaidh ar seargadh le cam earra-ghlòir
 Sluagh fìor chealgach Shèdras;
 O 's sgeul dearbhte, thig air fairge
 Neart ro-gharbh g' ar fòirinn*.
- Thig thar lear le gaoith an ear oirnn
 10 Toradh geal ar dòchais,
 Le mhille fear, 's le armaibh geal',
 Prionns' ullamh mear, 's e dò-chaisgt';
 Mac Rìgh Seumas, Teàrlach Stiùbhart,
 Oighre chrùn th' air fògair;
 15 Gun dèan Breatannach làn ùmhlachd
 Air a ghlùn d' a mhórachd.
- Ni na Gàidheil bheòtha ghasda
 Éirigh bras le 'n sròlaibh;
 Iad 'nan ciadan uime 'g iadhadh
 20 'S coltas dian cur gleòis orr';
 Iad gun fhiamh gun fheall gun ghaiseadh,
 Rìoghail beachdmhor pròiseil,
 Gu neo-lapach ri linn gaisge,
 Spàinnteach ghlas 'nan dòrnaibh.
- 'S beagan sluagh is tric thug buaidh
 An iomairt chruaidh a' chòmhraig;
 Dèanamaid gluasad gun dad uamhainn,
 'S na biodh fuathas òirne.
 Dòirtidh uaislean an Taobh-tuath—
 30 Mac Shim' nan ruaig, 's Diùc Gòrdan—
 Mar chonfhadh leòmhannaibh fiadhaich,
 Is acras dian gu feòil orr'.

* cuidreachadh

A. Mac Mhaighstir Alasdair

Ceistean air "Brosnachadh nam Fineachan"

	Comharraidhean
1. Dé an naidheachd a tha aig a' bhàrd ri innse?	2
2. Dé an abairt a tha sealltainn gu bheil an naidheachd a' còrdadh ris?	1
3. Dé am facal a tha sealltainn gu bheil an naidheachd earbsach?	1
4. Dé an obair a thathas a' tòiseachadh an déidh do 'n naidheachd tighinn agus dé a' chuid shònraichte de 'n obair sin air a bheil e toirt dealbh?	4
5. Có às a tha thu a' smaoineachadh a tha Teàrlach a' tighinn? Thoir às-aithris bho 'n bhàrdachd seo a tha, ar leat, a' dearbhadh seo.	2
6. Dé na buadhan a tha air Teàrlach?	1
7. Cuir Beurla air na sreathan 15 agus 16.	2
8. Mhìnich gu cùramach dé a' bhuil a bhitheas aig tighinn Theàrlach air na Gàidheil.	4
9. Có iad an dà cheann-cinnidh a tha air an ainmeachadh anns an rann mu dheireadh? Ainmich na cinnidhean a tha iad a' riochdachadh agus innis càit an robh an oighreachdan.	3
10. Càit a bheil na 'Garbh Chrìochan' (1)? Innis, am Beurla, ciall an ainm.	2
11. Sgrìobh not air 'Spàinnteach ghlas' (24).	2
12. Mhìnich mar a tha gach aon diubh seo air a chur ri chèile: soisgeul (1); earra-ghlòir (5); ullamh (12); dò-chaisgt (12); rìoghail (22); neo-lapach (23).	6
	30

MARBHRANN DO SHIR SEUMAS MAC DHÒMHNAILL

- 'S trom a' chuing-s' air ar muineal,
Air ar lònadh le mulad;
Tha sinn sgìth 's chan ann ullamh a tà sinn.
- Sinn ri iargain nan curaidh
- 5 Nach robh iasad ach diombuan,
Gun fhear liath a bhith uil' air an làrach.
Daoine mórchuiseach miosail,
Daoine corr ann an iochd iad,
Daoine cròdha gu bristeadh air nàmhaid.
- 10 Ann an ùine dà fhichead
Gura diùbhail ar bristeadh;
Gura dùbailt a nis oirn e làthair.
Chaill sinn còigear no seisear
De na consmuinn bu treise
- 15 Nach robh beò ann am Breatann an àicheadh.
Ann an uaisle 's an urram,
Anns gach buaidh a bh' air duine,
Ann an cruadal gu buinnig buaidh-làrach.
'S bochd an ruaig-s' oirn an còmhnaidh,
- 20 Dh'fhàg ar gualainn 'na ònar,
Bhith sguabadh ar n-dìgridh gun dàil uainn.
Nis o 's dilleachdan bochd mi,
Oighre dhreach air Oisean,
Mi ri innse cruas m' fhortain do Phàdraig:
- 25 Mis' ag innse cruas m' fhortain,
Mar a dh'inntrig e 'n toiseach,
Chan eil brìgh dhomh no toirt bhith 'ga àireamh,
O nach dùil ri Sir Seumas
'S beag ar rùn an gàir' éibhinn,
- 30 Ach cho tùrsach 'na dhéidh ri Rìgh Dà'idh.
Sinn mar chaoraich gun bhuachaill'
'N déis an t-aoghair thoirt uatha,
Air ar sgaoileadh le ruaig ghille-mhàrtainn.
Thu bhith 'n rìoghachd na Ròimhe
- 35 Goirt ri innse na sgeòil sin;
Dhé! cha dlrich Clann Dhòmhnail nas àirde.
Cha do dhùineadh an còta,
'S cha do ghùilain na brògan
Neach an cunntadh iad còmhla do phàirtean:
- 40 Ann an gliocas 's an eòlas,

- Ann an tuigse 's am mórchuis,
Os na gibhteannan móra bha fàs riut;
No neach a shiùbhlas gach rìoghachd
Gheibh do chliù ann am firinn
- 45 Eadar Lùdhais na Frainge 's am Pàpa.
Tha sinn deurach bochd tùrsach
Gun ghàir éibhinn gun dùil ris,
Mar an Fhéinn agus Fionn air am fàgail.
'S bochd a chrìochnaich ar n-aimsir,
- 50 Mar Mhaol Ciarain gun Fhearchar;
Sinn ri iargain na dh'fhalbh uainn 's nach tàinig.

Iain Mac Fhearchair

Ceistean air "Marbhrann do Shir Seumas Mac Dhòmhnail"

Comharraidhean

- | | |
|---|-----------|
| 1. Ciamar a ghabh Mac Codrum ri bàs Mhic Dhòmhnail? | 3 |
| 2. Cò eile a tha Mac Codrum a' caoidh is dé 'n seòrsa dhaoine a bh' annta? | 7 |
| 3. Dé dh'fhàg am bàs ro-dhuilich? | 2 |
| 4. A réir a' bhàird, ciod iad na buadhan a bha co-cheangailte ri Sir Seumas? Dé a dh'fhàg a bhàs-san ro-dhuilich? | 2 + 1 |
| 5. Thoir iomradh air na tha am bàrd a mach air anns na sreathan a leanas: 23 is 24; 30; 48; 50. | 4 |
| 6. Dèan luaidh air an t-samhladh 's an aona rann deug. | 3 |
| 7. Ciamar a tha fios againn gu robh Sir Seumas eòlach 's an Roinn Eòrpa? | 2 |
| 8. Sgrìobh not air gach aon de na facail a leanas: ullamh (3); iargain (4); diombuan (5); dìgridh (21). | 2 |
| 9. Dé a' chiall a tha aig sreath 51? | 2 |
| 10. Dé a' chiall a th' air na facail a leanas? muineal (1); dàil (21); rùn (29); pàirtean (39). | 2 |
| | <u>30</u> |

IONNSAIGH NAN LOCHLANNACH AIR ÌLE

Chaidh maithean nam fineachan an comhairle
 Co-dhiùbh choinnicheadh iad air an tràigh iad
 No 'n leigeil an àird air an aonach.
 Arsa Mac Iain Ghearr*:—
 5 “Fanamaid às an t-sealladh
 Gus an d’fìrich iad o ’n tràigh,
 ’S iad an dùil gun do theich sinn gun tilleadh.
 An uair a gheibh sinn an eagladh nan glac iad
 Bidh cothrom a’ bhruthaich leinne;
 Chan urrainn iad an sreathan a shìneadh,
 10 ’S lann ri lann bidh an strìth ’s na bealaich.
 Chan eil fear am shealladh nach triùir dhiùbh!
 An uair a gheibh sinn iad air barraibh
 Lannan nan ceann Ìleach ’s coma co-dhiùbh
 A tha iad lìonmhor no ainneamh”.
 15 Air àird an lìonadh ’s a’ mhadainn
 Tharraing na Lochlannaich an cabhlach
 Ri bile na tràighe, ’s an deireadh gu tìr,
 Taobh ri taobh, mar rathad leathann
 Air an coisicheadh dà fhichead an guailibh a chéile.
 20 Sheas iad gun eagal, gun aon ’s an t-sealladh;
 Chaidh iad an òrdugh caismeachd
 Gun dùil ri nàmhaid. Bruadar foilleil!
 An uair a dh’fìrich iad ri bruthach
 Nan sgoilban glasa—mar gum fosgladh an talamh
 25 Bhrùchd na Gàidheil troimh na glacan,
 Claidheamh leathann is tuagh Abrach—
 Crìos air léine ’s gàirdean rùisgte—
 A’ spealtadh lùirichean,
 Clogaidean, claiginn is cnàmhan,
 30 Nan coimheach iargalt’.
 ’S ’gan gearradh mar bharrach crìonaich;
 Gargaich ghnò Lochlainn a’ tuiteam
 Le buillean nam fineachan;
 Air bearradh Bhracuinn.
 35 Nach b’ urrainn na creachadairean allt’ a ghlacadh
 ’S a’ chath gun bhuaidh ud,
 Far nach d’ fhuairleadh iochd
 Ri fear a dh’fhàgtheadh air a leòn
 De laoich nan earradh ioma-dhathach;
 40 B’ e sluagh-ghairm nan nàimhdean
 An garg-aonaich:
 “Na gheibh, casgair ’s na caomhain!”

* Ceatharnach de chloinn 'Illeathain.

Uilleam Mac Dhun-leibhe

Ceistean air “Ionnsaigh nan Lochlannach air Ìle”

Comharraidhean

- | | | |
|-----|---|---------|
| 1. | Dé an gnè coinneimh a bha ann (an toiseach gnothaich) agus dé cheist a bha fo chomhair na coinneimh? | 3 |
| 2. | Dé chomhairle a thug Mac 'Illeathain orra? Innis gu soilleir dé thachradh, 'na bheachd-san, nan gabhte i. | 3 |
| 3. | Innis ciamar a rinn na Lochlannaich ullachadh air son na h-ionnsaigh agus cuin. | 4 |
| 4. | Ciamar a tha fios agad gur e feachd mhór a thug an ionnsaigh? | 2 |
| 5. | Dé an ìre a ràinig na Lochlannaich an uair a chuir na Gàidheil 'nan aghaidh? Thoir dealbh air coltas nan Gàidheil aig an àm seo. | 4 |
| 6. | Dé an t-ainm a bha air an àite air an robh na Lochlannaich a' dèanamh? Dé an sebrsa àite a bha ann? Aithris briathran a tha nochdadh co-dhiùbh a thug iad a mach e no nach tug. | 2
1 |
| 7. | Dé thachair do na creuchdaich? | 2 |
| 8. | Cuir Beurla air sluagh-ghairm nan Lochlannach. | |
| 9. | Aithris an t-sreath as fheàrr a tha soilleireachadh na thubhairt Mac 'Illeathain an sreath 10. | 1 |
| 10. | Mìnich gu gearr: lannan nan ceann Ìleach (13); caismeachd (21); tuagh Abrach (26); lùirichean (28); mar bharrach crìonaich (31); earradh ioma-dhathach (39). | 6 |
| 11. | Bunaich 'clogaid' (29). Dé am facal Beurla do am bun 'sluagh-ghairm' (40)? | 2
30 |

ÒRAN DO DH'AILEAN MAC GILLEATHAIN, MAC FEAR BRÒLAIS

Chunnaic mise thu Ailein,
 Is tu amaideach gòrach,
 Mun do ghlac thu 'n gnìomh fearail
 Is mun d' rinneadh dhìot còirneal;
 5 Marcach ùr nan steud geala
 Tha 'n diugh 'n tasgaidh 's na bòrdaibh;
 Och is mis' th' air mo sgaradh
 Caoineadh Ailein 's nach beò e.
 Ogha bràthair Shir Lachlainn
 10 'S mo chreach nach do phòs thu;
 Sin a dh'fhàg sinn cho galach,
 Dheagh mhic Lachlainn mhic Dhòmhnail;
 Mhic an fhir a fhuair urram
 'S nach cuireadh duine air an fhògradh,
 15 B' e sin Lachlainn na céille,
 Mar bha 'n treun fhear bha còmh' ris.
 Air an dol do Dhùn Eideann
 Thug iad réite leò dhachaidh;
 Ghlac Diùc Seumas air làimh iad,
 20 'S dh'iarr a bhan-diùc a steach iad.
 Cha robh Gall 's cha robh Gàidheal
 'N seòmar clàraidh no 'n caisteal
 Nach do sheas air a' chabhsair
 Aig meud an geall air am faicinn.
 25 Thuirt gach morair a b' àirde
 Gu robh an àit 's an tigh lagha;
 Cò a dh'òbradh gu bràth iad
 Is gun ghràin air an aghaidh?
 Gur e an teachdaire dàn
 30 Bha gabhail tàmh 's a' cheann-adhairt
 A dh'fhàg sinne mar tha sinn
 'S nach robh dh'agh oirnn an gleidheadh.
 An àm tilleadh o 'n bhàr dhuibh
 Gu ur n-àiteachan còmhnaidh,
 35 Chluinnteadh fuaim air an dannsadh
 'S fion is branndaidh 'gan òl leibh,
 'S uisge-beatha nam feadan
 Leis an leagteadh na geòcaich;
 'S air an ùrlar 'nan seasamh
 40 Bhiodh luchd-freasdail gu leòr dhuibh.
 Mì mar Oisean 'nur deaghaidh
 Bho 'n rinneadh taghadh nan craobh oirbh;
 Chaidh gach aon mar a b' fheàrr dhibh
 Thoir t' à fàsach an t-saoghail-s'.

45 Ach a Thì a ghabh toirt dhuibh,
 'S a dh'fhàg goirt cheannach daor sinn,
 Seall a nuas oirnn an tròcair,
 'S maith ar bròn dhuinn 's ar caoineadh.

Mairearad Nigh 'n Lachlainn

Ceistean air "Òran do dh'Ailean"

Comharraidhean

- | | | |
|----|--|-----------|
| 1. | Ciamar a tha fios agad gum b' aithne do 'n bhana-bhàrd an laoch seo an uair a bha e 'na dhuine òg? | 3 |
| 2. | Dé an t-urram sònraichte a chuireadh air an laoch?
Dé an t-aobhar caoidh' a tha aig a' bhana-bhàrd aig an àm seo? | 2 |
| 3. | Dé an cinneadh do 'm buineadh an laoch agus dé an t-urram sònraichte a tha a' bhana-bhàrd ag agairt as leth a' chinnidh seo? | 4 |
| 4. | Dé a bha a' dèanamh na buille seo cho buileach cruaidh orra? | 2 |
| 5. | Dé an t-urram a chuireadh air a' chinneadh seo, agus càite? | 3 |
| 6. | Dèan dealbh, 'nad bhriathran fhéin, air dachaidh a' chinnidh. | 4 |
| 7. | Có ris a tha a' bhana-bhàrd 'ga samhlachadh fhéin, agus dé an dòchas mu dheireadh a tha aice? | 3
4 |
| 8. | Cuir Beurla air na sreathan 25-32. | |
| 9. | Mìnich: bòrdaibh (6); morair (25); teachdaire dàn (29); luchd-freasdail (40); fàsach (44). | 5 |
| | | <u>30</u> |

AN DUBH GHLEANNACH

- Latha dhomh 's mi 'n cois na tràghad
 Chuala mi caismeachd nan Gàidheal;
 Dh'aithnich mi meòir grinn a' Bhràighich
 Air sionnsar ùr bu lùghmhor gàirich,
 5 Is thuig mi gun do ghluais an t-àrmunn,
 Fear thogail an tùir uasail stàiteil.
- Dh'ìrich mi 'm bruthach le éibhneas
 Dh'éisdeachd ri fàilte Rìgh Seumas;
 Chunnaic mi 'n Druimineach dhubb ghleusda
 10 Cur fa-sgaoil a h-aodaich bréid-ghil
 Air machair mhìn sgiamhach réidhleach,
 Mar steud cruideach a' cur réise.
- Nuair gheibheadh i cliathaich fo fharsaingeachd,
 Soirbheas 'na sliasaid 'ga brosnachadh,
 15 Mar shiùbhleadh mial-chu bras-astarach.
 'Na ruith air sliabh is fiadh air thoiseach.
 I dìreadh nan tonn liath 's 'gan sgoltadh
 Shnaidheadh i iad mar iarann locrach.
- Bha Neptune agus Aeólus eudmhor:
 20 Dh'iarr iad builg nan stoirm a shéideadh;
 Dh'òrduich i gach bòrd dhith reubadh,
 'S na siùil a shracadh 'nam bréidean
 Le borb-sgreid is fead na reub-ghaoith',
 Cur siaban thonn 'na steall 's na speuran.
- Thòisich ùr-spairn chruaidh mar dh'iarr iad:
 Chruinnich neòil dhubha na h-iarmailt
 'Nan trom lùirichean dlùth iargalt,
 25 'S iad a' trusadh sùrd 's a' llonadh
 Mar dhorch smùid á fùirneis iarainn,
 30 Gu brùchdadh stoirm bha garbh is fiadhaich.
- Bheartaich iad* gach ball neo-chearbach
 Ullamh, deas gu gleachd ri fairge;
 Tharraing i le gaoith an earra-dheas,
 Ghlac i 'n caol fo taobh 's bu doirbh e;
 35 'S ged bha Neptune saothreach stoirneil,
 Mhaslaich an saobh-shruth 's an dorch e!
- Chaidh rìgh nan soirbheas gu dhùbhlán
 Aig meud na strannaraich 's na h-ùpraid;
 Dh'fhosgail na builg air an cùlaibh

- 40 Mun gann a fhuair iad an dùnadh;
 Bha Maighdeann nam Mór-bheann cùirteil
 An acarsaid fo shròin na dùthcha!

A. Mac Fhionghuin

* an sgioba

Ceistean air "An Dubh Ghleannach"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|----------|
| 1. | B' i 'An Dubh Ghleannach' birlinn Alasdair Mhic Dhòmhnail, Ghlinn Aladail. Innis dé thug air a' bhàrd mothachadh gun robh i a' cur gu muir. | 2 |
| 2. | Có tha thu a' smaoineachadh a bha annta seo,
(a) am Bràigheach (3)
(b) an t-àrmunn (5)? Dé an obair mhór a tha air a cur as leth an àrmuinn? | 3 |
| 3. | Có ris a tha am bàrd a' coimeas na luinge
(a) an toiseach a turuis
(b) ré a turuis? | 4 |
| 4. | Có bha an Neptune (19) agus an Aeólus (19)?
Dé an rùn anns an robh iad a thaobh na birlinne?
Dé an t-òrdugh a thug iad? | 5 |
| 5. | Dé a' bhuil a bha air an òrdugh sin? Thoir dealbh,
'nad bhriathran fhéin, air coltas nan neul. | 5 |
| 6. | Ciamar a rinn an sgioba ullachadh fa chomhair na stoirme? Dé thachair mar thoradh air an oidhirpean? | 4 |
| 7. | Ainmich rann sam bith anns an robh tarraing shònraichte dhuit fhéin. Thoir aobhar air do roghainn agus innis gu gearr, 'nad bhriathran fhéin, brìgh an rainn. | 4 |
| 8. | Thoir co-fhacal Gàidhlig air son: sionnsar (4); soirbheas (14); bréidean (22); siaban (24); iarmailt (26); mhaslaich (36). | 3 |
| | | <hr/> 30 |

GED A DH'FHÀG THU RI PORT MI

Ged a dh'fhàg thu ri port mi
 Chan eil mi dheth socrach no slàn;
 'S chan e cùram an aiseig seo
 A chum mi gun chadal gun tàmh.

5 Ach nach grunnaich mo chasan,
 Is nach d' fhoghlum mi 'n toiseach an snàmh
 Gus an ruiginn an talla
 Far an tric am biodh caithream nam bàrd.

10 A thighearn òig tha mo rùn ort,
 Crìosd 'gad choimhead o thùrling nan stuadh;
 Ged a dh'fhàg thu ri port mi
 Chan eil mi dha d' chorp ann am fuath.
 Bha mo chridhe 'ga thàladh
 Nuair a chunnaic mi am bàta dol suas,

15 Fo a h-uidheam gu socrach
 Is mi guidhe dhut fortan is buaidh.

Ged a b' fhad às an t-eilean
 Chan fhaca mi gainne air ur cùl;
 Gum faight' ann ad fhàrdaich

20 Fìon daite na Spàinn' air na bùird,
 Aran cruithneachd geal sòghar
 'Ga chàradh an òrdugh gu dlùth;
 Sàr bhìadhannan gasda
 Mar gun tàladh tu 'n taice ri bùth.

25 A Dhòmhnail mhic Eachainn
 Gun guidhinn-sa leat-sa deagh bhuaidh,
 A mhic dalta mo sheanar
 A fhuair urram 's tu 'd leanabh, air sluagh.
 Latha buadhach sin Lòchaidh

30 'S e a b' urrainn an tòrachd a ruag,
 Le a luaidhe 's le lannaibh
 Gum biodh àireamh air cheannaibh gu uaigh.

Tha mi guidhe air an àrd-Rìgh
 Gun cumadh e 'n t-àlach seo suas,

35 Do mhac oighre bhith 'd àite
 Mar bu chubhaidh 'na àilleagan sluaigh,
 Bhith 'na shuidhe 'nad ionad
 Ri toirt suidheachadh inich d' a thuath,
 Gu socrach 'na theaghlach

40 Is e freasdal nam feomach 's nan truagh.
 Is tric aobhar mo mhulaid,
 Is chan eil mi dheth ullamh an dràs,
 Bho 'n a dhealaich ruinn Lachlainn
 Bheireadh dhòmhsa feum fearainn gun mhàl;

45 An sàr churaidh bha 'n Lòchaidh
 Chaidh le aighear nam bòrd air an t-snàmh;
 Is dà Lachlainn 's an innis
 Is ar leam nach robh 'n iomairt-san ceàrr.

Catrìona Nic Gilleathain

Ceistean air "Ged a dh'fhàg thu ri port mi"

Comharraidhean

1.	Car son a tha a' bhana-bhàrd cho mi-thoilichte?	2
2.	Có dha a rinneadh an t-òran? Dé bu chinneadh dha?	2
3.	Dé tha air tachairt do 'n bhana-bhàrd agus dé bhuaidh a bha aig seo oirre?	2
4.	Dé an dealbh a tha i a' toirt air tigh an laoch?	3
5.	Dé an cath a tha air ainmeachadh agus car son?	3
6.	Dé tha a' bhana-bhàrd a' guidhe do 'n teaghlach seo?	3
7.	Có an laoch eile air a bheil i a' dèanamh luaidh? Dé an cinneadh do am buineadh esan? Dé na sochairean a bhuilich e oirre?	3
8.	Cuir Beurla air na sreathan 9-16.	4
9.	Dé na buadhan a tha, ar leatha, air an uasal do 'm bheil i a' dèanamh an òrain?	4
10.	Cuir Beurla air: caithream nam bàrd (8); aran cruithneachd (21); A mhic dalta mo sheanar (27); do mhac oighre (35).	4
		<u>30</u>

BLÀR INBHIR CHÉITEIN LE EACHANN BACACH, AN T-AOSDANA

- Cha b' i ruaig ud fir Mhuile
 Gu Tràigh Ghruinneart a chreach sinn;
 Gur e mheudaich mo mhulad
 Sàr mhac urrant Shir Lachainn
 5 Bhith fo bhinn aig luchd Beurla,
 'S nach do dh'fheud e dol às orr':
 B' e sin connspunn na troide
 Chuir an cogadh an cleachdadh.
 Nuair a thogteadh leat bratach
 10 Gheibht' fir ghasd' air a' mharg leat:
 Mhoire! 's iomadh bean-baile
 Dh'fhàg siud tamall 'na bantraich,
 Agus leanabh beag cìche
 'Na dhilleachdan anfhann;
 15 Ach ge duilich do mhuinntir,
 Chan ann ump' tha ar dearmail.
 Gura h-iomadh laoch dòrn-gheal
 Chaidh an òrdugh mu d' bhrataich,
 Agus òganach sgiamhach
 20 Bha 'ga riasladh fo eachaibh,
 Agus spailp de fhear tìghe
 Nach tug athadh d' a phearsa,
 Toirt a chladheimh á duille,
 Cheart cho guineach ri ealtainn.
 25 Nuair a thogamaid feachdan,
 Gum bu ghasd' ar ceann-armailt;
 Ge b' e thigeadh air eachdraidh,
 Ghabh iad tlachd dhiot air Ghalldachd:
 Bha thu 'd charaid do 'n Mharcus
 30 A bha 'n Sasann gun cheann air;
 'S bu tu co-ainm Eachainn
 Leis an do ghlacadh an cabhlach.
 Càit an robh e air thalamh
 Boinne fala a b' àille
 35 Na oighre sin Dhubhaird,
 D' am bu chubhaidh bhith stàtail!
 Gura h-iomadh bean beul-dearg,
 A bha a bréid air dhroch càradh,
 Nuair a fhuair iad beachd-sgeula
 40 Gun do chreuchdadh 's a' bhìlèr thu!

Ceistean air "Blàr Inbhir Chéitein"

Comharraidhean

1. Innis càit a bheil Inbhir Chéitein is cuir Beurla air an ainm. Dé am blàr eile a tha air ainmeachadh 's a' cheud rann. 3
 2. Dé thachair do mhac Shir Lachainn 's a' bhìlèr? Innis dé an t-ainm a bha air is an cinneadh d' am boineadh e. 3 + 2
 3. Ciamar a tha am bàrd a' meas an fhir seo mar dhuine is mar shaighdear? 5
 4. Air leughadh an duain dé tha thu dhe 'n bheachd a* thachair aig Blàr Inbhir Chéitein? Sgrìobh sìos an dà shreath fa leth as fhèarr a ni dearbhadh air sin is innis có aig a bha aobhar a bhith a' caoidh an fhir seo. 2 + 4
 5. Dé nis beachd a' bhàird air luchd-leanmhainn an duine seo? 4
 6. 'Nad bhriathran fhéin innis có bha fo chùram mu a bhàs agus innis ciamar a bha sin ri fhaicinn. 2
 7. Dèan soilleir a' chiall a tha aig na leanas:
 'ga riasladh fo eachaibh (20); Cho guineach ri ealtainn (24);
 a bréid air dhroch càradh (38). 3
 8. Sgrìobh not air 'bantraich' (12) is 'anfhann' (14). 2
-
- 30

ÒRAN DO DHÒMHNALL BÀN MAC DHÒMHNAILL DUIBH
TIGHEARNA LOCHIALL

- Is a Dhòmhnail òig Abraich,
Do shlàinte gum faic mi mun cuairt i;
An t-òg firinneach smachdail
Nach robh tais an ám cruadail;
5 Is beag òngnadh an t-àrdan
Bhith gu h-àrd ann ad ghruaidhean,
Is a liuthad fuil ròghail
Tha sìoladh mu d' ghuaillibh.
- Gur lìonmhor fuil fhrasach
10 Tha air a pasgadh fo d' léinidh,
O shliochd Mhànaìs Mhic Cairbre
Bha gu h-armailteach treubhach,
Le sgiathaibh breac dùbailt
Is le 'n lùirichean treuna:
- 15 An ám dhaibh dol anns an iomairt
Cha b' e tilleadh bu bheus daibh.
- Gur lìonmhor do chàirdean
Ann an Albainn r' am feuchainn;
Is car' thu d' oighre na Dreòllainn
20 Is do Shir Dòmhnall á Sléite;
Do Mhac Shimidh nam bratach
Nach robh tais an ám feuma;
Dh' éireadh Eòghan òg Chluainidh
Is a shluagh leat gun euradh.
- 25 Is tha thu cinnteach ad chinneadh
Anns gach ionad an téid thu;
Is maing dh' fheuchadh an ascaoin,
Cha bu tais an ám feum' iad;
Gu h-armach acfhuinneach ròghail,
30 Is chan e stròchdadh bu bheus daibh;
Is le farum an làmhaich
Gum biodh an nàimhdean gun éirigh.
- Is dearbhadh air sin Sliabh a' Chlamhain
Gun d' fhuair sibh barrachd an cruadal;
35 Thug thu an dùthchas o d' sheanair;
B' àrd cheannard air slugh e;
Tha mo dhùil anns an Trianaid,
Ma 's nì thig gu buaidh e,
Gum faic mi thu ad Dhiùca
40 An déidh an crùn ud a bhuannachd.

Alasdair Camshron

Ceistean air "Òran do Dhòmhnall Bàn Mac Dhòmhnail Duibh
Tighearna Lochiall"

Comharraidhean

- | | | |
|----|---|-----------|
| 1. | 'Nad bhriathran fhéin innis có 's cuspair an òrain seo. | 2 |
| 2. | (a) Dé an seòrsa duine a bha ann an Dòmhnall Bàn?
(b) Car son, a réir a' bhàird, a bhitheadh dùil e a bhith mar a bha e? | 4 |
| 3. | Dèan luaidh air na tha am bàrd ag innse dhuinn mu shinnsir Dhòmhnail a thaobh an treunachd. Dé an armachd a bhitheadh iad a' caitheamh? | 3 + 2 |
| 4. | Ainmich na cinnidhean a bha 'nan ranntannan (no luchd-cuideachaidh) aig a' chinneadh seo. Dé tha aig a' bhàrd ri ràdh mu aon diubh? | 4 + 1 |
| 5. | (a) Leig fhaicinn gu soilleir, 'nad bhriathran fhéin, na tha aig a' bhàrd ri ràdh mu chinneadh Dhòmhnail Bhàin.
(b) Dé tha am bàrd a' tabhann mar dhearbhadh air na tha e ag ràdh mu 'n chinneadh seo? | 6 + 2 |
| 6. | Innis an t-urram a tha am bàrd a' sùileachadh do 'n fhùran seo a tha e a' duanadh. Có ris a tha seo an crochadh? | 3 |
| 7. | Sgrìobh not air na faicil a leanas: òngnadh (5); ròghail (7); ascaoin (27). | <u>3</u> |
| | | <u>30</u> |

AN T-SLABHRAIDH

- Thug rinn na spaide gliong nuair bhuaill i cruas
 'S mi ruamhar fuinn air gairtean buan na cròic,
 Bha 'n talamh beò, is b' ògnadh leam r' a luaidh
 Mar dh'èisg mi às a' chluain an t-slabhraidh bhreòit'.
- 5 Thog mi faicleach i, le iomadh smuain
 A' sruthadh bho 'n mhac-meanmnain luath gun treòir;
 Shaoileam gu robh iomadh òmhaireachd rith' fuaight'
 Nach fhaodainn fhuasgladh ged b' e sin mo dheòin.
- 10 Cha robh 'nam làimh ach slabhraidh aosda bhreun,
 A chunnaic latha b' fhèarr 's a chaille a cli;
 Spuinn rèim na h-aimsir grinneas bhuaip' is feum,
 'S thug dreach na meirge caochladh air a lì.
- Bha tuar na meirg' a' truaillleadh mo dhà làimh,
 'S mi làimhseachadh gach dul le meòirean caomh',
- 15 Eagal 's gum briseadh iad o céill' 's nach fhaighte slàn
 An t-iarmad dh'fhàgadh de 'n an t-slabhraidh aosd',
- 'S iongantach mur robh i uair de chruaidh na Spàinn,
 A dhealbhadh ann an neart 's nach toireadh géill
 Mun do chinnich gaiseadh, le cion suim is tàir,
- 20 Thug laigs' is meirg is breothadh leis 'na cheum.
 'S e sin a' chuibhreann fhuair a' Ghàidhlig chòir;
 Dh'fhàg cion na dùil i seacte breun 'nar linn:
 Bha uair a chualas i an cùirt Chinn Mhòir;
 An diugh cha chluinnear i ach tearc 'nar tìr.
- 25 Tha 'r cainnt 's ar cleachdaidhean an diugh air chall,
 Mar bha an t-slabhraidh bhreòit' na tosd fo 'n ùir:
 Smal na meirg' toirt bhuaip' a dreach aig a' cheann thall,
 'Ga fàgail fann 's a' brosnachadh a mhuig.
- Ghàiblain mi dhachaidh leam an t-slabhraidh chriond',
 'S ri leac an teintein dh'fhuadaich mi a meirg;
 30 Le buillean bras' an ùird is le faobhar gear
 Dh'ùraich mi 'n loinn a bhuin dhi seal 's a their'g.
- Fo smal na meirg' bha dul is dul gun ghaoid,
 Drithleannach uair, an tuar a nis air falbh,
- 35 Ach iarmad ann de 'n neart 's de 'n treis' a dh'aom
 Fuidheall air nach do bhuadhaich lobhadh marbh.
- Ruaigeamaid sal na meirg' le spàirn bho 'r tìr,
 Dh'aiseag na loinn a bhuineadh dhi bho chian;
 Mosglamaid às an sgleb a chòmhdaich sinn,
- 40 Biodh spionnadh ùr a' smuaiseachadh 'nar cliabh.

Seonaidh A. Mac A' Phearsain

Ceistean air "An t-Slabhraidh"

Comharraidhean

1. Innis 'nad chainnt fhéin càit an do lorg am bàrd an t-slabhraidh. Dé an smuain a thàinig thuige nuair a thog e i? 2
2. Dé an coltas a bh' oirre nuair a chunnaic e an toiseach i? 2
3. Dèan dealbh 'nad chainnt fhéin air a' bhàrd a' làimhseachadh na slabhraidh, agus innis car son a bha e 'ga làimhseachadh mar seo. 3
4. Dé an dealbh a tha aig a' bhàrd air an t-slabhraidh nuair a rinneadh o thùs i? 2
5. Cò ris a shamhlaich e an t-slabhraidh, is ciamar a bha iad coltach ri chéile? 4
6. Dé rinn e ris an t-slabhraidh is dé lorg e fo 'n mheirg? 6
7. Cuir 'nad bhriathran fhéin teagasg a' bhàird. 3
8. Mìnich na sreathan seo: 11; 13; 19; 40. 4
9. (a) Dé an dòigh eile th' ann air brìgh nam facal 'chualas i' (23) agus 'cha chluinnear i' (24) a chur an céill?
 (b) Sgrìobh sìos trì eisimpleirean (bho 'n bhàrdachd seo) de mhodh àithneach a' ghnòmhair.
 (c) Sgrìobh sìos trì facail anns an dàn seo a tha a' dol á cleachdadh an còmhraidh an t-sluaigh. 4

'S I SEO NOLLAIG AS CIANAIL

- 'S i seo Nollaig as cianail,
A chunnacas riamh le mo shùil,
Is soilleir easbhuidh ar triath oirnn
An ám do 'n bhliadhna tighinn ùr;
5 Ceann na cuideachd 's na tàbhairn'
Luchd nan dàn, is a' chiùil
'Na laighe 'n eaglais Chinn t-Sàile*
'S an rùm tha bhàn fo 'n ùir.

10 'S iomadh buille bha cràiteach
A rinn am bàs a thoirt dhuinn
Air chosd gheugan do theaghlach
Gun athadh bonn do na cinn;
Ach cha deach uiread de thròcair
A chur fo 'n fhèid ri mo linn
15 'S a chaidh chàradh 's an tòma
Le Morair Dòmhnall Mac Aoidh.

Nuair thigeadh ám na Féill-Màrtainn
Is cunntadh màl chugad féin,
Bhiodh do shùil ris gach pàipear
20 A chuireadh clàrc as a dhéidh;
'S math a dh'aithnicheadh tu 'n airidh
'S an neach a thàrladh 's an sheim;
'S e do pheann a bhiodh easgaidh
Gu dubhadh mach an cuid féich.

25 Nam biodh gionaich 'nad nàdur
Cuim nach dèanadh tu torr,
Leis na thogte de mhàl dhut
'S le do phension d' a chorr?
Nuair a gheibheadh tu 'm meall ud
30 'S ann leat a b' annsa gu mòr
Iomhaigh Dhé air bochd aoibheil
Na iomhaigh 'n rìgh air an òr.

Cha b' ionann dòigh an robh gaol dhut
'S do mhóran daoine tha beò
35 A bhios luchd-masgail a' séideadh
Nuair ni iad eucoir no còir,
Air eagal uile tha 'nan nàdur
On tha iad nàimhdeil gu tòir,
No bhith 'g earbsadh o 'n làmhan
40 Am math nach dèan iad d' an deòin.

* Cha b' e seo Cinn t-Sàile Mhic Coinnich

Rob Donn

Ceistean air "'S i seo Nollaig as Cianail"

Comharraidhean

1. Cò e an Triath bha seo, agus càit an robh am fearann aige? 2
2. Dé thachair dha agus cuin? 2
3. Ciod iad na nithean anns an robh suim aige? 3
4. Mìnich na sreathan 9-12 ('S iomadh buille . . . do na cinn) 2
5. Ciamar a thug an Triath seo barr air daoine eile a latha? 1
6. Cuin a tha an Fhéill-Màrtainn agus car son is latha mór seo aig luchd-fearainn? 3
7. Innis mu 'n chleachdadh a bha aige aig an ám sin. 3
8. Mìnich na sreathan 29-32 (Nuair . . . air an òr). 2
9. Tha am bàrd ag ràdh mu chuid de dhaoine eile gum bi 'luchd-masgail' gan séideadh nuair ni iad eucoir no còir (35-36). Mìnich seo, agus innis an dà aobhar air son a bhith dèanamh seo. 4
10. Ciod na facail bheaga no na bloighean fhacal tha dèanamh suas: soilleir (3); easbhuidh (3); cràiteach (9); nàimhdeil (38). 4
11. Sgrìobh aon fhacal air son 'chur fo 'n fhèid' (14), agus facal eile air son 'thogte' (27). 2
12. Dé ghnè bhàrdachd a tha seo? Tagh rann is nochd mar a tha e air a chur ri a chéile. 2

30

S.C.E. 1968 'H' Grade

MU CHRÌOCHAN HÒIL

A' ghrian a' drùdhadh air na ballachan,
 is sinne stigh le fadachd gus an cluinn
 sinn sgal na feadaige a bheir gu ceann
 là fad' an leughaidh is a' chunntaidh,
 5 's gun téid sinn shireadh nead a muigh 's a' bhlàr;
 Gun nì eadarainn 's adhar ach cèol eun
 is oiteag mara giùlain fàileadh fhùr—
 is beag mo chuimhne 'n diugh air brìgh an sgeoil
 a leugh sinn ann a sin, ged a tha dealbh
 10 nan suidheachan gun lias air roimh mo shùil,
 gach ainm bha snaidht' orr'.
 Ach thig gu mo chuimhn'
 gach tom is dìg 's poll-mònach air a' bhlàr,
 gach balla is gach clach,
 15 is saoilidh mi air uair nach b' e mo cheàrd
 bhith leughadh leabhraichean 's a' sgrìobadh pheann,
 ach a bhith beò a mhàin air biadh mo shùl'
 Air madainn Earraich bhiodh a' chaora throm
 a' sgaoleadh blàths a bodhaig air an fhonn,
 20 an sneachd a' teicheadh bhuaipe, mar le iochd
 do 'n chreutair mheirbh bha glúasad stigh 'na brù,
 bodaich is balaich bheaga air a tòir,
 sgealbadh bhuntàt' 's a' cur nam mìr 'na beul;
 am posta, 's blàth na gaoithe air a ghruaidh,
 25 toirt bràighe air a' chnoc, 's ar sùil ri theachd;
 na craobhan, air an lomnachd, nochdadh blàth
 an t-snodhaich ann an lloimh nan geug;
 am muir le dath an luaisgein air a gruaidh,
 no dath bu duirch' na sin, mar gum biodh ciont
 30 nam pronnaidhean 's nam bàthaidhean 'na sùil,
 's na creagan liatha tarcuiseach le gàir
 a' cur a neart gu neoni leis gach tonn
 'S air feasgar Foghair bhiodh an speal gun sgìos
 a' tionnal barr na bliadhna air a bil;
 na balaich, a' cur sùil an fèarachas,
 35 gu dian a' ceangal sguab, 's an asbhuaìn ùr
 'ga saltairt fo am bròig, 's le dìcheall bhuan
 a' dèanamh adagan nach maireadh oidhch';
 no a' falach-fead am measg nan cruachan coirc
 40 le cridhe mear an anmoich, 's gaoth o 'n chuan
 slobadh an sliasaid is an druim le gaoir.

Ruairidh Mac Thòmais

Ceistean air "Mu Chrìochan Hòil"

Comharraidhean

- | | | |
|-----|---|-----------|
| 1. | Càit a bheil sinn a' faicinn nam balach an toiseach, agus ciamar a tha iad a' faireachdainn? | 2 |
| 2. | Dé tha ann an 'sgal na feadaige' (3)? | 2 |
| 3. | Dé 'n t-eun a tha thu cluinntinn os cionn chàich anns an t-siathamh sreath? | 1 |
| 4. | Cuir aon fhacal an àite 'gun lias air' (10) agus facal eile an àite 'snaidht' (11). | 1 |
| 5. | Dé tha 'biadh mo shùl' (17) a' ciallachadh? Tagh dà shreath as déidh a chéile mar eisimpleir. | 3 |
| 6. | Dé am biadh eile a tha air a chur mu choinneamh biadh sùla? | 3 |
| 7. | Innis, 'nad bhriathran fhéin, dé bha cumail an t-sneachd air falbh bho 'n chaora. Innis a nis (a rithist 'nad chainnt fhéin) ciamar a tha am bàrd a' faicinn seo. | 4 |
| 8. | Dé bha am post a' dèanamh ann a bhith 'toirt bràighe air a' chnoc' (25). | 2 |
| 9. | Dé, a réir a' bhàird, a dh'fhàg am muir cho buileach dorch'? | 3 |
| 10. | Ainmich òran sam bith eile anns a bheil neart nan tonn a' tighinn gu neoni air an tràigh, agus innis có sgrìobh e. | 1 |
| 11. | Dé bhàrd a tha aig 'a' cur sùil am fearachas' (35)? | 2 |
| 12. | Cuir Beurla air: sguab (36); asbhuaìn (36). adagan (38); falach-fead (39). | 2 |
| 13. | Lorg sreath gu leth anns a bheil mothachadh no faireachdainn cuirp nach eil an urra ris an t-sùil no ris a' chluais, no ris an t-sròin no ris an teangaidh. | 2 |
| 14. | Tagh eisimpleir de 'n mhodh-cainnte ris an canar Pearsanachadh. | <u>2</u> |
| | | <u>30</u> |

S.C.E. 1969 'H' Grade

RADHARC CÉIN

- Is buadhach am foghlum
 Ge dualchas torr dheth mì-fheum,
 Le gluasad mo mheòir,
 Gu mo chluais thig binn cheòl às an speur;
 5 Fa mo chomhair, an cùil,
 Air cùirtean snasmhor an céis,
 Is léir do mo shùil
 Geur shùrd luchd cleasachd an céin.
- An seo tha fìor ògnadh,
 10 Mìorbhail ealain ro-mhór;
 Ach cian mun robh luaidh
 No smuain air inneal de an t-seòrs',
 Bha sgàthan 'nam inntinn,
 Cuimhne air nithean a bhà,
 15 'S am faicear leam sealladh
 Ni m' anam a chaidreadh gu bràth.
- Mu leth-mhìle bhuam,
 Feuch sluagh—dà mhìle no corr—
 Air cnoc aig tigh Dhé
 20 Tha salm ac' air ghleus feasgar Òrd';
 Tha an ceòl ann am chluais
 A' gluasad m' aigne gu mór;
 Làn ghealach gu caomh
 A' beannachadh raontan an eòrn'.
- 25 Mac mór nan ciabh glasa
 'Na sheasamh aig doras tigh-sgàil;
 Tha a mhàthair 'ga ghlacadh
 Ri a broilleach is e gabhail thar ùail:
 Tha le aois air a cromadh,
 30 Is baoghal gur goirid a là;
 Aon smuain aig an dithis,
 Is chan fhaodar leo lideadh a ràdh.
- Tha an carbad a' gluasad
 Le osnaich is fuaim acfhuinn-làir;
 35 Tha òigear nan dual ann
 Le òrdugh dol suas do na blàir;
 Air leubhann òigh uasal,
 Is cruaidh oirre feuchainn an àird;
 Tha an deur air a gruaidh,
 40 Is a tuar mar chanach air càir.
- An cabhlach Rìgh Deòrsa
 Long òrdail le mìle sàr shonn,
 Aig astar a' sebladh,
 Is còmhstrith ghunna gu lonn:

- 45 Tiugh dheatach ghrad bhòc
 Gu na neòil le spreadhadh gun chonn;
 Air sìoladh do 'n bhrusgar,
 Cha léir dhomh ach trusgar bharr-thonn.

Iain A. Mac Leòid

Ceistean air "Radharc Céin"

Comharraidhean

1. Innis, ann am Beurla an toiseach, dé an t-inneal annasach a ghluais am bàrd gus an t-òran a dhèanamh, agus thoir ainm Gàidhlig air. 3
2. Cìamar a tha an t-inneal seo a chum maith a' chinne-daonna? 2
3. Dé th' aig a' bhàrd an aghaidh an inneil? 1
4. Cìamar a tha am bàrd a' nochdadh gu robh rud aige-san o chionn fhada a bha cheart cho iongantach ris an inneal seo? 2
5. Innis 'nad chainnt fhéin mu 'n t-sealladh air a bheil e dèanamh luaidh anns na sreathan 17-24. 3
6. Dé an rud a thachair gus atharrachadh a thoirt air an t-saoghal air a bheil e toirt iomradh an seo? 2
7. Cuin a dh'fhaodadh seo a bhith air tachairt? 1
8. Sgrìobh na sreathan a tha a' nochdadh gun do bhuin seo ris an òigridh agus ri seann daoine, agus innis dé an dòigh anns an do bhuin e riutha le chéile. 4
9. Thoir iomradh 'nad bhriathran fhéin air an tachartas mu bheil am bàrd a' sgrìobhadh anns na sreathan 41-48. 3
10. Mìnich na sreathan seo ann an Gàidhlig:
 - (a) Geur shùrd luchd-cleasachd an céin (8).
 - (b) Ni m' anam a chaidreadh gu bràth (16).
 - (c) Is baoghal gur goirid a là (30).
 - (d) Is cruaidh oirre feuchainn an àird (38).
 - (e) Is a tuar mar chanach air càir (40). 5
11. (a) Sgrìobh na facail seo anns an tuiséal sheilbheach: mo shùil (7); a mhàthair (27).
 (b) Sgrìobh dà eisimpleir (às a' bhàrdachd seo) de 'n bhuadhair air a chleachdadh roimh 'n ainmear; ainmich dà bhuadhair eile a bhithear gu bitheanta a' cleachdadh anns an dòigh seo.
 (c) Sgrìobh iad seo anns an tràth choimhlionta: 's am faicear (15); chan fhaodar (32). 4

ÒRAN EILE

- Tha mise fo mhulad 's an ám,
 Chan òlar leam dram le sunnd,
 Tha durrag air ghur ann mo chàil
 A dh'fhiosraich do chàch mo rùn;
 5 Chan fhaic mi dol seachad air sràid
 An cailin bu tlàithe sùil,
 'S e sin a leag m' aigne gu làr
 Mar dhuilleach o bharr nan craobh.
- A ghruagach as bachlaiche cùl
 10 Tha mise 'gad iunndrainn mòr,
 Ma thagh thu deagh àite dhut féin
 mo bheannachd gach ré dha d' chòir:
 Tha mise ri osnaich 'nad dhéidh,
 Mar ghaisgeach an déis a leòn,
 15 'Na laighe 's an àraich gun fheum,
 'S nach téid anns an t-streup nas mò!
 'S e dh'fhàg mi mar iudmhail* air treud,
 Mar fhear nach toir spéis do mhnaoi,
 Do thurus thar chuan fo bhréid,
 20 Thug bras shileadh dheur o m' shùil—
 B' fheàrr nach mothaichinn féin
 Do mhaise, do chéill, 's do chliù;
 No suairceas milis do bhéil
 'S binne na séis gach ciùil.
- 25 Gach anduin† a chluinneas mo chàs
 A' cur air mo nàdur fiamh,
 A' cantainn nach eil mi ach bàrd
 'S nach cinnich leam dàn is fiach—
 Mo sheanair ri pàidheadh a mhàil,
 30 'S m' athair ri màileid riamh;
 Chuireadh iad gearrain an crann
 Is ghearrainn-sa rann roimh chiad.
 Cha dùisgear leam ealaidh air àill',
 Cha chuirear leam dàn air dòigh,
 35 Cha togar leam fonn air clàr,
 Cha chluinnear leam gair nan òg:
 Cha dlirich mi bealach nan àrd
 Le suigear mar bha mi 'n tòs,
 Ach triallam a chadal gu bràth
 40 Do thalla nam bàrd nach beò!

Uilleam Ros

* fear air seachran, fear-fuadain.
 † duine suarach

Ceistean air "Òran Eile"

Comharraidhean

1. Dé an inntinn anns a bheil am bàrd agus dé chuir thuig' e gus a' bhàrdachd seo a dheilbh? 2
2. Thoir cunntas air na tha am bàrd ag innse dhuinn mu dhéidhinn na h-inghinne a thaobh
 (a) a dreach,
 (b) a buadhan. 2
3. Innis 'nad bhriathran fhéin ciamar tha am bàrd a' sealltainn
 (a) nach robh mi-rùn aige do 'n nighinn,
 (b) gu robh i nis astar math bhuaithe. 2
4. Dé 's a' bhàrdachd seo tha foillseachadh gu robh am bàrd mothachail air beachdan dhaoin' eile mu thimcheall fhéin agus mu dhéidhinn an t-seòrsa bàrdachd a bha e a' dèanamh. 3
5. Aithris sreathan anns a bheil an t-ùghdar a' nochdadh a bharaill air fhéin mar bhàrd
 (a) mun do dh'fhiosraich e bristeadh cridhe;
 (b) aig an ám 's an robh e a' deilbh na bàrdachd seo. 2
6. Dé tha a' bhàrdachd seo, agus gu h-àraidh an rann mu dheireadh, a' nochdadh dhuinn mu chor-inntinn a' bhàird? Car son, 'nad bheachd-sa, a tha a' chuid as motha de 'n rann mu dheireadh air a luaidh 's an tràth theachdail? 4
7. Aithris agus mìnich an dà shreath as drùidhtiche no as soilleire tha nochdadh, 'nad bheachd-sa, gun d' fhuair eu-dòchas buaidh air a' bhàrd. 2
8. Tagh ceithir Ìomhaighean às a' bhàrdachd, mìnich iad agus seall mar tha iad a' cur solus air faireachdainnean a' bhàird. 4
9. Dé a' ghné bàrdachd tha againn an seo? Ciamar a tha i eadar-dhealaichte bho 'n chuid as motha de bhàrdachd na h-ochdamh linne deug? 3
10. Mìnich na sreathan seo:
 (a) do thurus thar chuan fo bhréid (19).
 (b) cha dùisgear leam ealaidh air àill' (33). 2
11. Tagh dà eisimpleir air a' mhodh cainnte ris an abrar 'uaim'. 1
12. Thoir do bheachd fhéin air a' bhàrdachd seo agus innis car son is toigh no nach toigh leat i. 3

S.C.E. 1971 'H' Grade

1. In an election with a single ballot, the voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
2. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
3. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
4. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
5. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
6. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
7. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
8. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
9. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
10. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
11. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.
12. The voter's choice is recorded by a mark on the ballot.

